

Roger McNeill Bequest

Mackinnon Collection

1924

~~6. 36*~~

JA 3625

Digitized by the Internet Archive
in 2011 with funding from
internet archive

http://www.archive.org/details/orainghaidhealac00macd

Ailein Dall p. 5 to 108
Ewen Mackachlan 109 to 176
Others 177 to End

ORAIN GHAIDHEALACHA:

LE

AILEIN DUGHALLACH,

FEAR CIUIL ANN AN IONBHAR LOCHAIDH.

MAILLE RI

CO'-CHRUINNEACHADH

ORAN IS DHAN,

LE

UGHDAIRIBH EILE.

DUN-EIDEAN:

CLODH-BHUAILT AIR-SON AN UGHDAIR LE EOIN MOIR,
ANN AN CUIRT A PHAITERSNICH.

1798.

NOCHDAIR-TEAGSA.

Taobh dhuilleog

ORAN I. Marbh-Rann do Mhac' ic Raonuill na Ceapaiche - - - 5

Oran II. Do Mhac-Ic-Alastair, Tighearn Og Ghlinne Garadh - - 9

Oran III. Do'n aon cheudna; 'se sin ri radh, an Còirnneal Dòmhnullach, do' n goirear "Tighearna Ghlinn Garadh." - 14

Oran IV. Do'n aon cheudna - 19

Oran V. Do Dhomnull Cam'ron Triath Lochiall - - - 24

Oran VI. Do dh' Ailein Cam'ron an Earrachd, air dha bhi na Mhàidseir - 28

Oran VII. Do dh' Ailein Cam'ron an Earrachd, air dha bhi na Choirneal - 32

Oran VIII. Do na Cib-fhearan Gallta - 36

Oran IX. Oran Leannanachd - - 41

Oran X. Don Nighin ga 'n d'rinneadh an t' oran a tha sgriobhte romh n' fhear so 45

Oran XI. Do Mhac Pharlain, Piobare Mhic-Ic-Alastair - - - 47

Oran XII. Do'n chuideachda 'thogadh am Mariburgh, gan goirear "Volunteers Lochaber," sa bhliadhna 1795 - - 51

Oran XIII. Do'n Mhisg - - 56

Oran XIV. Duanag do'n Uisge Bheatha 59

Oran XV. Oran Gaoil - - 61

Taobh dhuilleog

Oran XVI. Do Cheilidh Nuadh-phoisde, air dhith dol air thurus - - 65

Oran XVII. Do Dhughall Og Mac Lachainn mur gun deanadh a Leannan da e - 67

Oran XVIII. Oran do'n t' Shuirbhe - 69

Oran XIX. Ann 's a bheil an t' shuirbhe air a samhlachadh ri sgibeireachd; 's air a toirt gu crich san doigh sin - - 74

Oran XX. Smeorach Chloinn Dughaill 78

Oran XXI. Comhairle do chloinn oig Suireach teisdeil - - - 83

Oran XXII. Trod mna an tighe ri' fear airson a bhi g'ol drama - - - 90

Oran XXIII. Do'n Choirnneal Mac-Ic-Alastair Ghlinne garadh, air dha 'bhi gu tinn 94

Oran XXIV. Marbh rann do dh'fhear Achatriachadain - - 99

Oran XXV. Comhradh an Ughdair 's a Charaid mu thimchioll an Leabhair so - 104

DAIN LE E. M'Lachlan.
Ivan

An Samhradh - - - 109

An Fogh'ar - - - 115

An Geamhradh - - 122

An t-Earrach - - 130

Smeorach Mhic-Lachainn - - 138

Oran do'n Nolluig - - 142

Duan do dh'oidhche na Bliadhan' Uire - 145

Rann do'n Leisg - - 152

An Ode to the River Pean - - 153

In Gaelic - - - 154

Taobh dhuilleog

Dan mu Chona'tradh - - - - 156
Earran do Cheathramh Leabhar an Iliad aig Homer - - 158
Tosaich an Ochdaimh Leabhar do'n Iliad aig Homer - - 166
Am Messiah aig Mr Pope - - - 171

CO'-CHRUINNEACHADH ORAN

LE H' UGHDAIREAN EILE.

Oran I. Oran Molaidh do Choireachan Ghlinnecomhann le Domhnull Domhnullach, Mac-Raonuill Mhic Ailein - - 176
Oran II. Oran Leannanachd, le Duin 'uasal àrraid - - - 185
Oran III. An Cleireach Caol cam. Sean dan 186
Oran IV. Do Shir Eobhan Cam'ron le Domhnull Bàn Mac Lachuinn, am Bard Marbh-airnneach - - - 188
Oran V. Marbh-Rann do Mhac-Dhughaill Dhun-olladh. Le Domhnull M'An t-Shaoir 195
Oran VI. A rinn te ga Leannan - - 197
Oran VII. Do Bhanais a bha ann a'm baile gan goirear "Ciostal odhar" - - 200
Oran VIII. Do dh' fhearuibh Lochaber. Le J. ——. - - - 203
Oran IX. Mar gun deanadh fear ga Leannan 207
Oran X. Do dhithis Nighean uasal - 210
Oran XI. Do cheathror Nighean àrraid 214
Oran XII. Do'n Uisge Bheatha - 217
Oran XIII. Do Nighin oig uasail - 220

ORAN I.

Marbh-Rann do Mhac 'ic Raonuill na Ceapaiche.

Air fhonn fein,

I.

THA mi 'm shìneadh air 'm uilinn ;
'S mòr mo mhulad is m' aimcheist
Mu'n naidheachd so 'fhuair mi
Nach bu shuarrach ri sheanchas :
Ga d nach eir'ghinn ad' bhratuich,
A Chùirteir aigeannaich, mheamnaich !
Cha bheag mo chuis mhi-ghean
U 'bhi 'dhith do luchd leanmhainn.

II.

Sann tha 'n sgeul ata craiteach
An drasta 's tìr Abraich,
Nach maithreann fear t' aogaisg,
A Mhic Ic-Raonuil o 'n Cheapuich !
O na dh'fhalaich an ùir u
Ann ciste dhluth nan cord breaca,
Tha do chairdean gun sugradh ;
Is beag an t' iongnadh e 'thachairt.

III.

Tha do thalla gun mhànnran,
Gun fhuaim clàrsaich' na pìoba,

Gun iomairt air thaileasg,
Na gun làmh 'thoirt air dhìsnean ;
O 'n chaidh Ceannard a Bhràghad
An Leabaidh Lair san Uaigh iosail ;
'Slionmhor neach a tha craiteach,
O na thainig a chrioch ort.

IV.

Chaidh do bhochdan gu truaighe,
'S tha do thuath air an rùsgadh,
O na chàireadh fo' lic u
Fhir bu mheasala giùlan !
Co 'dhfhuasglas na glasan,
Nuair bhios airc air do mhuinntir ?
Chaill iad iuchair an gleùta,
Fear a reiteach' gach cuise.

V.

'S lionmhor acain 's trom-osna
'Tha nochd ann a'd dhùthaich,
Sileadh dheur agus reacraich,
Gun aiteas ach tùrsa ;
Mnathan caoinnteach a basraîch,
Gun an taice ri 'n cul-thaobh ;
'S beag an t' iongnadh do d' cheilidh
Ga nach eirich i sunntach.

VI.

Tha do bhraithrean trom duilich,
'S cuis mhulaid an t' aobhar,
O na dh' fhag iad u 'n tasguidh
Cha 'n e 'n cleachdadh bhi aobhach ;
Dh' fhalbh an sùgradh 's an aiteas,
Cha dual da 'n aigne 'bhi aotrom,

'Se 'n tlachd a bhi bronach
Gun seol air a chaochladh.

VII.

'S beag an t' iongnadh dhoibh fein sid,
'S an guala threuntais air lagadh,
A Chraobh chath agus chomhraig
Fo' na bòrduibh an tasgaidh ;
'Nuair a chuirte suas piob leat
A meoir bhinn Mhic a Ghlasraich,
'Siumadh Gallan deas direach
A reachadh sios ann ad' bhrataich.

VIII.

Slionmhor' luite 'n robh ainm ort
Ann 's na dhearbh u do ghaisge ;
'O n' se cleachdadh bu dual dhuit
A bhi cruadalach beachdail,
Smachdail, sìobhalta, suairce,
'Dhol a bhuannachd a cheartais ;
'Nuair a ghlacadh tu 'n t'ardan
'S mairg namhaid a chaist'ort.

IX.

'S mairg fo n' leigte do lùs
A 'nuair a thionndadh tu 'n ăscaoin,
A dhol a chosnadh cath làrach,
Gu nàisinneach, reachdmhor :
Gnuis shoilleir na naire,
Nach robh sgàthach na gealtach ;
'N am losgadh an' fhùdair,
Nach tionndadh le taiseachd.

X.

Nam b'e do chleachdadh an lùireach
Is claidheamh cuil a chinn aisnich,

Sgiath bhreac na'm ball dlutha
Air a dunadh fo t'achlais,
Agus clogaide cruadhach
Oscionn na cluaise b' fhearr claisneachd ;
Cha bhiodh sgàth air do dhaoinibh
Dhol sa chaonnaig 's tu 'aca.

XI.

'Nam do laoich chur an òrdugh,
Bu leur dhuit eolas is gliocas,
Tuigse natuir le foghlum ;
Fhuair u sonnruichte giftean : *
Ri linn catha na comhraig,
Cha 'n fhacas leon air do mhisnich ;
Ri h' uchd cogaidh is fuathais
Dhearbh u cruadal gun tioma.

XII.

Bha u uasal ad' natur
Suai, ce, bàigheil ad' inntinn,
O' thoiseach do làithean
Be t' abhaist bhi siobhalt ;
Aghaidh mheach'or mar mhaighdinn,
Flathail, caoimhneil fo d' mhin chruth,
Dana, sgairteil mar shaighd-fhear,
A chasgairt foil do luchd mi-ruin.

XIII.

Na'm bu chogadh an t' Aog
A b' urrain daoine ga thilleadh,
'S iumadh oig-fhear deas, dealbhach,
A rachadh garg ann 's an iomairt ;
Mu'n leigte gu dith u,
Gura lionmhor ceann-fine

* Gibhtean.

'Rachadh dàn annsa strèupaid,
Fir ghleusta, gun ghiorag!

XIV.

Dh' eirgheadh Tighearna Mhuideart,
'S Mac-Ic-Dhùghaill o'n Mhòr-thir,
Mac-Coṅaill * nan Eilein,
'S cha b' ann air deireadh do thoireachd:
Dh' eirgheadh fir Ghlinne Garadh
'S Mac-Ic-Alastair Chnoideart,
Cloinn Ieïn o'n Innein
Nach tilleadh sa chomhdhail.

XV.

Nam bu shean mi gu seanchas,
Dh' innsinn dearbhte na's leatsa,
'Sa thigeadh mu'd dheibhinn,
Na'n gleidhte le feachd u;
Iarl' Antrim a h Eirinn
Gan geilleadh na gaisgich,
Agus uaillsean Chinntìre,
Luchd nam pioban 's nan glas-lann.

ORAN II.

Do Mhac-Ic-Alastair, Tighearn 'Og Ghlinne Garadh.

Air fhonn fein.

I.

Deanuibh suidhe mu'n bhord so,
'S bidh mo stòp sa cur thairis;
Mar bhith gainnead mo storais
Cha bu leor lium a cheannach;

* Dhomhnaill.

'So an deoch a theid ol
Air Tighearn 'Og Ghlinne Garadh ;
'S cha bhi i gun dioladh,
Is teudan m' fhidhle ri'n tarruinng.

II.

Si so slainte 'n fhir uasail,
'Chionn s gu'm buadhaich u 'n trèuntas,
Agus dùchas a Chaisteil,
'S do luchd Chasag cha gheill u :
Ma bhios gach cuis mar a chualas
'S fearr na duais leinn è dh'eirigh,
Gu'm bi gach Cìb-fhear a'n Cnoideart
Fo iochd an Leomhainn ga'n treutadh.

III.

Tha u macanta, caoimhneil,
Mar mhaighdinn aig suairceas ;
'Nuair a thigeadh iad cas ort,
Dh'eirgheadh lasadh a d' ghruaidhean :
Leat is feargach luchd ädan
'Bhi gam faicinn mu'n cuairt dhuit ;
'S mu leanas tu 'chùis ud,
Bidh do chliù mar bu dual dhuit.

IV.

'S a sheobhaig na firinn !
Tha ù d' rìgh air a'n ealltuinn ;
Mu 's e beachd ann 's na chinn u
Nach bi Cìbear a t' fhasgath :
'S iad a dh' fhògair do dhillsean
'S a chuir dith air do bhrataich ;
'S o na fhuair iad lamh 'n uachdar,
Tha do thuath air an sgapadh.

V.

'N rud a thuirt an sean-fhocall,
Tha mi beachdi gur fìor e ;
" 'S fearr tilleadh s an àth
" Na 'bhi bàite gu h' iosal ."
Bheir u 'n air' air do chairdean,
Mu tha 'n dàn doibh na chi è ;
'S cùis shòlais do'd chinneadh
Gu'n do ghineadh gun spid u.

VI.

Căs a shiubhal a chreachuinn,
A dhìreadh leachd agus garbh-lach ;
Pearsa chùmpach gun leasgan
Da'n deise thig armachd ;
Cuilbheir caol air ghleus lŭbhaidh
A dheanadh pŭdhar mu anmoch
Air ăgh a chinn ghuanaich ;
'S tric a bhuannaichd u n' earba.

VII.

'S tu sealgair na sìthneadh
Ann a m frìth nan damh seanga,
Leis a ghunna nach diùltadh
Air ùtlaiche 'n langain :
Agus lach a chinn uaine,
Bhiodh do luaidhe ga mealladh,
Eoin a dh' eirgheadh 'o n t shaile,
'S bu tu namhaid na h' Eala ;

VIII.

Agus giomanach coilich
Ann cluais an doire sa mhadainn,
Le ghob crom, 's e ri durdan,
'S " cha b'e tuchan a chnatain,"

An taic a leannain ri sugradh,
A seinn ciuil air gach bacan :
'S a n' uair a lasadh do làmhach,
Bhiodh a charaid gun astar.

IX.

'S air thoiseach a chruadail,
Dhuit bu dual a bhi d' ghaisgeach,
Roimh neart tein' agus luaidhe
Do lann chruadhach ri spealtadh :
Tha u 'shliochd nam fear uaibhreach
A choisin buaidh ann 's gach baiteil,
A fhuair urram na h Albann,
'S a rinn a dhearbhadh ann Sasann.

X.

Siol nan Collaidhnnean trèuna
Nach treigeadh an claidheamh,
Dh'fhas gu cruaidh-bhuilleach, trèubhach,
Bu mhaith feum ri h am sgathaidh ;
" Leis na chuireadh cath ghairbh-fhaich,"
'S gheibhte seanchas air fathasd ;
Mar ri la Ion'ar Lòchaidh,
Bha luchd chleochdan na'n luidhe.

XI.

Tha fior fhuil nan Gaidheal
Gun chàilein, air sioladh
Ann ad phoraibh na'n stuaighean
Mear-ghluasadach, righeal :
'S lionmhor struthan bras-uaibhreach
Tha mu'd ghuaillean a dìreadh ;
'Ge b'e sheanchuiseadh ceart u
Bho linn Art agus Mhili. *

* The Milcian stem.

XII.

'S mairg a reachadh gu strith riut,
Mu'r biodh siothchaimh air t' aire ;
Cha bu shúgradh do dhu-ghaill
Do chùis a thoirt tharad :
Nuair a thigeadh an trèun-laoch
Mor-fhear sleibhteach nan seang-each,
'S Mac-'ic Ailein a Uidhist
A theid na uidheam air mhărachd.

XIII.

Leat a dh' eirgheadh 'o n Mhòr-thir
Treun-fhir mhora nach meataich,
Da'm bu shuaicheantas fraoch,
An am na laoich 'chur ri gaisgeadh :
Dream nach strìochdadh sa chaonnaig,
Sliochd Raonuill o 'n Cheapuich ;
Le'n cuilbheirean caola'
Stric a dh' fhaobhuich Cloinn Chătain.

XIV.

Dream eile do 'd chinneadh
Clann Teïn cha striochdadh
Air thoiseach a chumaisg
'S iad gu fuileachdach, dileas ;
'Nuair a thogte leibh bratach,
Fraoch dait' agus pioban,
'N am na faobhuir a nochdadh
'S mairg a choisneadh a mi-ruin.

XV.

B'ann do'd chàirdeas Cloinn Dùghaill
O' thùr na'n clach snaighte
'Nam teanal ri cheile
'S iad nach eisdeadh do chaismeachd :

Dh'innis latha Ghlinn-seile
Nach bu deireadh air feachd iad ;
'S ge'do chailleadh sliabh 'n t shiorraidh,
Chaidh a'n gillean air thapadh.

ORAN III.

Do 'n aon cheudna ; 'se sin ri radh—an Còirnneal Dòmhnullach, da'n gairear "TIGHEARNA GHLINN GARADH."

Air fonn : Fuidh a nuas duinn am botul,
'S theid an deoch so mu'n cuairt
Lion barrach a'n copan,
Cum sochdair a chuach ;
Tosda Choirnneil na feile
Leis an eirgheadh gach buaidh,
Oighre Chnoideart a bharruich,
S Ghlinn-Garaidh, o' thuath.

I.

THIG ort measar is adharc,
Agus * tagha nan arm,
Le d' mhiol-choin air lômhainn,
'S iad romhad air falbh :
Nuair a theid u do'n mhùnadh,
Bidh fuil air damh dearg ;
Cas a shiubhal an fhirich,
Leat a chinneadh an t' shealg.
Fuidh a nuas duinn am botul, &c.

* The choice of arms; a poetical name for the sword.

II.

'S tu marbhaiche 'choilich
'S moch a ghoireas air chrann,
Bhŭichd bhioraich an t sheilich
Agus eilid na'm beann :
'S tric a leag u na luaths
A chaol-ruaghag 'sa mhanng,
'Nuair a ruigeadh do luaidhe
Cha ghluaiseadh i eang. *Fuidh a nuas, &c.*

III.

'S tu namhaid na h eala,
Lamh a mhealladh a gheoidh ;
B'fhearr leat 'fhaicinn san adhar,
Na è luidhe air lòn,
Air iteig ga chaitheamh
Bhiodh luaidhe neimh air a thoir
Bho ghunna bheoil chumpaich,
'S cha bhiodh ùin aige beo. *Fuidh a nuas, &c.*

IV.

Lean do chruadal, 's do ghaisge
'S am fasan bu dual
A bhi colgarra, cosanta
'M prosnuchadh sluaigh :
Gu h armailteach, treubhach,
Gu geur-lannach cruaidh ;
'S tu shliochd nam fear trèuna
Nach geilleadh 'san ruaig. *Fuidh a nuas, &c.*

V

Tha 'naidheachd so fior aig
Luchd innse nan duan,
Gur a sgeul e ro chinnteach,
Air do shinnsreadh bha buaidh ;

Nach do dhibir an deas lamh,
Ach seasamh 's gach uair,
'Si bhuidhneadh a chis
Ri h uchd strìthe le fuaim. *Fuidh a nuas, &c.*

VI.

Ghabh u tlachd is dea-cheutaibh
Do'n bheus a bh' aig cach,
Luchd bhreacan ann èileadh
A dh' èirgheadh a'd phairt;
Toirm fheudan ga'n gleusadh,
Leat is eibhinn an gàir,
Mair ri binneas nan teud,
'Sa bhi g' eisteachd nam bard. *Fuidh a nuas, &c.*

VII.

Tog suas an cran dìreach,
Bratach riomhach gun sgath,
Le cularan rioghail
A dh' innseas co iad;
'S cha'n ob do chuid gillean
Dol an iomairt na spàirnn,
'Stu fhein air an toiseach
A toirt mosglaidh da'n càil. *Fuidh a nuas, &c.*

VIII.

Tog colg ort, Fhir ghasta!
Bi gaisgeil 's gu'm faod;
Thig marcuich is coisichean
Ort as gach taobh:
'S farsuinn lionan do chòrach,
Cloinn domhnuill an fhraoich;
Thig do chinneadh ad chomhnadh,
A chraobh chomhraig n'an laoch! *Fuidh a nuas, &c.*

IX.

Tha fir chalma ro-fhearcail,
Ann a'd fhearannan fhein
Eadar Cnoideart 's Gleann-Garadh,
'Theid barruicht' air ghleus :
'Chuireas cuil air an naimhdean ;
Tha 'n Ceannart ga'n reir :
'S cha ghabh u commanndadh
O' Ghrannduich Shrath-spè. *Fuidh a nuas, &c.*

X.

'S leat càirdeas, le dùrrachd
Fir ùr Innse-Gall,
Nach gabh giorag na mùiseag
'Nam rusgadh nan lann ;
Nan cluinneadh iad strith riut,
Bhiodh milltean diu 'nall ;
Mu'n leigeadh iad cùis ort
'S iad a dhùbladh do ranng. *Fuidh a nuas, &c.*

XI.

Thig a d' choinnibh le farum
Buidhean bhras nan arm cruaidh,
A bhuaileadh na buillean,
'S a chuireadh an ruaig ;
'Bha gu h' ardanach reachdmhor,
Gu feachd a dol suas
'O Cheapaich nan craobh,
A dh'fhag na glaoidh s a Mhaol-Ruaidh.
Fuidh a nuas, &c.

XII.

O Chomhann nam bradan,
Is gasd' thig fo thriall

Cloinn Ieìn gun ghealtachd,
Bha 'neart san leat riamh,
Le 'n airm an deagh òrdugh,
Luchd a leonadh nam fiadh,
'S a dheanadh àn tolladh
Mu'n cromadh a ghrian. *Fuidh a nuas, &c.*

XIII.

Co 'thàirnneadh ruit riobadh
'Nuair 'thig na bheil uait?
Iarl' Antrim a h Eirinn
Leis an eirgheadh na sluaidh;
Mac Ic-Ailein nan geur-lann,
Dheanadh èuchd air a chuan,
Aig a bheil na fir-ghleusta
'Dhol a reubadh nan stuagh. *Fuidh a nuas, &c.*

XIV.

Thig iad sìd ort le dùchas
O' thùr na'n clach rèith,
Braithrean Dhomhnuill, Cloinn Dughaill
Marcaich shunntach nan stèud;
Cloinn an t shaoir 'o thaobh Chruachain
'Bha riamh cruadalach trèun;
Ge do chaill iad a chòir 'bh 'aig
An' seòrs' ann an slèibht'. *Fuidh a nuas, &c.*

ORAN IV.

Do'n Aon cheudna.

Air fonn agus tomhas, " A bhean, leasaich a stop dhuinn."

I.

Deanuibh suidhe gu soisneach,
Air sèoraichean sochdair,
Mu bhord nan ceith'r oisnean,
Chum 's gu'n òl sinn an deoch so,
Air Choirnneal ûr nam fear coltach
A choisneas cliu 's tu air thoiseach nan laoch.
A choisneas cliu, 's tu, &c.

II.

Mu's a branndi na fion è,
Dean am botul a lionadh ;
Tha mi toileach a dhioladh,
Gun bhi 'cunntas mu fhiachan,
Ga ghearan cha bhi mi,
Ge do bhidheadh a phris orm daor.
Ge do bhidheadh, &c.

III.

Tha mo chridhe gun aiteas,
'O na thriall u air astar,
'S mi t' iarcuinn, a Ghaisgich !
Bha coltas ceann feachd ort
Air thus nam fear gasta,
Nuair a ghluais u 's a mhaduinn Diar-daoin.
Nuair a ghluais u, &c.

IV.

Oighr' oig Ghlinne-Garaidh,
Agus Chnoideart an daruich!
Be do dhualchuis 'o d sheanair,
Seasamh cruadalach fearail,
'N am dol suas ann an cărraid
Mar bhalla cruaidh, se fo bharran do'n fhraoch.
Mar bhalla cruaidh, &c.

V.

Co 'leumas an gàrradh,
Nuar a thogas tu 'phàirce?
Ranng rioghail neo-sgàthach,
Mu'r do chaochail iad abhaisd,
Is maith a sheasas an larach,
'Sa chuireas an Nàmhaid fo sgaoil.
'Sa chuireas, &c.

VI.

Na fir mhòra gu cumasg;
Nach èisteadh an cuireadh
Dhol a bhualadh nam buillean,
Gu geur lannach guineach,
Le'm beumannan fuileach
'S tric a choisinn an urram gu strìth.
'S tric a choisinn, &c.

VII.

Sgeula' chuala 'n roinn Eòrpa
Gun robh buaidh air Cloinn Dòmhnuill
Ri h aodunn a chòmhraig;
Na fir churanta, sheolta
'Theid sa'n iomairt gun sòradh,
'S co b' urrainn bhur coir a thoirt dhibh
'S co b' urrainn, &c.

VIII.

Gaol ant' Alastair Gleannach,
Marcach sunntach nan seanng-each,
Nan steud crùitheacha, strannach,
A bhuidhneas rèis air na Galluibh
A theid na'n lèum, 's nach toir thairis le sgios.
A theid na'n lèum. &c.

IX.

Sar-bhiadhtach' an fhiona,
'S tu b' urrainn da dhioladh,
Cha bheagan bu ni leat,
Ach togsaidean lionte,
Mar bu chleachdadh le d' shinnsreadh
Ann san talla 'm biodh slinntrich nam pios.
Ann san talla, &c.

X.

Tha mo dhùils' anns'an Tridhear, *
Gur a greònach do thighin,
Gu'd ste mar bu dligheach,
Air creagan an Fhithich,
Tùr àrd nan clach lighe
Nan stuagh laidir nach crithich le sìn.
Nan stuagh laidir, &c.

XI.

Gu tùr Gar-annach uasal
Na'n clach snaighte nach gluaisear,
Air nach druigheadh an luaidhe,
'S cian o'n chuireadh a suas e,
Leis an dream an robh 'n cruadal,
'S cha d' fhuair naimhdean riamh buaidh gu chuir sios. *'S cha d' fhuair*, &c.

* An Trionaid.

XII.

Fhir mhaith na feile,
Gun uireasbhuidh cèille :
Tha t' uaillse 's do bheusan,
Do chruadal is t' èuchdan
A comh-fhreagradh da chèile,
'S cha tuairisgeul brèig 'tha mi 'g iunns'
'S cha tuairisgeul, &c,

XIII.

'Ghlachd ú 'mhisneach as t' oige,
Le gliocas gun mhor-chuis ;
'S leat onoir 'bhi 'd Chòirnneal,
Do chommision ad' phòca,
Leith ri ceangal do chòrach ;
Gleann a Garadh is Cnoideart fo'd chis
Gleann a Garadh, &c.

XIV.

'Nuair a theid u fo'd armaibh,
Bidh raoghainn gach dealbh ort,
'S lann thana 'chinn airgid,
Ann dornn lùthmhor nan geal-mheur
'Mhiod sa thainig do'd aimsir,
Cha do thaisg u i cearbach fo' spid
Cha do thaisg, &c.

XV.

'S beag an t' iongnadh ann Albainn,
Ge do chluinnte mor-ainm ort,
Mar a millear a seanchas ;
'S tu 'shliochd Art agus Chormaig,
Chuinn is Cholla, ge'd dh' fhalbh iad,
'S fada cliu nam fear calm 'anns gach tir
'S fada cliu, &c.

XVI.

'Oig aigeannaich, mheamnuich,
Cas a shiubhal a gharbhluich,
Bidh tagha nan arm ort ;
'S tu raoghainn an t shealgair,
'S i do luaidhe ni marbhadh,
'S tric a leagadh damh dearg leat sa'n fhrith.
'S tric, &c.

XVII.

'Nuair a chaogas tu 'n t shuil, ri
Gunna glaice nach duiltadh,
Bidh eilid na stùiceadh
Ann sa' chadull nach duisg i,
Aig do ghillean ga' rusgadh,
'Stu nach cuireadh a luireach gu pris.
'S tu nach cuireadh, &c.

XVIII.

Dearg namhaid an ruaidh-bhuic,
'Sa choilich dhuibh air an duathar,
Ann sa mhaduinn mu'n gluais e ;
'S eala bhân nan spag fuara,
'Snamh air bharra nan stuaghan,
'Stric a mheall u mu'n cuairt i gu tir.
'Stric a mheall u mu'n cuairt, &c.

XIX.

'S an cluinn u mis', fhir an tighe ?
Thoir dhuinn an t shlainte seo fhathasd,
Agus r'eitich an radhad
Do'n fhear nach duraig a gabhail ;
Tilg an cuil e na luidhe,
'S na bi 'giulan luchd tathaich nach fhiach.
'S na bi 'giulan, &c.

XX.

Am fear nach togair a h òl, bidh
Taobh an lochdair do'n chomhlaidh
Ri bairnneach a shròine,
Gus am bi e cho reota
'S nach eirich e beo as
Mar h iarr e 'n tosda, s an t 'oran so 'rìsd.
Mar h iarr e, &c.

ORAN V.

Do Dhomhnull Cam'ron *Triath Loch-iall.*

Air fonn da fhein, a tha coltach ri teìs cronain
Mairi ni'n Alastair Ruaidh,
A Bhan-Bhard.

I.

O Theanga! bi giar,
'S thoir dhomhsa mo mhiann;
Mu dh'innseas tu sgial,
Cha till mi do shrian:
Thoir cuimhn air Loch-iall,
Gam bu duchasach riamh
'Bhi comhragach dion,
Fiughannach, fial,
Sar cheannard na'n ciad—Domhnull
Sar cheannard, &c.

II.

Bha do mhuinntir, 's do thir,
At iunndrain gan dith,

'Cha b' iongnadh sid leinn,
Dh 'athnuathaich u'n t shìth ;
Tha do choir air a dion
Le h ordugh o 'n Righ ;
'S cuis sholais doibh i :
'Stu a Ghaisgich ! nach clith ga'n comhnadh.
'Stu, a Ghaisgich ! &c.

III.

'O n la chuibhtich u 'n Fhrainng,
Tha gach cridhe gun sheall
Air a lionadh le tainng
Gun d' fhuair iad u 'nall :
Iad tamull mar chlann
Gun athair na'n ceann,
Mar luinng 's i gun chrann ;
Ghlachd u 'n stiùir ann ad' laimh,
'Stu 'thionndaidh gach ball còmhnart.
'Stu thionndaidh, &c.

IV.

An Laoch misneachail treun,
Ga bheil gliocas le ceill !
Cait a seasamh air feill
Na bheir barrachd ort fein,
An Triath Abrach ga'n geill
Fir ghasta gu streup,
Luchd bhualadh nam beum,
Ri h uchd tuasaid nach eisd ordugh ?
Ri h uchd tuasaid, &c.

V.

Sar-mharcach nan each,
Gnuis ailli, 's fearr dreach ;
Ghlachd u 'n dual chuis ad' bheachd,

Eiridh suas ann am feachd
Le cruadal ad neart ;
A chraobh ùr na meur pailt,
Nach gabh lubadh mar shlait,
'S cha bu shugradh a sgath comhluath.
'S cha bu shugradh, &c.

VI.

'S lionmhor cuiridh gun chealg,
'S Fiuran sgiobalta garg,
Bu mhòr misneach is dealbh,
Nach obadh leat falbh :
Bha sid ort mar shealbh,
'N am an togail gu h' arm,
Chaidh a chuis ŭd a dhearbh-chomhdach.
Chaidh a chuis ud, &c.

VII.

Farum sìoda ri crann,
Nam rusgadh do lann,
'S e bu dligheach 'bhi ann,
Spealtadh chnuachd agus cheann,
Mair-ri luaidhe na deann
Far am buaileadh i meall ;
Air do naimhdean bhiodh call,
Le mor ghaisgeadh an dream nach sèradh.
Le mor ghaisgeadh an dream, &c.

VIII.

Ceol dionach a d' chluais,
Air an dioladh tu duais ;
Piob shuibhlach a suas,
Meoir chinnteacha luath,
Binn, firinneach cruaidh :
Fhir na h' iomhaigh gun ghruaim !

Leat bu mhiannach am fuaim,
'Nam tarruing do shluaigh an ordugh.
'Nam tarruing, &c.

IX.

Thig na h' airm ort, a Laoich !
Paidhir dhag air do thaobh,
Lann sgaiteach nach faoin,
A chinn aisnich, nach sgaoil,
Cruaidh, fulangach, caol,
Air chrios iomachair, caoin,
As a duilli.h nach aom
Gun chuis-chatha, na aobhar comhraig:
Gun chuis chatha, &c.

X.

Tha u macanta, ciuin,
Ann an cleachdadh, 's ann 'iuil ;
Glac a dh' iomairt nan crun ;
'S ro-mhaith 't fhocall air chul
Fir, na airc, fo' luchd diumb' ;
Seasaidh t' onoir 's do chliu
Ann an seirbhis a chruin,
A Cham'ronaich uir o' Lochaidh !
A Cham'ronaich uir, &c.

XI.

S tu nach soradh a fion,
'Scapadh storais ga dhiol,
'Fhir gun choir air bhi crion,
'Stu chuirt ghreadhnaich nam piob,
Cairdeach Eobhon nam pios,
'Bhuidhneadh geall ann comh strì,
Chaidh a shealltuinn an Righ,
Lan gaisgidh le fior-eolas.
Lan gaisgidh, &c.

XII.

'S tu 'n t' ubhall a dh' fhàs
Air' gheìg nodha fo' blath ;
Ge do fhroiseadh dhith càch
'Le h' oiteig a bhàis ;
Sann do dh' òrdugh nan gràs
An Fhrèumhach 'bhi slan,
'Le h iomairt gun chàs
U bhi togail do mhail ;
'S gu ma fada sgeul slainteach, beo ort.
'S gu ma fada, &c.

ORAN VI.

Do dh' Ailein Cam'ron *an Earrachd, air dha' bhi na Mhàiseir.*

Air fonn da fein.

I.

A Mhaidseir Ailein, ris an can iad
Fear an Earrachd ! bu bhinn caithreim
Do luchd ealaidh 'dol gu talla,
Tha u fearail, cha be cheannach,
Dhearbh u chean' e, 'n cuis ga leanailt
Cha luidh mearachd facaill ort.
Dhearbh u &c.

II.

Chunn'cas seachad thair an aiseag
U, Fhir ghasta, mheamnuich, reachdmhoir,
Uasail, bheachdail ! chualas caismeachd
Piob 'air asdar, leat a Ghaisgich

Dhearbh do thapadh air thus feachda
Anns gach cath 'n do thachuir u.
'Dhearbh do, &c.

III.

Marcach sunntach nan cùrs' meara,
Nan steud seannga, crùitheach, ceănnard,
Găortach, strianach, dioltach, strannach!
Co tha'n Albainn 'thug ort barrachd!
'M beannachd bhochd tha toirt ann AILEIN;
Gheìbh diol deirce is maith an aire
Uat, a threin-fhir! feisd gun cheannach;
Sid am beus nach b' aineol ort.
Uat a threin-fhir! &c.

IV.

'N am do d' mhuintir tighn' gu d' làraich,
Cha bhiodh do chiulm gun cheol gàire;
Cha bi 'n tunna bheag a b' aill leat,
Ach na buideil tric gan traghadh,
Togsaid air stoc le goc pràise,
Riachaid gu dian air fion Spainnteach;
" Ge be dh' òladh, 'stu gum paidheadh,"
Cha bu spairnn ort teannadh ris.
Ge be dh' òladh, &c.

V.

'S ard do thurus suas do Lŭnnuinn;
Fad 'sa dh' fhuirich, bu cheann cuiridh
Aig gach duin' u: bha sgiabh Cuiri
Ort gu h ŭili, fhuair u 'n urram
Ordugh cumaisg, le t' airm fhuileach,
Gheura ghuineach,
'S tu fo 'd chulaidh bhătailte.
Le t' airm fhuileach, &c.

VI.

Fear gun ghruaim a dhioladh duais,
Is deirge gruaidh na ròs ga bhuain,
Is àilli snuagh fo d' èideadh uallach ;
Cha luidh fuachd ort ; òr mu'd ghuaillean,
Comhdach uasal ; 's lionmhor fuathas
Tein' is luaidhe,
Gabhadh cruaidh romh 'n deachaidh tu.
'S lionmhor fuathas, &c.

VII.

Chit' air causair t'aird 'thair fearaibh
'N deise 'n aodach bu daor ceannach,
Cota nan eanng air a bhalluibh,
Eileadh agus osain ghearra,
Breachdan gun mheanng, is lann thana,
'Nuair a b'fheumail duit a tarruing,
Gairg ann a d' bheachd, ceart a d ghealladh,
N onoir an Righ, gun di ceannais,
Ri h am stri nach sealladh air.
N onoir an Righ, &c.

VIII.

Cridhe suairce 'n com na h uaillse,
'N eirgheadh cruadal ri h uchd tuasaid,
Leanadh ruaig. a reachadh suas
Air thoiseach sluaigh a choisneadh buaidh
Le faobhar cruaidh ; an cliu a fhuair u
'S maithreann buan e ;
'S co a ghluaiseadh sgainnil ort ? *An cliu, &c.*

IX.

Cait an d fhàs e, aon mhac Gaidhil
A thug barr ort anns gach càs

An iarrte t' fhabhor, uaillse, 's failte,
Suairc' is cairdeas ? gruaidh gun sgath
Romh fhearg do namhaid, ri leas blair,
Le lùths do lamh ; bhiodh fuil ga traghadh,
Thall thair sàile,
'S dh' innseadh cach gu'm fac' iad e.
Bhiodh fuil, &c.

X.

'S ann do d' chòmhdach t' airm an ordugh,
Dag air òradh, lann a'd dhornn
Gun diobhail gleois, a dheanadh stroiceadh
Ri h' am comhraig ; 'dh' fhagadh leointe
Luchd do chomh-stri, fo'd lan-ordugh
Sluagh ga'n seoladh,
* 'Sdraddadh ord mar dhealanach !
Fo 'd lan-ordugh, &c.

XI.

'Nuair a theid u air thùs feuma
'T'airm 's a t' eideadh, cha bhi eis ort ;
'S ann do'n Fheinn u, 'Ghaisgich thrèubhaich
Nan gniomh èuchdach, Ceannort cheud u,
'Ghnuis na feile, leis an eirgheadh
Fir nach geilleadh,
Theid air ghleus gu caithreimeach.
Leis an eirgheadh, &c.

XII.

Iul is maise, cliu is gaisge,
Be do chleachdadh ; or ga scapadh
Fion gun aircis, òl gu frăsach,
Ceol is aiteas, cèir an lasadh

* Sradadh.

Aig Ceann Feachda fir Lochairceig
'Theid gu sgairteil fo'd' gharbh-bhrataich
An coir cheart nach dealuich ruit.
Theid gu sgairteil, &c.

XIII.

'S leat gu'd chomhnadh na garg-leomhainn
Theid an ordagh, ullamh, eolach,
Dăgach, orduch, lannach, dornnach,
'Thig ad' chomhdhail, cairdeach, ceolmhor,
Piobach, strolach, mar bu choir dhoibh
Domhnullaich is Leathainich.
Piobach, strolach, &c.

XIV.

Bidh ard uaillsean is luchd oighreachd
'G ol do shlainte n cas na rinn u;
Gur deas Ghaidheal, cha mhac Goill u,
Cam'ronach gun fhaillinn caoimhneis;
'S lionmhor cliu is beannachd saighd-fhir
Ann an cuirt an Righ a thoill u;
'S ge bu bhard mi 'la' 's do dh' oidhche
Trian do d' loinn chan aithris mi.
'S ge bu bhard mi, &c.

ORAN VII.

Do dh' Ailein Cam'ron an Earrachd, air dha bhi na Choirneal.

Air fonn, Moladh an Leomhainn. *M'Don. Vol. I.*

I.

Mu'n cuairt a ghloine comhnard,
'Gun dòrtadh, 's dean barrach i,

Don stuth neartmhor laidir
'Bheil cail agus fallaineachd,
A dh' ol deoch slainte 'n armuinn.
Their cach " Fear an Earrachd" riut :
Gach ceum gu dol a suas dhuit,
Is buaidh air na leanas tu :
Mo dhuil gu grad u thighn gun stad
A chum gu faicear fallain u,
Fhir is gasta shiubhlas faiche
Nach eil lag na aimbeairteach ;
Air thus gaisge cha bu tais u
Ri h uchd cath ga theannachadh ;
'S cha chualas ann an Albainn
Ceann armailt 'thug barrachd ort.

II.

Tha sgeul air tighn do'n dùthaich
Is cunntas gur maithreann u ;
Slan do'n bheul a ghiulan
An t' ùrachadh annasach ;
'S naidheachd e 's an rioghachd
Ga innse gu barantach,
Gu bheil u nis a d Choirnneal,
'S do choraichean ceangailte :
Fhir chalma, ghlic, 'tha dearbhadh tric
Gu bheil do mhisneach ceannardach,
'Be sud do bheus, a dol gu streup,
A Leomhainn pheuchdaich, fharamaich !
Gach ait an d' theid u, leat a dh' e irgheas
Na fir threubhach bhearraideach
Aig meud do threuntais co ga'n geill u ?
'S buaidh gach euchd a leanailt riut.

III.

'Lean gaisgeadh agus cruadal
'O dhual chuis do sheanair riut,
Nuair thairnneadh e o' chruachan
A chruaidh lann gun smal orra,
'Sa ghlachde leis neo-chearbach
An t Arm da'm b'ainm "An Reangaire,"
'S ann thigeadh sgeul an fhuathais
Air cruachdan ga'm beanadh e:
'S ann cùis na'n geall, a'n Cuirt na'n Cainnt
Cha'n fhasan ghall a leanas tu;
Cha chleachdadh ùr 'n do chuir u duil,
'O n' tha gach cliu ri aithris ort;
'Nuair a dhuisgt' u, cha bu shugradh
Tiunndadh ann an carraid riut;
U maith gu sith, is garg ann strìth,
Cha toirear cis a dh'aindeoin dhiot.

IV.

'Nuair theid u n' uidheam Gaidhil,
Bu mhiann le bann-righ sealladh dhiot,
Le t' osain is maith fiaradh,
Do chalp' air fiamh na gaillinne;
'Sporan a bhruic fhiadhaich,
Gun chruaidh-shnuim riamh ga theannachadh;
Gu tric a tarruing iallan
'S ga riachaid air aimbeairtich:
O! ghnuis na feile theid gast' a t' eideadh!
Thig ort eileadh beannagach,
Na chuaich gu dlùth mu'n cuairt do'd ghlun,
Do bhreachdan ùr neo sparrasach,
Boinnid dhù-ghorm 'thig o'n bhùth,
A theid na cruin ga ceannach dhuit,

Fo bharr gu leor a dh' ite 'n eoin
An ordugh mar is maith leat i.

V.

Dh' fheumadh e bhi calm, agus
Earbsach gum bu ghaisgeach e,
Fear a gheabhadh ean-chinn
Gu dol a thairgse baiteil duit ;
'S ann leat fhein a dhearbhte
'Bhi fear-bhuilleach, acfuinneach,
'Nuair reachadh tu fo' t' armaibh
Gu meamnach, dealbhach, tatarach.
Thig o' t' achlius paidhir dhag
Nach diultadh strad nuair bheanadh i
Do dh' fhudar sgairteil nach ob lasadh
Luaidhe bhras na deannuibh leis,
Biodag ghlas bu charraigeann cas
Gu tairgneach, cnapach, meallanach,
Bhidh sid air t' fhasdadh, 's lann 'chinn aisnich
'S gaoirdean gasta leanadh i.

VI.

Nuair dh' eirgheas bratach riomhach
A Choirnneil rioghail Earrachdaich,
Ga sgaoileadh ri crann direach
An am dol sios gu caithreimeach ;
A fiuran gasta dileas
Mar mhaighdean air thi leannanachd,
A dol an coinnibh namhaid
Is tart gu tradhadh fal' ora :
Piobach, drumach cruas nam builleau
Fuaim gach gunna thaitneadh riut,
Snapach, guineach, ealamh, ullamh,
Ann an cumail batailte,

Dol gu cumasg 's leat an urram,
'Stu gun chunnart faiteachais ;
Bu mhaith san Fhrainng do lamh 's do lann
Is b' fheairde 'n Camp na'm faict' ann u.

ORAN VIII.

Do na Cib fhearan Gallta.

Air fhonn fein.

(*In Gaelic Heroic Measure.*)

I.

Thainig oirn do dh' Albainn crois,
Tha Daoine bochda nochde ris,
Gun bhiadh gun aodach, gun chluain ;
Tha 'n airde tuath an deigh a sgrios :
Cha 'n fhaicear ach caoirich is uain,
Gaill mu'n cuairt dhoibh air gach slios ;
Tha gach fearann air dol fas,
Na Gaidhil, 's ann ceann fo' shliodh.

II.

Cha n fhaicear crodh-laoigh air gleann,
Na eich, ach gann dol' an' eill ;
'Sann do'n f aisinneachd a bh' ann
Gun reachadh an crann o' fheum :
Chaidh na sealgairean fo' gheall,
'S tha gach cuilbheir, cam, gun ghleus ;
Cha mharbhar maoisl-each na meann,
'S dh' fhuadaich sgriachail Ghall na feidh.

III.

Cha 'n eil àbhachd fea na'm beann,
Chaidh giomanaich teann fo' smachd ;
Tha fear na cròichdeadh air chall,
Chaidh gach eilid is manng as :
Chan fhuidhear ruagh-bhoc nan allt
Le cu seang ga chur gu strath ;
An eirig gach cuis a bh' ann,
Feadaireachd nan Gall 's gach glaic.

IV.

Cha chluinnear geum ann am buailidh,
Chaidh an Crodh guailleach a suim ;
Cha'n eisdear luinneag, na duanag,
Bleodhain mairt aig gruagaich dhuinn :
'O n chaidh air cuallach an tàinead,
'Stric a tha padhadh gar claoidh,
'Naite gach cairdean a bh' aguinn,
Luinnseach ghlas am bun gach tuim.

V.

Mar gu'n tuiteadh iad fo'n chraoidh
Cnomhan caoch 'dol aog sa bharrach ;
Sann mar sid a tha seann daoine
'S clann bheag a h aoguis bainne :
Thilgeadh iad gu h' iomall cùirte
'O n duchas a bh' aig an seanair ;
B' fhearr leinn gun d thigeadh na Franngaich
A thoirt nan ceann do na Gallaibh.

VI.

Dh' fhalbh gach posadh ; threig gach banais ;
'Sguir an luchd ealaidh bhi seinn ;
Chuala sibhse tric ga aithris :—
" Caidseirean a teachd air cleibh :"

'Sionann sid 's mar thachair dhomhsa,
Cha dean iad m' fheoruich air feill,
Far am b' abhaist dhomh bhi muirnneach,
'S fearr leo cu ga chur ri spreidh.

VII.

Gach aon fhear a fhuair lamh 'n uachdar,
Dh' fhogair iad uatha gach neach,
A reachadh ri h aghaidh cruadail,
Na'n tigeadh an ruaig le neart :
Na'n eirgheadh cogadh san rioghachd,
Bhiodh na Cìbeirean na'n airc ;
'Se sid a sgeula bu bhinn linn,
Bhi ga'n cur gu dith air fad.

VIII.

Eirghidh iad moch la sàbaid,
'S tachraidh iad ri càch-a-chèil',
'S nuair a shineas iad air stoiri,
'S ann ga'n comhradh, tighn air feur
Gach fear a faoidhneachd ga nabi,
" Ceamar sin a dh' fhag u n' treud ?
" Ciod i phris a rinn na muilt ?
" Na 'n do chuir u iad gu feill ?"

IX.

" Chan aobhar talaich am bliadhnn' e,
" Rinn iad a sia-deug is còrr ;
" Ma tha us ag iarruidh fios air,
" Cheannaich mi 'mhin leis a chloimh :
" Dh' fhalbh na crogaichean air duil ;
" 'S mu ghleidheas mi n t' alach og
" Ge do gheabhadh trian diu m 'bas,
" Ni mi màl air na bhios beo."

X.

'Nuair dhireas fear dhiu ri beinn
An am dha eirghidh gu moch,
Bidh sgread ghallta m' beul a chleibh
'G eigheach na dheibh a chuid con :
Ceol nach b' eibhinn linn, a sgairt ;
Bracsi na shachd air a chorp ;
E suainte na bhreachdan glas ;
Uaimh-mheulan na fhalt 's na dhos.

XI.

Nuair a thig e oirnn sa ghaothidh,
'S mairg a bhios air taobh an fhasgath,
Chan fhaod fhaileadh a bhi caoin,
S e giulan na maoidlean dha-thigh ;
Stric e ga fhoileadh sa ghaorr
A sios o' chaol druim gu chasan,
S ga be rachadh leis a dh'ol,
S fheudar dhoibh an stròn a chasadh.

XII.

Nuair shuidheas dithis na triuir
A' stigh òsda 'n cuis 'bhi reith,
Chitar aig toiseach a bhuird
Cib-fhear agus cù na dheigh :
Bu choir a thilgeadh an cuil,
'S glùn a chur am beul a chleibh ;
Iomain amach dh' ionnsuidh n duin,
'S gabhadh e gu smiùradh fein.

XIII.

'S olc a chuideachda do chàch,
Neach nach abhaist a bhi glan ;
Cha chompanach dhaoin 'is fiach
Fear le fhiaclan a spoth clach ;

Ann ann garr-bhuic air a ghluinean,
Le chraos ga 'n sùghadh a mach ;
'S mu leigeas tu n' deoch ri bhial,
Na dheaghaidh na fiach a blas.

XIV.

Amach luchd chràgairt na h' oluinn,
Mu's a h àill leibh comunn ceart !
Druidibh orra suas a chomhal,
'S na leigibh a stròn a steach :
O nach cluinnear aca 'stoiri,
Ach craicinn agus cloimh ga creic,
Cunntas na h aimsire, 's gach uaire,
Ceannach uan mu'n d' theid am breith.

XV.

Suidhidh sinn mu bhòrd gu h eibhinn,
Gu ceolach, tèudach, gun smàlan,
Caoimhneil carrantach ri cheile,
' S na biodh aon do'n treud na'r caraibh :
Olaibh deoch slainte Mhic Coinnich,
'S chòirnneil loinneil ghlinne Garadh,
Chionn gu'r beag orra na caoirich,
Is luchd dhaorachadh an fhearuinn.

XVI.

Deanuibh gloineachan a lionadh,
'S gun di-chuimhn' air fear an Earrachd,
O nas maith leis maithreann beo sinn,
'S gun am por ud a thighn thàruinn :
Na seasadh uaillsean na rioghachd
Cho dileas ri cairdeas Ailein,
Cha bhiodh an tuath air a sgaoileadh
Ga'n cur gu h aoigheachd a dh' ain-deoin.

ORAN IX.

Oran Leannanachd.

Air fonn, " Gaol am Peutonach sughor."

I.

NA fuighinn gille ra cheannach;
A bheireadh beannachd gu Mairi,
'S mu shoruidh le caoimhneas
A dh'fhios na maighdinne 'chràidh mi:
Ga nach d thug mi dhuit faoidhrein,
Ann am foill dhuit cha d' fhàs mi;
'S mar a maith lium u fallain,
Nar a mheal mi mo shlainte!

II.

Nar a mheal mì mo chota,
Mar be mo dheoin a bhi lamh riut,
Sa bhi brìdal ri 'm leannan,
Ann seomàr daingeann na clairidh,
An iuchair fhaotainn am' phòca,
'S gun an tòir a bhi laimh ruinn,
'S mi gun deanadh do phògadh,
Gun fheoraich do m' chairdean.

III.

Gun fheoraich do'm chairdean
'S fad' a dh'fhallbhuinn ad' choinnibh
Far an deanainn riut comhdhail,
Cha bhidhinn beo gun a cumail:
Tha mo dhuil ann sa mhaighdinn
Nach treig do chaoimhneas mi uile;

'S mu'r do chaochail u àbhaist,
Gheibhinn t' fhàilt' agus t' fhŭran.

IV.

Se t' fhŭran a leòn mi
A dh' fhag am bronsa air m' aigneadh,
A thrumaich m' inntion fo' èislein,
Cha dean mi eir gh le gradadh :
Tha mo cridhe neo-shunntach,
Tha mi bruite fo 'm aisnean,
Aig a mheud 's thug mi 'ghaol duit,
'S nach fhaod sinn 'bhi tachairt.

V.

Nach faod sinn 'bhi tachairt
An aite faluich na 'n uaigneas,
Far an deanuinn riut beadradh
Is tacan cleasachd air uairibh :
Ach se laguich mo mhisneach,
Nach faod mi tric 'bhi mu'n cuairt dhuit ;
B'fhearr a phog na 'bhi falamh,
Mu'r a fuigh mi do bhuannachd.

VI.

Mu'r a fuigh mi do bhuannachd,
B'fhearr gu'm buailte mi thairis,
Gun càirte fo' lic mi
Ann an ciste chaoil dhainginn :
Mu ni u mo threigsinn,
B'fhearr gun eugainn, 's nach fhanuinn ;
Aig a mheud s 'thug mi 'speis dhuit,
Cha 'n eil m' eibhneas air thalamh.

VII.

Cha 'n eil m' eibhneas air thalamh,
Mu'r a fuigh mi u 'Mhairi !

Cha dual domh bhi fallain
  Mu bhios mi fada mar tha mi;
Cha ghuidhin mo ghalar
  Dom charuid na 'm namhuid;
Chaidh acaid am chridhe,
  'S cha dean Lithichean stath dhomh.

VIII.

Cha dean Lithiche stath dhomh,
  Cha 'n fhuigh mi plasda' ni leigheas;
Tha mo thriobhaid do-thuigsinn,
  Do dh' fhear nach d' fhairich a leithid;
Mu'r dean usa rium fabhor
  Bidh mi craiteach fo' dheireas;
Ach 'se 'dheanadh mo shlainte,
  Pog na dha o' d' bheul milis.

IX.

Beul milis, dearg, daite,
  Deud snaighte mar dhìsnean,
Suil ghorm is glan sealladh
  Fo' n' chaol mhàl' aig an Ribhinn:
Tha cul buidhe mar òr ort,
  Is boidh'che na 'n dithein;
Blas na meal' air do phògan,
  S b'e mo dheoin bhi ruit sinnte.

X.

Be mo dheoin a bhi sinnte
  Ri slios min-gheal mo leannain,
Tha do bhraighe mar fhaoilinn,
  'S tha do thaobh mar an eala:
Ciochan corrach, 's iad lionti,
  Air uchd priseil na hainnir;

'S maith' thig neapaicinn shioda
Gan cumail diombair a falach.

XI.

Ge d' chum mi falach a sgeul ud,
Tha mi n' deigh 'o chionn treis ort;
Aig a mhiod 's thug mi ghaol duit
Tha m' aodunn air preasadh:
Dh' fhas glais' ann am ghruaidhean,
'S bochd a bhuaidh th' air an t' sheirc sin,
A chaochail mo shnuagh dhiom
Mar dhuine truagh 'thig a teasaich.

XII.

Mar dhuine truadh' thig a teasaich
A bhiodh fad ann am fiabhrus,
'S ann a dh' fhas mi mar fhuathaich'
Cho cruaidh ris an' iarunn:
Ach o' thoiseach air sinnsridh,
'S ni e thigeadh gun iarruidh,
An Gaol agus Eagall,
'S gun leith-sgeul an t' Iadach.

XIII.

Cha 'n eil mi g' iadach an diasta
Ge do tha mi fo' s malan,
Fo' eagal le curam,
Gun dean u lubadh le balach
Nach paigheadh an t' umhladh,
'Sa bheireadh cuis diot a dh'ain-deoin;
Sna m biodh t' fhuran aig Cìb fhear,
'S ann lium fhìn 'b olc an airi.

XIV.

'S ann lium fhin 'b olc an airi
Mu mheallar an og-bhean,

Le buachaille chaorach,
'S mis air faoin-traigh gun m' fheoruich :
Mur fuigh mi cuireadh gu d' bhanais,
Airson carrantachd eolais,
Mu bhios mi na dheigh maithreann,
Ni mi fathasd dhuit òran.

ORAN X.

Don Nighin ga 'n d'rinneadh an t' oran a tha sgriobhte romh n' fhear so.

Air fonn : Och nan och ! 's mi gu craiteach,
S trom a tha mi fo' mhulad,
A bhi fagail na ducha
S mo chul-thaobh ri m' chruinneig,
Beau no meall-shuilean miogach
A dh' fhag m' inntinn gun fhuran ;
Dh' fhalbh mo shugradh 's mo mhanran,
Gun bhi laimh riut a fuireach.

I.

Gu 'r a mis 'tha fo' ars'neul
O mhaduinn Diciaduin ;
'O na ghluais mi air asdar,
Gu bheil m' aigne fo' chianal,
Nach do ghabh mi mo chead diot
'N am dhomh greasad a t' fhianais ;
Ach gabh' usa mo leisgeul,
Cha robh è deas domh ri dheanamh. *Och*, &c.

II.

Gu'r a mis 'tha gu craiteach
A falbh air bata dubh daraich ;

'Solc caramh mo chota
Measg còrcaich' is tearra :
B' fhearr bhi n' gleannan an fheoir
A brìdāl phog air mo leannan,
Na bhi falbh air a bordaibh
'S gun mi eòlach mu balluibh. *Och*, &c.

III.

Gu'r a mìs 'tha fo' mhighean,
A tighn air tir am port Asgaig,
Ri bhi cuimhneachadh manrain
Mairi bhàn an fhuilt chleachduich :
Ge'do gheabhuinn còir sgriobhte
Air Ile fo' beairteas,
B' fhearr lium furan do phoïge
'S t' fheutainn pòsda le ceartas. *Och*, &c.

IV.

'O na thàinig mi n' tir so
Cha n' eil mi tìtheach air cadul ;
Bu tric a dusgadh an raoir mi,
Le sgaoim air mo leabuidh :
Ri linn domh fhaicinn am bruadar,
Mo luaidh a bhi 'm thaice
Ann sa mhaduinn nuair ghluais mi
B' fhada bhuam i 's tir Abruich. *Och*, &c.

V.

Greis air mhire, 's air mhànran,
B' e sid m' àbhaisd 's mo chleachdadh
Ann san tir a bheil m' eòlas
'Measg na h' òigri 'dh' fhàs taitneach ;
Ach lion mulad 's liunn dubh mi,
Tighn romh shruth choire-Bhreacain ;

'S lium a b' fhearr na mo chota
Bhi 'n taice Lochaidh na'm bradan. *Och*, &c.

VI.

Gur a mor mo chuis mhulaid,
'S goirt lium trumadas m' acain,
Eallach throm air mo mhuineal
Tha m' chumail o'n chadul;
Chaidh acaid am' chridhe
'S cha toir lighichean as i,
Ach tha mo dhuil ann a'm shlainte
Ma tha n' dan domh dol da thigh. *Och*, &c.

ORAN XI.

Do Mhac Pharlain, Piobare Mhic-Ic-Alastair.

Air fonn, " An Comunn Rioghail Runach," &c.

I.

Mo shoruidh gu Mac Pharlain, is dh'innsinn da gu luath,
Nam 'b fhear a dheanadh facaill mi,
Gun d thugainn ionnsuidh sgairteil air,
A dh' innse roinn ga chleachduinnean is pairt ga dhreachs ga shnuagh,
Gruaidh mar chaoran slios mar fhaoilinn,
'Si ri taobh a chuain.

II.

Suil chorrach ghorm 's i lionti fo d' mhalaidh ghrinn gun ghruaim;
Do dheud mar chailc na iobhraidh,
Cho snaighte ris na disnean,

'S a bheul a labhradh siobhalta le firinn anns' gach uair,
Iomhaigh mhaiseach, 's lionmhor tlachd ;
Cha luidh ort gart do'n fhuachd.

III.

Gu'r maith 'thig èileadh breacain dhuit am pleatadh ann an cuaich,
Paidhir dhag fo t achlaisean,
Biodag air chrios acfuinneach,
Lann thana ghorm chinn aisnich 'sí le faobhar sgaiteach, cruaidh ;
'S mairg a choisneadh ort am buille,
'S urrainn u 'thoirt uait.

IV.

Nuair theid am feadan riomhach fo d mheoir is dìonach fuaim,
A roinn ciuil fo 'n t' shiunnsar iongantach,
Gu siubhlach, luthmhor' ioraltach,
Gu ponngail, fonnmhor, innealta, bho d' riobhaid ga chur suas,
'S tearc ri fhaicinn fear do choltais,
'S toirm nan dos ri d chluais.

V.

'S cuis shòlais 'bhi ga t eisdeachd, s tu s' binne gleus na chach,
Gun stress na spairnn fo t' aodach ort,
A cumail deo ri gaothaire,
Le seideagan neo shaoithreachail, gu'r blasda caoin do chluain ;
'S eibhinn t iolach, 'seinn le grinneas,
Bileach, milis, cruaidh.

VI.

Nuair ghluaiseas tu gu h aigeannach air mhadainn
gu parade,
Le d' cheum eutrom, bearraideach,
Do chruit ga spèiceadh, farumach,
Toirt failt don Choirnneal Gharannach gu caithreim-
each fo'd laimh ;
'S glan do thorgan, ceolmhor, stoirmeil,
'S tu cur foirm fo chach.

VII.

Do phearsa chumpach, mhileanta, bho chrùn do
chinn gu d' bhonn ;
A chleachd a bhi m' beachd inntinneach,
Gu reachdmhor, neartmhor, rioghalach,
Comh-theanal feachd a probaireachd le d' phuirt is
lionmhor fonn ;
'S fada chluinnte fuaim do chaismeachd,
'Sgairt na'm feadan toll.

VIII.

Thig boineid agus fabhor air fear ard is ailli gruag,
Cul dualach nan cuach sar mhaiseach,
Gu h am-lubach, cas, fainneagach,
Le sioda 's riomhach caramhair o' bhun gu bharr a
nuas,
'S deas fo' sgarloid deagh Mhac Pharlain,
Dol an lathair sluaigh.

IX.

Sar cheannchadair na dibhe nuair a shuidhe tu 's tigh
òsd ;
Air bord cha stop a thaitneadh riut,
Bidh fion ga òl gun aircis leat,

Gun ghoinn' air òr ga sgapadh ris, 'nuair thachras
da bhi d' choir ;
O ! lamh ga riachaid, 's cridhe fialuidh
Se do mhiann bhi mor !

X.

Tha do bheusan giulanta, gu d' chliu a chur an lead,
Ro-cheart an cleach ladh ionnsuichte,
A gluasad s gach ceum curamach,
Cho faicleach ris a stiuradair 's è g' amharc dlath
nan Niall ;
Eolach, fiosrach, le sar-mhisnich,
Measail anns' gach gniomh.

XI.

'S cibhinn an tir àbhachdach an d' fhuaîr u t' àrach
og,
Mu Urchaidh nam breachd tarr-gheala,
'Sa ghleann 'm bi feidh is earbainnean,
Am faicte fleasgaich mhearr casach " a dheanadh sealg
gu leor,"
Am beinn 's an ămhainn spurt go ghabhail,
Aidhearach le spòrs.

XII.

'Sguiream ann sa'n uair so dhiot, is druideam suas mo
ghloir :
Is saighd-fhear ri uchd cruadail u ;
S comh lionmhor èuchdan fuaighte ruit,
S nach urrainn mis a luaidh a liudhad buaidh a th'ort,
's cha bhosd ;
Dhiult a sas'nnach dol a d' bhualadh,
Ge bu chruaidh a dhornn.

ORAN XII,

Do'n chuideachda 'thogadh am Mariburgh, gan goirear " VOLUNTEERS LOCHABER," *'sa bhliadhna* 1795.

Air fonn, " An am dol sios bhi deonach, &c.

I.

NA fir ura shunntach, shocrach.
Mheamnach, shollach, dhealbhach,
Ie calma sheasas, garg na'n treise,
'Dol gu deas fo 'n armaibh :
Gu h ordach, stradach, gunnach, dagach,
'Theid gu grad na sealbhaidh,
Na Volunteers a Lochaber
'Thog a bhratach ainmeil.

II.

Fhir na stròine * bho shrath-lochuidh !
Chomhduich u 'bhi dileas,
Gu neartmhor, fearail, ceart ad ghealladh
Cha bu mhearachd innse ;
A chraobh do'n darach, 's ùr an gallan,
Uasal, fallain, rioghail,
S do chomissìon ann ad' phoca,
Bho Righ Deorsa sgriobhte.

III.

Sheas u 'choir gun tionndadh cleoc,
Ri d' bheo cha dean u diobairt,

* 'O, from, is purposely spelt here bho, to prevent a concourse of vowels.

EX BIBL. UNIV. EDINBURGEN

Air thus a chomhlain ri uchd comhraig,
B' eolach air dol sios u ;
Ann cath 's ann cumasg, a threun-chuiridh !
Bha do bhuille cinnteach ;
Chual' is chunnaic iuma duin' e,
Bha na'n urrainn innse.

IV.

'Se brigh mo sgeula, na fir threuna
Dh' eirich ann as tir so,
A theid air ghleus a reir a cheile,
'S maith gu feum do'n Righ iad :
Gheibh sibh reith bhur n' airm s 'ur n 'eideadh,
Claidhean geur is pìcean ;
Gu dol am feachd, ann gleachd, na'n strèup
Gar n'-ùidhir fein cha striochd sibh.

V.

S ann Di-luain a nochd a sluagh
A bhratach uasal riomhach
An cular buadhail mar bu dual doibh
Dh' ain-deoin fuath na mioruin
S maith bhur duais gu seasamh cruaidh
A chumail suas na rioghachd ;
Tha bhur cliu an Albuinn uile,
'S thig 'o Lunnuinn cis duibh.

VI.

Ainm gach fine theid sa'n iomairt,
Cha robh 'n gintinn iseal,
B'e mo mhiann sa 'n cur air rioghailt
Mu'r a d.an mi diochuimhn ?
Cam'ronaich nan sròl 's nam bratach,
'S cloinn Lachuinn nam piosan ;

Stiubhartaich air thùs a ghaisgidh
Fiùrain ghasta dhireach.

VII.

Theid an rann so ann an òrdugh,
'Si gun bhòsd ach fìrinn;
Na bheil aguibh do chloinn Dòmhnuill
'S doigh nach faguinn shios iad;
'Nuair a chruinnicheas a chòmh-dhail,
Gach aon seòrs 'tha cinnteach;
Tha 'n surveyor, 's an comptroller,
Deonach air bhi dileas.

VIII.

Cia mar theid na h' uaillsean cruinn,
Gun Lindsay 'bhi san àireamh.
Ga 'n ainm Cailein M'Illiùnntaig
Le thionndadh an Gaelic:
Cairdeas nam fear nach do dhìbir
An Righ na luchd aitich,
Bho Ghleann Aora nan struth lionmhor,
'S o' chrich Earra-Ghaidheal.

IX.

Thig Cloinn an t shaoir nach aom le fiamh,
S gur h ann diu Niall is Pàdruig
Air an d' thig na h' airm gu sgiamhach,
S dionadach na bràithrean,
Gu foinni, 'fearail, gramail, fialuidh,
Gun dith gniomh no fàsa,
Gu dol an ranng na VOLUNTEERS
Fir ghasta nan ciabh fainneach:

X.

'S maith Cloinn Mhaoilein air ar taobh
S bu daoine ri h uchd strithe,

'Nuair dh' eirgheadh feachd bu treun an neart
An taice Chloinne Phìthe ;
Garg an strèup a cur le cheile
Se bu bheus gar sinnsreadh,
Le lannan geura, 's iad air ghleus,
A cur ri feum neo-dhibli.

XI.

Thig Eobhon Gray, 's gu'r feairrd bhur buaidh,
An seobhag uasal riomhach
A tarruinng suas fo' d' airm gu h' uallach
'S cruadalach 's a strith u ;
Bho d'chuilbheir glaice 's lasrach fuaim
Bi'dh rith do luaidhe cinnteach,
Smaith 'thig trăsd air chul do chruachunn
Cruaidh-lann a chinn Ilich.

XII.

Cha n' fhag mi aon aguibh an cleith,
S gu'r freagarrach na Gàidheil,
A nuair a thig gach dream fo's leith,
'S iad maith gu seasamh lasrach ;
'S leibh Mac Grigoir, is clann Artair,
'S beachdi sliochd an tàilleir ;
Archy Wilson is Mac Còrnnaig,
Diubhail mhor na'm fàg t' iad.

XIII.

S ge d' tha Mac a-Phearsoin, Domhnull,
Gun a sheorsa làmh ris,
Tha iad fathasd mar bu choir dhoibh
Neartmhor, cròithe, làidir,
Eadar Baideineach is Cluaini
Far m' bu dual ga'n aireamh,

'S iad nach diultadh eiridh suas
Gu dol a bhualadh nàmhaid.

XIV.

Tha Clann a Bhòdaich ealamh, seòlta,
'Dhol san toir, neo-sgathach,
Na gallain òga 's ro-mhaith fòghlum,
'S eolach air parade sibh;
Ga 'n toirt gu dòigh an coltas gleois,
Gu'r maith gu seoladh chàich iad,
Ga'n cur an ordugh mar is coir dhoibh
Toiseach 'h 's na blàruibh.

XV.

A Mhic an Toisich nan seol grinn
'Stu 's siobhalt ann a t abhaist,
S maith do ghlèus air muir 's air tir,
S do 'n Righ cha n' eil u m' fàillinn;
Sgibeir fairge ri la garbh u,
B'earbsach as do laimh mi,
Eadar Eirinn agus Albainn,
S tiic a dh' fhalbh u dàna.

XVI.

'S eibhinn turus na'm fear uile,
'Bhuineas do Bhruch-Mairi,
Dh'eirich ullamh air ghleus guineach
'S urramach a phàirti;
Bha 'n ceum cho duineil, 's cairdeas tuilleadh
O' Lunnuinn gu bràth e;
Cha bhi cuid na tainng gar dith,
Se 'n Righ a ni air paigheadh.

XVII.

Fuidh a nuas duinn pinnd, 's cha bhotul,
'S costuidh sinn a dhà dhiu,

'Chum 's gun òlamid an tosda
Fosgarra le càirdeas ;
Air chùnant fortain, cùl ri bochdainn,
Sochdair agus slàinte
'Bhi aig an treud a theid air chosnadh
Mu thig *force* an Namhaid.

ORAN XIII.

D'n Mhisg.

Air an fhonn cheudna.

I.

A'N am dhomh gluasad ann s' a mhaduinn
Cha'n eil m' aigne sunntach,
Se Mac na brăcha 'rinn mo leagadh
Ann an leabuidh dhùinte ;
Mo chliabh na lasair, air a chasadh,
'S airtealach mo dhusgadh,
'Se sud an gleachdair fhuair fo' s machd mi
'S dh' fhag e m' aisnean bruite.

II.

Nuair a shuidh sinn as tigh òsda,
Chaidh na stoip thair chunntas,
Gu tric a tighin, cha bu righinn
Iad na'n rith a m' ionnsuidh,
Gun iarruidh dàlach ach sior phaigheadh,
'Gol deoch slainnte 'Phrionnsa ;
'S cha'n iarrainn fhein a dh' aobhar ghaire
Ach Ràdhall a toirt cliu dhomh.

III.

Nuair a ghluais mi gu tigh'n dachuidh,
'Lagadh a chion luis mi,
Gun d' fhalbh mo neart gun leirsinn cheart,
Gun chaill mi m' beachd bha m' shùilean ;
Fea na h' oidhche s mi gun soillsein
Air mo shlaoichd san dúnan ;
Cha robh air chomas domh ach àrrusg,
'S bha mo chairdean diùmbach.

IV.

'S lèir dhomh n diu gur mòr an tàmailt
Cach a bhi g am ghiulan,
S mi fhein an duil gun robh mi laidir
Gus an d fhag mo thur mi ;
Ge do chuir i n' èis mo cholunn
Se mo sporan 'dhiubhail
Air gniomh na misge 'shlaid gun fhios mi,
Mar d' thig gliocas ùr dhomh.

V.

S olc an ealaidh bhi ga leanailt
'S aimideach an tùrnn 'bhi
'Suidh' air bhord a ghlaodhaich òil,
'S mo phòchdannan ga n tionndadh,
A sgapadh storais le meud mhoir
Ag iarraidh phog s na cuiltean
'Fhad sa mhaireadh mo chuid oir
Cha chuireadh òsd-fhear cùl rium.

VII.

'S còir dhomh nise thoirt fos' near
An t aithreachas a dhùbladh,
Mo bhoid gu gramail thoirt a'n Eala
Dh' fheuchan lean mo chliu rium ;

Cha d theid dear a stigh fo m' dheudaich,
'S feudar tighn' as iùnais ;
Cha n fhuidh fear falamh seol air aran
Ach le fallas gnuise.

VIII.

Labhair Raonull :—" Na biodh sproc ort
" S theid mi nochd air ionnsuidh,
" Gleidhidh mi dhuit bean is tochradh,
" Cho coltach 's tha 's duthaich,
" Ge do bhiodh tu gann do stoc
" Na faicear bochd do ghiulan,
" 'S ca'r son nach glaodhamid a'r botul
" Ann an toiseach cùmhnant ?"

IX. *A misg fhear a freagairt.*

" Gu'r a caraid thu ro-dhearbhte,
" 'S cha' neil cealg ad rùin domh,
" Gu cinnteach dh' fhaoduinnsa riut earbsa
" Sealbhachadh sa chuis sin,
" Ge do ghleidheadh tu dhomh ceilidh,
" Ga 'm biodh spreidh ri chunntas,
" Cha d' theid dear tuillidh dheth fo m shroin
" Gu bheil mo sgòrnnan duinte."

X. *Raonull.*

" Ge do chuir u cul ri m' thairgse
" 'S dearbh gun deanuinn saothair
" 'S fada shiubhlainn oidhche romham
" 'Chionn do ghnothuch fhaotuinn ;
" Maighdeann 'thigeadh air do leabuidh
" Mar a chleachd do dhaoine ;
" 'S o' nach tŏigh leat bhi g'a h' innse
" Stiomail duinn bhi sgaoileadh."

ORAN XIV.

Duanag do'n Uisge Bheatha.

Air fonn, O! 'sid i 'n deoch mhilis nach tilleadhmid uainn,
Chuiridh blaths air gach cridhe, ge do bhidheadh iad fuair;
O! sid i n' deoch mhilis nach tilleadhmid uain.

I.

Tha faileadh gun fhotas o' chneas Mhic an Toisich,
Chuireadh blaths ann am phoraibh, la reot is gaoth tuath. *O! sid i n' deoch mhilis, &c.*

II.

Bu taitneach an ceol a bhi g' eisteachd a chrònain
Ga leigeadh a stop, a cuir croichd air a chuaich.
O! sid i n' deoch mhilis, &c.

III.

'Se gogail a chaoilich ga ghocadh ri gloinidh,
Ceol inntinneach, loinneil a thoilleadh an duais;
O! sid i n' deoch mhilis, &c.

IV.

Mu chreidear mo shean'chas, bu mhaith leinn 'bhi sealg ort,
Le h urchair gun dearmad, fras airgid mu d' chluais.
O! sid i n' deoch mhilis, &c.

V.

'Nuair chluinnte do ghlugan ga tharruinng a buideal,
Bu mhaith leis na slugain a fliuchadh gu luath.
O! sid an deoch mhilis, &c.

VI.

'S tu culaidh an dannsa nuair thigeadh an geamhradh,

A bheireadh air seannduine 'cheann a chur suas.
O! sid i n' deoch mhilis, &c.

VII.

Bu mhaith u air banais ga'r cumail na'r caithris
Nuair bhidheadh luchd ealaidh ri caithreim na'r cluais. *O! sid i n' deoch mhilis, &c.*

VIII.

Be sid an stuth neartmhor dh'fhas misneachail, reachdmhor,
Ni u saighd-fhear do'n ghealtair, 'dhol a spealtadh nan cnuachd. *O! sid i n' deoch mhilis, &c.*

IX.

Sugh brigheil na tairnne bho fheadan na praise;
Tha u spioradail, laidir. 's maith do chaileachd 's do shnuagh. *O! sid i n' deoch mhilis, &c.*

X.

Ann an coinnibh 's an comhdail, bheir u daoine gu comhradh,
'S binn luinneagan t' oran mu bhord ga'n cur suas
O! sid i n' deoch mhilis, &c.

XI

Tha u cleachde sgach dùthaich 'n am reiteachadh cùmhnant,
Mu bhios sinn as t iunais, dh'fhalbh ar sugradh sa'n uair. *O! sid i n' deoch mhilis, &c.*

XII.

Tha u d dhotair neo-thuisleach, maith a dh' iarruidh gach cuisle,
Cha'n eil iarmailt na duslach air nach cuireadh tu ruaig.
O! sid i n' deoch mhilis, &c.

XIII.

Cha 'n eil teugbhail na fàillinn 'tha 'n clannan nan Gaidheal
Nach toir u gu slainte, 's theid do phaigheadh ad dhuais. *O! sid i n' deoch mhilis, &c.*

XIV.

'Nuair 'shuitheadhmid socair, 'se 'ghlaodhadh na bòdaich,
'Cha b' ionann 's am' brochan; thoir boslach dhe 'nuas. *O! sid i n' deoch mhilis, &c.*

ORAN XV.

Oran Gaoil.

Air fhonn fein,

I.

Tha mo chion air mo leannan,
'S guirme suil, 's is caol mala,
Gruaidh mar chaoran air chrannuibh,
Mar an ròs do bheul tana,
Tha do shlios mar an Eala,
Na mar chain 'chein is t' earrach
'Bhiodh a cinntinn an gleannuibh an fhasuich.
Bhiodh a cinntinn, &c.

II.

'S lionmhor buaidh ort ri aithris,
Do chul dualach, donn, clannach,
Suil lionti, gorm, meallach,
Mar dhruichd air bharr meangain,

Ann an aghaidh gun smalan,
Dhuit a thug mi n cion faluich,
'S cha'n innsinn do charaid mar tha mi.
'S cha'n innsinn, &c.

III.

Ciochan lionti, geal, solach,
'Tha air cinntinn gu corrach,
Fo' shiod air do bhroilleach,
Muineal ban air uchd soluis,
Aghaidh narach gun doireann,
Suil ailli 's glan sealladh,
Fo 'd chaol mhaluidh gun chromadh,
Mar ite pèucaig, is soilleir ann sgathan.
Mar ite peucaig, &c.

IV.

Thig sid ort, 's cha mhearachd,
Brog bhileach ga teannadh ;
Agus stochdai mar chanach,
Air do chalpannan geala ;
Deud ghrinn a d' bheul tairisd'
Mar dhisnein air gearradh ;
Tha do phogan mar chaineal ;
'S be mo mhiann a bhi 'mealladh uait pairt dhiu.
'S be mo mhiann, &c.

V.

Gu'r a maith 'thig an gun dhuit,
Anns' gach fasan is ùire,
Le staidheas ga dhunadh ;
Ceum eutrom air ùrlar,
A dhannsadh gu sunntach,
'Sa fhreagradh gu luthmhor ;
Nach mearachdaich tionnladh,

Agus mise toirt ciùil dhuit
Dh' aithn'ghinn farum do bhuinn air a chlàiri.
Db'aithn'ghinn, &c.

VI.

'S lionmhor maise 'toirt cliu ort,
'S criodhail aobhach do ghiulan,
'S tric mi smaointinn do shugraidh,
'N am dhomh cadal is dusgadh;
Ort cha cheilinn mo rùine,
Leat a dh' fhaguinn mo dhùthaich
Na m' fuighinn ort cùmhnant,
Agus gealladh 'o d dhùrrachd,
'Be mo mhiannsa do phusadh a màireach.
Be mo mhiannsa, &c.

VII.

'Nam leigeadh na sprèidhe,
Do ghuth orain gu'm b' eibhneach,
Le m' chluais 'bhi ga d' èisteachd,
Mar smeorach na geige,
Am maduinn driuchd annsa cheitein,
Mac-talla cur beus leat,
Mar fhiodhull fo' teudan
A' seomar mullaich 'nuair ghleusta gu h ard i.
A' seomar, &c.

VIII.

Ann 's a mhaduinn 's mi 'dusgadh,
Luidh sproc air mo shugradh,
'S goirt an acaid a chiurr mi,
Gun 'bhi d' chaidribh a tionndadh;
Mu bheir u do chuil rium,
'S nach dean u lium lubadh,

'S ann an tasguidh 's an uir 'theid mo charabh.
'S ann an tasguidh, &c.

IX.

Ge do gheibhinn do dh' earras,
Na tha 'dh' òr aig M'Ailein,
'B' fhearr bhi 'briadal rim' leannan,
Ann an seomraichean daingeann;
'S e do ghaol th' air mo sgaradh;
'S mu ni u mo mheallad',
Cha dual domh nach fannuich mo chaileachd.
Cha dual domh, &c.

X.

Cha'n iarrainnse dh' èibhneas
Fo' chruinneadh na grèineadh,
Ach t' fhaotuinn a d' leinidh,
Le toil eaglaise 's cleire;
Ar cairdean le cheile
'Bhi faicinn ar rèiteach
Mu's a deonach leat fein e,
Na tabhair dhomh n èura;
Leat a thillear o' eug mi gu slainte.
Leat a thillear, &c.

XI.

Trom-cheist air an Rìbhinn;
Chaidh na facaill so sios ort;
Tha e soilleir ri innse
Co fin' air n do chinn u;
'S ro mhaith b'aithne dhomh fhin sid,
'S cha dean mi do dhiobradh,
'Cheart aindeoin luchd mi-ruin
Bidh mise riut sìnnte ma's aill leat.
Bidh mise riut, &c.

XII.

An leabuidh chlairidh gu daingeann,
Gu dluth air a sparradh,
O' urlar gu h' anuinn,
Far an cair'inn mo leannan ;
Bhiodh mo lamh fo d' chul cannach,
Air do bheul a bhiodh m' aire,
Bridal phogan gu tairis,
Ghabhainn còir ort a dh' aindeoin mo chairdean.
Ghabhainn, &c.

ORAN XVI.

Do Cheilidh Nuadh phoisde, air dhith dol air thurus.

Air fonn, " Gur grad am bruadar, &c.

I.

Gach la fo phramh dhomh, 's gun fhios aig each air,
Cha dean mi manran, 's cha seinn mi ceol ;
S mo Cheilidh gnathuichte thug a lamh dhomh,
Gun deach' an dràsta dhomh dail ad 'phoig :
Cha leannan diomhair ga'n d' rinn mi striochdadh,
Na 'thrumaich m' inntinn fo mhile leon,
Ach iarguinn caoimhneis mo cheilibh taoibh uam,
A dh' fhag gun sgoinn mi gach oidhch' a bron.

II.

Cha b ann le h àrdan a dh' fhalbh u straid uam,
Cha tugainn grain dhiut gu brath am dheoin,
'S tu 's suairce mànran, 's a's stuaime nàtur,
O' n' fhuair mi fainn' ort, bu tlath 'bhi 'd 'choir :

'Se 'bhi ga t' iunndrain a leag mo shugradh,
Cha toir mi rùini do neach 'tha beo ;
Mo chridhe bruite cho fad as t' iongnais,
Bu tu mo dhiubhrais air chul gach sgeoil.

III.

Tha mi fo 'ghruaman gach oidhche 'bruadar,
Tha m' inntinn luaineach, 's mi air do thòir ;
Gach la fo' chianal a bagradh liathaidh,
'S mu'r tig u 'm bliadhnna, cha'n fhiach mo dhoigh;
Cha'n fhaigh mi te eile theid a nighe m' èididh
Ge d' bhiodh mo leine mar bhreid a'm broig ;
Nach fada 'n Geamhradh gu luidhe teann riut ?
Tha mi mar bhantraich an duine bheo.

IV.

Ge d' fhuair mi og u gun spreidh air lointean,
Bha mise deonach do phosadh reith ;
B'e sid an t' ordugh, 's cha b' aithreach dhòmhs' e
Cha bheag do storas domh coir ort fhein :
Mu chinneas pàisdean 's gun d 'theid an àruch,
Mu gheibh sinn laithean ni iadsan feum ;
Gu'r maith dhuinn ann iad gu tarruinng teann oirnn,
Mu thig an t' am ann 'bhios ceann na theinn.

V.

'Se thug mo shnuagh dhiom 's a dh' fhag mi m' bruaidlein
U fad air chuairt uam 's nach d fhuair mi sgeub,
Am beil u sabhailte mar a b' aill lium
A measg do chairdean, 's do shlainte d' reir :
Mar d 'thig u n' tir so fo la Fheill-bride,
Gur ni tha cinnteach theid mi bho fhèum,
Is sgeula fior e, bho 'n 's fheudar innse,
Gur fada mios lium gun dol na d dheigh.

ORAN XVII.

Do Dhughall Og Mac Lachuinn mur gun deanadh a Leannan da e.

Air fonn, " Fhuair mi naidheachd às ur," &c.
D. M Int. Ode 31. *p.* 1.

I.

Mo ghaol air an Lachunnach ur
Gun togainn do chliu thair cheud;
An am dhuit suidhe 's tigh osd,
Cha sgrubair'air bord u fein:
Cha b' fhiach leat eigheach air stòp
'Nam eisdeachd ri ceol nan teud;
'S ann 'chite do bhotul ad dhornn
Ga sgapadh le t' ordugh fein.

II.

Tha mais' agus uaills' ann a d' chom
Tha u suairce, neo-lompais a' d' bheachd,
'Nuair theid u air bharraibh nan tonn,
'Stu shabhaladh long ad' neart;
Maille ri spiunnadh do dhòrn
Ga 'stiùradh le h' eolas ceart;
'Nuair ghlacadh tu 'n ailm ann ad' sgeith,
Cha b' eagal dith beud na airc.

III.

Gur lionmhor maighdean ghlan ur
Ga maith gan d' thig gùn is cleoc,
A dheanadh tu 'mhealladh le t' shuil
'S a bheireadh le run duit pog,

Do ghruaidh mar aiteal nan caor
  Beul meach or nach sgaoilteach gloir ;
Gum b'ait lium 'bhi sinnte ri d' thaobh,
  Cha b' aindeoin, a Ghaoil ! ach deoin.

IV.

'S ann 'thug mi 'n cion-falaich nach gann,
  Do dh'fhear a tha 'n geall air a mhuir ;
'S tu rachadh am barraibh nan crann
  Mar sheobhag air ceann gach stuib :
Ge d' spionadh an soirbheas, na' ghaoth
  Le stoirm am fraoch as a bhun,
Cha tiomaich, 's cha mheatuich u 'Laoich !
  Cha taisich ri h' aodunn struth.

V.

'S tu ghlacadh gu taiceil a stiùir
  'N am eirigh nan sugh ri bord,
Cha chailleadh tu oirleach do d' churs'
  Is marannan dluth fo' stroin ;
Cha mharcach eich strèine 'bhuidhneadh
  'N reis ort, a Dhughaill oig !
'Nuair thogadh tu h anart ri crann
  Ag imeachd nan gleann fo seol.

VI.

Bu taitneach do thurus do'n bheinn
  Le d' ghunn air dhea ghleus, a sheoid !
'Nuair chaogadh tu ria do shiul,
  Bhiodh eilid nan stuchd fa' leon ;
'S tu leagadh an eal air an traigh
  'S a chuireadh o' shnamh na geoidh,
O d' luaidhe cha'n eirgheadh iad slan,
  'S cha b' fhallain o' d' laimh na Roin.

VII.

'S tu namhaid a Choilich sa gheig,
'S a leannan ri sgèith' air chrann,
Cha b' fhallain a Charaid a g èirigh,
'Nuair lăsadh do ghleus an deann :
Fudar cruaidh sgairteil nach diultadh,
Strădag an uird gun mheang ;
Spor gèur a bheoil thana bho 'n bhuth
Si 'n ceangal le scriù gu teann.

ORAN XVIII.

Oran do'n t' Shuirbhe.

I.

Gur h olc an obair an t' shuirbhe
Dh' fhagas duin an iorghail greis ;
Cha chuis ghlic a bhi ga leanailt,
Mu'r a d theid a Leannan leis :
Fear ur aice àо-ill-ù-ŏ,
Bheir iunnsuidh orr, ho-ill-ò,
Ga lubadh leis, àо-ill-u-ŏ,
'S cha diult i ris, ho-ill-ó.

II.

Togaidh mi tuilleadh do'n t' shuirbhe,
'S iomadh iorghaill ria streap ;
'S lionmhor drid-fhortan a bhuail mi
Ge nach d' fhuair mi cnuachd na breab :
Air allaban, áo-ill-ù-ŏ,
Le faireachadh, ho-ill-ó ;

Ri h' aimideachd, áo-ill-ù-ŏ,
'S cuis fhanaidè, ho-ill-ŏ.

III.

'S i sid a cheird a bha gorrach
Thug i leonadh as mo mheas;
A bhi n deigh air te gun storas
Moran prois aic' as a gift;
Gu sustalach, áo-ill-ù-ŏ,
Gu cuirteiseach, ho-ill-ó;
Cha tionndadh i, áo-il-ù-ŏ,
Ach stucach rium, ho-ill-ó.

IV.

Bha uair a gheibhinn do ruine,
'S dheanamid sugradh gun fhios;
Ge nach do chinnich leinn breamas,
Theireadh iad gun robh sinn ris:
Ge 'b fhior dhoibh e, áo-ill-ú-ŏ,
Cha'n innsinn e, ho-ill-ó;
Cha b' fhiach le e, áo-ill-ú-ó,
Gu striochdadh i, ho-ill-ó.

V.

Thug mi greis a rith air m' fhaileas,
'S bha mi aineolach 's a chleas;
'Nise bho na dh' fhas mi eolach,
Theid mi 'chomhradh ria air leith:
Gu dochasach, áo-ill-ú-ŏ,
Gu poig thoirt dith, ho-ill-ó;
'Se 'n doigh orr 'e, áo-ill-ú-ŏ,
Mu'm posar i, ho-ill-ó.

VI.

Gu'r a h' ioma caileag sporsail,
Bhios mar noinein ann am preas;

'S tric 'bha gaoid ann' ubhall boidheach ;
'S bidh iad an toir air a chleas :
Gu cluaineiseach àо-ill-ù-ŏ,
Bi suas orra, ho-ill-ò ;
Mur buail u i, àо-ill-ù-ŏ,
Gu'r fuath le u, ho-ill-ò.

VII.

Co an te dhiu 'tha na maighdinn
Na' ghabh sgoinn ann a bhi 'meas?
Tha iad baigheil anns an oidhche,
'Dhol an caoimhneas fir nach glic :
'Si'n obair i, àо-ill-ù-ŏ,
Nach obadh iad, ho-ill-ò ;
Gu togarrach, àо-ill-ù-ŏ,
Gu sodanach, ho-ill-ò.

VIII.

Co an te dhiu 'dh'fhaoitde shaoradh
'Thainig aois di bho 'bhi beag ;
Mun gann a dh' fhasadh i molach,
Bhiodh i toileach luidhe leis :
Gu mànranach, àо-ill-ù-ŏ,
Bi làmh rïa, ho-ill-ò ;
Cuir làmh orra, àо-ill-û-ŏ,
Le danadas. ho-ill-ò.

IX.

Ge do bhiodh fear aice 'n drasta,
Gu brath cha'n aithneadh tu sid ;
Mar gheig a dol roimh bheul atha
Mu'r h' eirich an aird' an crios :
Mu'r domhlaich i, àо-ill-ù-ŏ,
Cha chomhdaich u, ho-ill-ò ;

Ri d' bheo orr' e, àoill-ù-ŏ,
'S i eolach air, hoill-ò.

X.

'N fheadhain sin a fhuair droch chleachdadh,
Banntraichean reachd'or na'm fuil ;
'Nuair a dhluthaicheadh tu ceart i,
'Lub i leat mar shlataig bhuig,
Gu briodalach, àoillù-ŏ,
Gu brineiseach, hoill-ù ;
Gu liobhanach, àoill-ù-ŏ,
Gu sineadh riut ; hoill-ò.

XI.

Mar gum biodh i 'dol na cadul
Cha d'thig facull as a ceann ;
'S ann a dheanadh i riut gaire,
'S cha bhiodh grain orra na greann :
Gu carrantach, ăoill-ù-ŏ,
Gu tairisnach, hoill-ò ;
Cas thairis ort, àoill-ù-ŏ,
'S biodh t' air 'orra, hoill-ò.

XII.

Bheirinn comhairl' air gill' og, a
Bhi gu seolta, deas na chainnt ;
Ge d' theireadh te dhiu le gradaig,
" A bhraidein ! dean fuireach thall :"
Gu bagarrach, àoill-ù ŏ,
Gu raigeanta, hoill-ò ;
Gu stradanda, àoill-ù-ŏ,
Gu snaganda, hoill-ò.

XIII.

Na toir feairt air pairt ga briathran,
Ge d' bhios i fiadhaich na cainnt ;

'Nuair bhios tu ga briodal tacan,
Ni i do ghlacadh gu teann :
'S bi freagarrach, áo-ill-ù-ŏ,
Thoir leasan dith, ho-ill-ò ;
Dean beadradh dhith, áo-ill-ù-ŏ,
'S cha bheag orr 'u ; ho-ill-ò.

XIV.

Theirig siobhalta sa'n leabaidh,
'S do lamh cuir tărsuinn fo' ceann,
Dean do shineadh ria tairis
Gus an d thoir u 'mach a sannt :
'S cha chunnart dith, áo-ill-ŭ-ŏ ;
Nach fhuirich i, ho-ill-ò ;
Gu bunailteach, áo-ill-ù-ŏ ;
Chuir furain ort, ho-ill-ò.

XV.

'Sid a bhuaìgh a th' ac' air fhagail,
'Bhi socharach, baigheil, tric ;
Gun bhi cruadalach na natur ;
Gun d'fhag sid pairt diu gun mheas :
Neo-mhisneachail, áo-ill-ù-ŏ,
Gun fhiosrachadh, ho-ill-ò ;
Mar thìg e dhoibh, áo-ill-ù-ŏ,
Na misd' iad e, ho-ill-ò.

XVI.

Gur h olc an obair gan leannain,
A bhi ga mealladh gun fhios ;
Ach 's ioma gniomh a ni 'n oige
Nach bi boidheach le fear glic :
Toirt geallaidh dhoibh, áo-ill-ù-ŏ,
'Sa fealladh air ; ho-ill-ò ;

'S mu'n dealaich iad, áo-ill-ù ŏ,
Bidh LEANAMH ann; ho-ill-o.

ORAN XIX.

Ann 's a bheil an t' shuirbhe air a samhlachadh ri sgibeireachd; 's air a toirt gu crich san doigh sin.

Air fonn, " An oidhche nochd gun amharas, &c.

I.

GUN d' thug mi sgriob air shuirbhe
'S air lium gum b' iomchuidh 'n t' am;
Nuir dh' aithrich mi nan cadal iad
A tarruing an cuid strann;
Choisich mi gu fáili 'dh fhios
An aite 'n robh mo gheall,
'S a nuair a chuir mi lamh orra
Gun smad i mi le cainnt.

II.

Labhair i gu fiadhaich rium:
" Cha'n eil do chiall ro ghlic;
" Na'm fuilginn ann a'm sheomar u,
" Ri m' bheo cha ghleidhinn meas:
" Tha fhios a'm fhein gu barantach
" Am beachd s am beil u 'rith;
" Nan caisgte leat do mhiann orm,
" Chan iarradh tu ach sin."

III. *Easan.*

" 'S ann thainig mi le carrantachd
" A chur mo staid 'ann geill,

" A dh' fheuch am biodh tu deonach air,
" 'S gum posadhmid 'on chleir :
" Nan tugadh tu nis gealladh dhomh,
" Cha'n fheallainn ort na dheigh,
" S gun sguirinn a bhi 'brïagail
" Ri nighin, ach u fein."

IV. *Ise.*

" Cha toir mi eisteachd facaill dhuit ;
" Gun chaill u 'chairt s a choir,
" A chombaiste cha leur dhuit i,
" 'S cha dean u feum sa sgoid :
" Cha toir mi ordugh stiurai h dhuit,
" Na siuil a chur rim 'chord ;
" Cha drap u do chuid acraichean,
" San acarsaid a'm dheoin."

V. *Easan.*

" 'S sgiobair mi ro-ealanta,
" Chur mharannan fo' stroin,
" Mu bhios acfuinn fallain ria
" Nach leig dad ga coir :
" Gun cumainn ris an fhuaradh i
" Le roinn na cluais' air sgoid,
" 'S ged' dh'eirgheadh muir is greann orra
" Gun cuirinn crann sa bhroig ?"

VI. *Ise.*

" Ma tha u dol an urras air
" Gu'r duin' u air a stiuir,
" 'S gun d' ionnsuich u 'bhi d' mharuiche,
" San article ga cul ;
" Gheibh u bhi d' lan chaiptin uam,
" Air barc an top-sail uir

" Cabin 's bord gu sgriobhadh air
" Le h ite pinn gu dluth."

VII. *Easan.*

" S mun cuir u ormsa muinntearras,
" Gun tionnsgui' mi sa bheairt ;
" Gu faiceadh tu mar 'dh fhiachas mise
" Gniomhannan air tack :
" Ged' dh' eirgheadh muir sa nuallanaich,
" 'S i bagairt cruaidh 'bhi steach,
" Gun cumainn mar chlar buideil i
" Dol ramh gach buinne mear.

VIII. *Ie.*

" 'O n' thug u dh' ionnsuidh cladaich i,
" An t' acair cuir air tir ;
" Dean cadul anns na hammackan,
" O'n 'thachuir dhuit 'bhi sgi :
" Cha dean mi tuille leannanachd ;
" Cha ghabh mi fear tha 's tir,
" On tha t' airleis chean agam,
" Gun lean mi u gu d' chrich."

IX. *Easan.*

'Sin, thainig soirbheas comhthromach,
Ga'm thoirt o'n aird a deas,
'Nuair chuir mi suas na h innleachdan,
Gu'm b' ait leum sineadh leis :
Am beul Loch Rog a tharladh dhomh
Nuir dh' fhaillinich a chleit.
Gun ghlaodh i leis an trompaid rium :
" Na leig an long air sgeir."

X.

Gu h' Eilein Faro sheol mi i,
Is bha ceo air a mhuir :

Cha robh fiamh na eagal oirm
Na seasadh a seol struth ;
Ach chinn an soitheach ao-dionach,
'Sa ghaoth an caochladh puirt ;
'S cha d' fhas a chleir nan gaidseirean,
'Q n' thainig mi gun luchd.

XI.

'S lionmhor cèird a ghnathaich mi,
'S na laithean sin 'tus m' oig' ;
'S muilleir mi ro-urramach,
Gu muilean chuir air seol :
'S fileir mi ro-eòlanta
Tha caithriseach gu ceol
'S ge d' bhiodh a chruit gun ghleusadh,
Gach teud gun d' thugainn beo.

XII. *Ise 'labhairt.*

" Gu'r niarrachd air 'n do chasadh u
" S gu'r h 'ait lium a bhi d' choir,
" O'n tha gach ceird air fhaoilm leat
" A ghaoil ! gu fuidh u pog !
" Cead 'bhi luidhe sinnte rium ;
" 'S na dibir mi ri d' bheo ;
" 'S gach aon ni' gheibh mi chruinneachadh
" 'S leat tuilleadh e ri m' dheoin."

XIII.

'Nuair dh' fhalbhas an òige
Gheibh mi doigh air a bhi glic ;
'Nuair bhios mo cheann air liathadh,
Is fiasag air mo smig ;
Cha 'n fhuigh mi te bheir pog dhomh
Ann seomar, na 'm bun pris ;

Cha dean mi tuille 'gorruiche.
'S nach ait an t' òran sin ?

ORAN XX.

Smeorach Chloinn Dughaill.

Air fonn, Ho-i, ri-na, ho-ro, hu-o,
Holibho-i-na, i-ri, u-o;
'S smeorach mise le cloinn Dughaill
A seinn ciuil, ann dluths 'gach geige.

I.

Cha dean mi bròn an còs falaich,
Tha seileir mo loin gun ainnis :
Gheibh gach seorsa seol air aran,
'S cha churam dhomhsa 'bhi falamh.
Ho-i, &c.

II.

'Nuair a dh' eirgheas grian an earraich,
Diridh an eunlaith sna crannuibh ;
Tha 'm beatha san deant air thalamh
O'n laimh gus am beul, 's i ro-mhaith.
Ho-i, &c.

III.

Gur a mise an smeorach ghleannach ;
Sheinninn ceol air bhàrr gach meangain ;
Ribheid ur ann siunnsar fallain ;
'S maith mo chail, gun sas air m'anail.
Ho-i, &c.

IV.

Madainn chèitein, 'n am dhomh dusgadh,
'Seinn gu h eibhinn, eutrom, siubhlach ;
Dealt nan speur air gheugan curraidh,
Grian a g' eiridh, 's feur a bruchdadh.
Ho-i, &c.

V.

Ghineadh mi san tìr nach coimheach,
'S chaisginn m' iotadh le brigh Chomhann ;
Tobar ioc-shlainte nach reodhadh,
'G èirghidh 'nios o n dilinn dhomhain.
Ho-i, &c.

VI.

Air taobh grein' ann gleann mo chridhe,
Far an robh eibhneas mo dhibhe ;
Ge do bhiodh an t' eug a tighin,
'Bheireadh slaint' do'm chreubhsa ridhist.
Ho-i, &c.

VII.

'San tir aigh dan gnath 'bhi criodhail,
Chaidh m àrach gun fhaillinn bidhidh,
Air nead sabhailte gun snithe :
S gheibhinn blath air sgath Chloinn Iein.
Ho-i, &c.

VIII.

Tha mi nois a measg chloinn Cham'roin,
Cinneadh mòr bha 'n seors 'ud ainmeil ;
'N cath 's an còmh-dhail, sèolta, calma ;
'Dol gu comhruag, stroiceach, marbhtach.
Ho-i, &c.

IX.

'S piuthar mi do'n chuäig shamhraidh,
Le'm dheoin cha d' theid mi gu galltachd :

On is si Ghaelic is cainnt domh,
'Measg mo chairdean, tàlar ann mi.
Ho-i, &c.

X.

Nuair theid fianlach fea na coille,
Cruinnichidh cunlaith gach doire;
Thig gach eun gu nead le coilleag,
Sràbh ga shniomh am beul gach coilich.
Ho-i, &c.

XI.

'S ionann sid 's mar dh' eirgheas domhsa;
Mo phiocas cach mi le doruinn,
Falbhaidh mis 'an riochd na smeoraich
'S theid mi m' ghearan far an còr dhomh.
Ho-i, &c.

XII.

Gu Dun nan Cliar, thriallainn dàna,
'Dhol fo sgiathaibh nan triath statail;
Ge nach eil Eoin Ciar a lathair,
'S mairtheann am fear liath is Padruig.
Ho-i, &c.

XIII.

Dùn-ullamh nan tuireid arda,
Nam fear fuileach builleach, strachdach,
'Sheasadh duineil luchd an cairdis,
'Choisneadh urram ri h uchd namhaid.
Ho-i, &c.

XIV.

'S smeorach mi o chaisteal uaibhreach,
Nan steud priseil, rioghail, suairce,
Dream gun spid, bha n sinnsreadh uasal,
Bu mhor pris ri linn Raon Ruairi.
Ho-i, &c.

XV.

Dughallaich nan geur-lann aisneach,
Guineach, beimneach, speiceach, sgaiteach ;
Dol ri feum le treuntas gaisgidh,
Garg sa streup, 's bha leus ri fhaicinn.
Ho-i, &c.

XVI.

Cha robh m Bruceach * na chuis fharmaid,
Ri fhuil cha chumaidh iad earbhas,
Mun do sguir sibh, bha e searbh dha,
'S bu bheag leis a chuid do dh' Albainn.
Ho-i, &c.

XVII.

Chuir sibh Roibeart an cul chumhainn,
Ghabh e gu fogradh car siubhail ;
Cha ro dhaoine saor o phudhar,
Fad's a bha bhur taobh sa 'buidheann.
Ho-i, &c.

XVIII.

Cha b iongnadh e 'ghabhail grain diu,
'S tric a chuir iad cunnthart bais air ;
Thug sibh uaithe 'strol 's am Braisde,
'S tha sid an Dun-olla 'lathair.
Ho-i, &c.

XIX.

'Si n t sheann stoiri tha mi gluasad,
'S naidheachd ur don fhear nach cual i,
'Sgeula fior, ge fada uaithe,
Gun do sheas an linn ud cruadal.
Ho-i, &c.

* Robert Bruce.

XX.

Buidheann gun fhiamh, nach d' iarr socair,
Rinn iad aon blar-deug a chosnadh ;
Gus an d thainig sgriob na dosgainn
Latha Dail-Righ a mhi-fhortain.
Ho-i, &c.

XXI.

'Se bu mhiannach leis a bhuidhinn,
Bhi cur ard-raimh'chean fo 'n uidheam,
Seoladh ard air bharr nan struitheann;
Sgoltadh na'm barc le sar shiubhal.
Ho-i, &c.

XXII.

Luchd a chaitheamh nan cuan borba,
'S muir a gairich ri h aird stoirme ;
Bheireadh iad gu aite soirbh i,
Dh' aindeoin barr nan strachd-thonn gorma.
Ho i, &c.

XXIII.

Fir mo ghaoil o thaobh na tradhad,
Nach robh claon ri h ao-dann gàbhuidh,
Nach meataicheadh gaoir an t' shaile,
'Nuair a sgaoileadh iad a h alach.
Ho-i, &c.

XXIV.

Cha d' innis mi trian da'r n àbhaist,
'S tha mo mhuineal tioram tràisgte ;
'S olaidh mi mis' bhur deoch slainte ;
A shliochd a Cholla Chathuich Spaintich.
Ho-i, &c.

ORAN XXI.

Comhairle do chloinn oig Suireach teisdeil.

Air fonn, " Soruidh slan do'n ailleagan."

I.

A Ghruagaichean, 's a fhleasgaichean,
Nach cuir sibh ceisd ribh fein,
An fhearr dhuibh fuireach teisdeil
Na bhi cur ri cleas gun fheum ?
Mu bheir iad 'dh 'ionnsuidh n t' sheisein sibh
Gu freagradh thoirt do'n chleir,
Bidh umhladh agus seasamh ann,
'S gach dleasnas 'thig na dheigh.

II.

Mu dh' fhasas brònag leatromach
Tha fios gu'r deas dhi beum,
A chuis a rinn i 'n diomhaireachd
Ann sin a g' innse sgeul ;
Mulad agus cianal orra,
Ni nach dean dith feum,
Ag iomadan, 's a deuradaich
Mu n ghniomh a rinn i fein.

III.

Mu thig iad ann sa 'n oidhche sin,
Bidh sign aca ribh fein,
Mu gheallas sibh sa'n latha dhoibh
An radhad a bhi rèith ;

Teannaidh iad ri beadradh ribh,
'Bidh seirc ga cur an geill;
O! bidh iad beulach caoimhneil ribh
'S an fhoill aca na sgeith.

IV.

Mu lubas tu gu fialuidh leis,
" S ann duit gun dean e feum;"
Mu chreideas tu na briathran sin,
" S tu 'chiad-bhean thair gach tè:"
Mu bheir u dha a riarachadh
Gun fhianais ach sibh fein,
O! seall nach cuir e sianas ort
Mu gheibh e 'mhiann diot reith.

V.

'S a nionagan gaolacha!
Ge d' gheibh sibh caoin ann cainnt,
'S fearr dhuibh a bhi saor is iad,
Is fuireach daonnan seanng;
Mu thuiteas sibh le faontalaich,
Ani le staoram clann,
Cha leighisear le caoineadh e
Mu bhios an t' adhbhar ann.

VI.

Nuair theid a leannan mi-chuiseach
Gu briodalach na chainnt
Ga pogadh seolta dithchiollach
'S a lamh gun sgios fo' ceann,
Bidh e 'n sin a g-innse dhith
Gu'r hi da'n d' thug e gheall;
'S cha chreid i, gu's an dibir e,
Nach firinn a bhios ann.

VII.

'S a mhaighdeann! tha thu aimideach,
Na d' bharail cha'n eil brìgh:
Mu tha u 'n duil nach dealaich sibh,
'S gun lean e riut ri d' chrich:
'S fearr dhuit 'bhi air t' earalas,
'S an eallach 'chumail diot,
O! na bhi 'meinn a bhalaich,
Agus leanamh air do chich.

VIII.

A Ghruagaichean, ga b-arrail sibh,
S bhur leannain air bhur ti
An duil nach toir iad car asaibh
'S nach meallar sibh gun strith;
Ach, 'nuair 'thig luchd na foille sibh
'S a choiricheas iad ribh,
O! theid bhur cuailein fhalach,
Agus caillidh sibh bhur pris.

IX.

An sean fhacall mu dh' eisdeas sibh,
Ri leughadh, tha e fìor,
A labhairt ruinn gu toinisgeil
Toir coimeas do gach ni:—
" 'S ionann do na gloineachan
" 'S do mhaighdinn loinneil ghrinn;"
'S O! 'fhleasgaich, na dean cŏir' orra
Mu'se 's gu'r toil leat i.

X.

Mo chomhairle dhuit, oganaich!
Bi seolta, 's na gabh spid,
Mu 's e 's gu bheil i 'cordadh riut
Stu 'n toir orra le cinnt,

'S onoraiche posadh
On a dh' orduicheadh dhuit i
O! na bhi 'goid a poige
'S don' tha 'n seol ud a cur'ribh.

XI.

Comhairl 'oirbh, a chaileagan,
Is fanuibh as an lion,
Cuimhnichibh air banalas
Cha bhi sid aithreach leibh;
Na fir 'tha 'n dan doibh teannadh ribh
Cha mhearachdaich iad Sibh;
O! 's fearr an ciiu a leanas ribh
Na earras agus ni.

XII.

Air lium gu'r bochd na talandan
Do ghruagaich fas gu tinn,
Le gaol a thoirt do'n sgàileadair,
Na 'n fhear a dh' aicheadh i:
Bidh a ghealladh faillinneach,
Cha d' thig e tràth na tiom;
'S cha treuntas mor na tabhachd dha
I 'dhol bho stath ri linn.

XIII.

Bidh ise bron 's a turraman
'S lionn-dubh ga cumail shios,
Ag eisdeachd ris na chluinneas i
'S gach duine 'toirt a binn,
Easan a cur duileachd
Air an urra 'th 'ann sa phill,
Ag iarraidh saoradh ioma fir
'S ga mionnachadh 's a chill.

XIV.

An gaire 'rinn i sulasach,
Ge d bha e 'n ŭraidh binn,
Tionndaidh e gu muladach,
Is guilidh e gu dion ;
'Nuair nach fuigh i urrainn dha
Na 'n duine chur fo chis,
'S leur dhi 'sin a cunnartan
'S gu'r h iomallach a diol.

XV.

Nuair dh' fhalbhas i, 's a gŏcan aice
Theid a fortan sios,
Gheibh i fios na bochduinne,
'S bidh gort orra chion bidh :
Sid an ruathar dosgainneach
A chuir o' cosnadh i,
A caoi an fhir a dhochuinn i,
'S a croidhe goirt da dhith.

XVI.

Tha suirbhichean cho cuireideach
'S nach urrainnear dan geard,
A mire ris na cruinneagan
Mar shionnach theid do'n ghleann ;
Cho dichiollach 's a's urfainn e
Gu fuil a thoirt air meann ;
'S cha seall e gus am beirear air
Co air a bhios an call.

XVII.

Their fleasgaichean :—" Cha'n èuchdan duit
" Am beum sin a thoirt duinn,
" Ach chi gach neach a leughas e
" Gur breugan 'thuirt u ruinn ;

" Tha do labhairt eùcorach,
" Mu theid u air ar binn:
" Ach AILEIN! mar biodh ceilidh agad
" Gheilleadh tu linn fhìn."

XVIII.

'S nach gabh sibh uamsa pataran,
'S e nadarr' ann s gach tir;
Fuighibh ceilidh gnathuichte
Le gradh, mar th' agam fhìn;
Faodaidh sibh bhi dan orra,
Gu mannranach le sìth
O! ga d' bhidh fichead paisd aguibh
Cha'n abair cach smid ribh.

XIX.

" Do chomhairlean cha gheill sinn doibh,
" Cha'n eil iad eibhinn linn;
" Chan urrainn, sinn a leirsinn,
" Gu bheil feum annta, na brigh:
" Gach fear tha chuis a g eiridh leis
" 'S a fhuair gach te a b fhiach
" Chan fhidir iad na feumannaich,
" Nuair bhios iad fein gun dith."

XX.

Mu 's e sin is barail duit,
Gu'r mearachdach do chinnt;
Tha iasg sa mhuir mu dh' iarrar i,
Nach d' thainig riamh gu tir.
Theirig far am fäigh u e
'S thoir tarruinn air do lion,
'Se 's docha gun tuit gealag ort,
Gun ghaoid, gun ghalar cinn.

XXI.

" O ! 'n sguir u d' bhreugan peileasach ?
" N a 'n teirig dhuit do chainnt ?
" Ag innse dhuinn a'r deireasan,
" Le beileam ann 's gach am !
" Na chluinneas tu cha cheil u e,
" 'S droch-eilein air do cheann :
" O ! 's aithne dhuit o' t' oige
" H uile gorraiche 'ni 'chlann."

XXII.

Mu 's a sean-mhaor eolach mi,
'Se seoladh' bheirinn duibh,
Comhairle na còrach oirbh,
'S do n phosadh gabhaidh suim,
Le bainnsean criodhail abhachdach,
'S bhur cairdean a chur cruinn,
Bidh spurt is adhbhar ghair 'agaibh,
'S theid Gradhag air a druim.

ORAN XXII.

Trod mna an tighe ri' fear air son a bhi g' ol drama.

Air fonn, " Tionndaidh rium do loguisean.

Chorus: O ! teann a nunn, 's na tionndaidh rium,
O 'n 'se mo dhiumb a choisinn u ;
Fuirich samhach air mo chul-thaobh :
Sugradh cha bhi nochd againn.

I.

Latha dhomh 's mi 'gol an drama,
Comhluath ri oigfheirean glana,
Ge do bha mo bheansa banail,
'S sgainnileach a throd i rium. *O teann a nunn*, &c.

II.

Labhair ise 'sin na briathran :
" Fasaidh tu d' shruthaire briagach,
" 'Seagall lium nach paidh u t' fhiachan
" 'Se do ghniomh tha coltach ris. *O teann*, &c.

III.

" Cha'n fhuilig mi bonn a d' bheadradh,
" Air moch, na anmoch na feasgar
" 'S fearr leat comunn nan stop beaga
" 'S thoill u leasan goirt thoirt dhuit. *O teann*, &c.

IV.

" Thug u òg do cheannas cinnigh
" Do Mhac an Toisich an Gille ;

" 'S ona rinn an t' ol do mhilleadh
" A d' mhire cha'n eil toirt agam. *O teann*, &c.

V.

" Cha d' fharraid u m' bidhinn beo
" Nam fuigheadh tu tombaca 's pòit,
" Bhi scapadh airgid air gach bord
" 'S cha'n eil an seol ad fortanach. *O teann*, &c.

VI.

" 'S olc an obair dhuit bhi daonnan
" 'A tighn dachaidh air an daoraich ;
" Cuiridh tu mise gu caoineadh,
" S dh' aognaich fear do choltais mi. *O teann*, &c.

VII.

" Tha u gun leine gun chota ;
" 'S cha dean mise snaithn' ri d' bheo dhuit ;
" O na dh' fhas u d' dhuine gorrach,
" Chuir an t' ol o d' chosnadh u. *O teann*, &c.

VIII.

" Tha u gun bhriogais, gun fheileadh,
" 'S e air tolladh air do shleisnean ;
" 'S ceamar a ni mi dhuit eideadh ?
" Chuir u fein gu bochduinn mi. *O teann*, &c.

X.

" Phos mi u dh' aindeoin mo chairdean,
" Gun toil m' athar na mo mhàthar ;
" S o na ghabh mi noise grain diot,
" Falbh is fag as droch-uair mi. *O teann*, &c.

X.

" Phos mi u le deoin gun aindeoin,
" S bha u seolt' air thi mo mheallaidh ;
" 'O na bha mi og am aimid,
" Rinn mi ceangal do-chorach. *O teann*, &c.

XI.

" Ge do bheirinn spreidh is earras
" Do 'dh fhear t-abhaisd agus t ealain,
" Chosdadh tu e leis na galain :
" Ailein ! chaidh an rosad ort. *O teann*, &c.

XII.

" Ge nach robh mo chrodh air buailidh,
" Bhuininn do dh fhior fhuil gun truailleadh,
" 'S na seallainn beagan mu'n cuairt domh,
" Cha d fhuair u mi so-charach." *O teann*, &c.

XIII.

Earan labhairt air a shon fein.

* O tionndaidh rium, is deasaich rium,
'S a ruin ! na bi ri moit orm,
'S teannaidh mise ruit a nunn
Le sugradh mar bu choltach dhuinn.

Eisd, a bhean, do d' ghearan uaibhreach,
'S fuirich siobhalt ann a d 'ghluasad,
'S na bi maoidheadh ormsa t' uaillse.
O nach d' fhuair mi tochradh leat. *O tionndaidh*, &c.

XIV.

'N cluinn u mis', a bhean an tighe ?
Eirich, 's theid mi leat a laidhe :
Smaoinich fein gun geill na mnadhan,
'S gabhaidh iad le choiteach rud. *O tionndaidh*, &c.

XV.

A bhi trod rium cha' neil feum ann ;
Cha chuis abhachd dhuinn le cheil e ;
Air beul duinte cha d' theid feichean,
'S e bhi reith is tocha leinn. *O tionndaidh*, &c.

* The chorus changes here.

XVI.

'S ge do dheanainn stop a thràghadh,
Maille ri cuideachda chairdeil
'S mairg u 'mhaoidheadh orm gu brath e
Ge do phaidhinn crotag ris. *O tionndaidh*, &c.

XVII.

Ge do dh' olainn lan an taomain,
Thiginn dachaidh criodhail gaolach;
'S cha bu chuis gu tigh a sgaoileadh
Ge do ghlaodhainn botul deth. *O tionndaidh*, &c.

XVIII.

Ge do labhair u 's gach doigh rium;
Dh' aindeoin aon ni riamh a dhol mi,
'S geal do churrachd, 's dubh do bhrogan,
S dionach, comhnard, socair iad. *O tionndaidh*, &c.

XIX.

Ge do dh' fhanadh tu air t eolas,
Gun tighn riamh a nall a Cnoideart,
Gheibhinn te le beagan storais,
Bha cho boidheach coltas riut. *O tionndaidh*, &c.

XX.

Ach sin nuair a labhair ise:
" Smithich togail diot anois,
" Chain u u fein, 's dhit u mise;
" 'S misd u nach eil fosadh ort."
O teann a nunn, &c.

ORAN XXIII.

Do'n Choirnneal Mac-Ic-Alastair Ghlinnegaradh, air dha 'bhi gu tinn.

Air fonn, " A bhi 'g aiseag nan seol air chuan sgith."

I.

A Nochd is luaineaich mo chadul,
'S tha bruaidlein air m' aigneadh o'n de :
Cha'n e buaireadh a bheairtis
Tha cur smuairein fo a'snean mo chleibh :
Ach a t' iargainn, Fhir ghasda
Tha fo fhiabhrus ann Sasonn, 's tu 'n teinn,
Oig Gharannaich uasail
Leis 'm bu mhiann bhi dol uallaeh do'n bheinn.

II.

'S so a bhliadhnna gun eibhneas ;
Fhuair clann Domhnuill an leireadh mar tha ;
Sgeul duilich ri eisdeachd,
Chaill iad ceannard nach creubhadh am màl,
Bas a Mhorfhire shleibhtich
'S leor a luaths doibh an t' eug 'thighn a d' dhail,
A cheann cinnidh nan trèun-fhear,
'S gun an duil ri u dh' eir'ghigh gu bràth.

III.

O thoiseach an fhoghair
Tha mu Choirnneal og Bhadhasdail cràdh ;

Thug an t-Eug u o s roghainn,
Dh'fhag sid deurach o'n Adhail na mnai';
Chaidh fir Uidhist a thagha,
Chaill clann Raonaill ceann-taghàil na dha;
'S tric ar n uaighean 'gan cladhach,
'S tha ar n' uaillsean ag adhart do'n bhas.

IV.

Ge do 's mor sid ri aithris,
Cha'n e adhbhar mo ghearain 'san uair,
Ach an t-Alasdair gleannach
Gam' bu dùchas bun Ghairidh nan stuagh:
Mu ghlac eislein do phearsa,
'S nach d' thig u a Sasonn ri luaths',
Co 'leughas domh ceartas,
Na chumas do chleachdadh a suas?

V.

Fhuair mi sgeul ort o Lunnainn,
A chuir mo chroidhe ga fulang le cradh:
Dh'fhag sid m' inntinn fo eislein,
'S tursach mise, gun t-eirigh 'bhi slán,
Fhir nach deanadh mo threigsinn
'S a dh' èisteadh ri furan mo dhàn,
'S bu bhochd m'ursgeul ri leughadh
Nan glachdadh an t' eug u gun dail.

VI.

Fhuair mi naigheachd nach iarrainn
Gun robh bruaidlein an fhiabhruis a'd' cheann
Ge nach d' fhuair thu ach diachainn
Bha do chinneadh ag iargainn mar chall
U bhi d' luidhe air cluasaig
Ann an seomraichean fuara measg Ghall;

Bha do pheathraichean truagh dheth,
'S do chairdean fo chruaidh-chàs nach gann.

VII.

Chionn 's gun d' eirich u fallain,
Lasair ceir ann a d' bhaile le muirnn,
Air lios reth Ghlinne Garadh,
Bidh eibhneas is air' air luchd ciuil ;
Cha'n eil reusan bhi talach,
Chaidh gach eugail a sgaradh fo'r cùl
A bha cur deurach ad' bhallaibh ;
S bidh mi 'seinn air bhi 'g aithris do chliu.

VIII.

'Nuair a thig u le h aithne,
Cluinnear mannran ann talla gun ghruaim ;
Ceol is taileasg le caithreim
Piob ard nan dos strannach ad' chluais :
Gheibh baird is luch ealaidh
Cuid ga'n ailleas, cead teannadh a suas,
Ann an arois a Ghleannaich
Nach do dhibir an ceannas bu dual.

IX.

'S ann ad' chleachdadh 's ad bheusan
A bhì cruinneachadh feisd is luchd daimh ;
Tric ag furan nan ceudaibh,
Ol fione le reite gun fheall ;
Or 'ga scapadh na eiric
'O sporan na feile nach gann ;
Tha u pailt ri luchd deirce
'S cha deantar leat eacoir air fann.

X.

Deud mar chailc is maith dluthadh,
Beul daite bho 'n giulanta cainnt ;

'N am reiteachadh cuise
Ann sa chuirt cha bhi t fhacall air chall :
Ann a seasamh do dhuchais
'S og a choisinn u cliu agus geall ;
'S iubhar caoin a chraobh chùrrai
Nach gabh aomadh na lubadh le sannt.

XI.

Tha u macanta, greadhnach,
Gu h aigeannach, teabhaiseach, glic,
Seirceil, carrthannach, bàigheil ;
'S co 's urrainn do chairdeas a mheas ?
'S mairg a ghluaiseadh ort àdan,
'Nuair a dh fhuasglas tu 'n Spainteach 'o d' chrios,
Ealt is cruaidhe na staillinn
Leis an rachadh do namhaid a sgrios.

XII.

Tha do reiseamaid eibhinn,
Fhad 'sa dh' fhanas tu fein air an ceann,
Neartmhor, fulangach, treubhach,
Ann an guaillean a cheile gu teann ;
'S iad ullamh gu h eirigh,
Nan d'thigeadh oirn beud as an Fhrainng ;
Na fir ghuineach nach eisdeadh
'S a bhuaileadh beum sgeithe 'sa chamb.

XIII.

A dol a shiubhal na frithe
Le d' chuilbheir caol direach gun mheang,
S tu sealgair na sithne,
Ceum luthor a dhireadh nam beann :
Agus namhaid mhic-sìrith,
'Choilich dhuibh theid ga dhidinn air chrann ;

'S bu tric eilid nan sinteag
Air a 'casgairt le strith do chon seang.

XIV.

'S nan d'thigeadh ort eiginn,
Cha'n eil do shloinneadh, fhir euchdaich, air chall ;
Cloinn Domhnuill nan geur-lann,
Siol Cholla bho Eirinn a nall :
O na dh'fhag sibh an Eipheid,
Ge b'e dh' innseadh gach treuntas a bh' ann,
Bha buaidh larach ag eiridh
Leis a bhuidhinn nach geilleadh gun chall.

XV.

'S cha bhi mi dol roimhe
Mu'n cunntar mi domhain am chainnt ;
Chaidh cha lionmhor cuis leodha
'S nach innseadh luchd leabhar na pheann,
Cia mar 'shealbhaich clann Domhnuill
Leith Albainn, is coir Innse-Gall,
'S iad feinn a b' urrainn a chomhdach
'S a sheasamh gach combrag a bh' ann.

ORAN XXIV.

Marbh rann do dh'fhear Achatriachadain.

Air fonn, Bas shior Domhnull o'n chaol.

I.

Gur a luaineach mo chlos ;
Dh'fhalbh mo shugradh a nochd
Thrumaich m' inntinn fon sproc fo eislein.
Gu'r a luaineach, &c.

II.

Fhuair mi sgeula bho'n Ghleann
A chuir mo riaghailt' air chall,
Dh'fhag sid fiabhras am cheann a'g eirigh.

III.

Bas an Laoich nach bu tais,
A sgar an t' aog leis gu grad ;
Thuit a chraobh ! s cha tig ath-sgeul breig air.

IV.

'Nochd is iosal do cheann,
Fhir bhaile Sgriodain na'm beann,
Ann leabaidh dhionaich, gun chainnt, gun leirsinn:

V.

Ann deise 'n lion-anart bhàn
Ann ciste ghiubhais nan clar—
'S gun ar dul gu la bhrath u dh'eiiigh.

VI.

Cha chuis neonach do bhas,
Ach 's aobhar bhroin e d' luchd graidh,
Leis an comhnadh tu n trath na h' eiginn.

VII.

Chaill mi caraid sa chuirt,
A sheasadh dileas rim chùl,
'Nuair a bhidheadh mo chuis ga reiteach.

VIII.

'Se mheudaich mo bhron,
Bhi ge d charamh fo'n fhod ;
Fhir nach deanadh mo choir a threigsinn.

IX.

A mharcaich uaibhrich nan each
Bu mhor cruadal is neart !
Fhreagradh t-uaillse 's do bheachd da cheile.

X.

Bha gach buaidh ort ma seach,
Iuchair chruadhach nan glas,
Is tric a dh' fhuasgail air airc nan deirceach !

XI.

Cha robh cruaidh-shnuim na sreang
Air do sporan gu teann ;
'S cha d' thug u dh'fhear fann an èura.

XII.

'Chraobh do'n iubhar on Ghleann !
Chuir u cul ri b i gann,
'S cha bu chubair' air ceann na feisd u.

XIII.

Gheibhte 'n aros nam pios
Fir a poit air an fhion ;
Ge be dh' oladh, 's tu dhioladh eiric.

XIV.

Bhiodh do thunnachan làn
Le cuireadh gun chàs,
'S tu ga'm furan air cach le reite.

XV.

Bhiodh iomairt dhisnean air clàr
Fo' dhion an tigh' bhàin ;
'S cha bhiodh bìobuill nan tamh gun leughadh.

XVI.

Ri linn gabhail mu thamh
Ad' chuirt dhilis le gradh,
Cha bu sgith leat luchd dan gan eisdeachd.

XVII.

Bha u deirceach ri bochd ;
'S tric a dh' eid u fear nochd ;
A ghnuis na feile bu toirteil beusan !

XVIII.

Bu leat urram gu sith,
'S bu tu 'n Cuiri sa strith,
'S cha tugta dhiot cis le h eucoir.

XIX.

Bu lionmhor gruaigh air dhroch nial
A trom-shileadh nan diar *
'Nuaìr a chualas an sgial gun d' eug u.

XX.

Eadar Innein a cheo
Agus criochan Mhic Leoid,
Bha do chinneadh fo bhròn mu'd' dheibhinn.

XXI.

'S nan deanta do chall
Le foill a measg Ghall
Bhiodh luchd faidhneachd gu teann air t' eiric.

XXII.

Na'm b'i iomairt nan dornn
Leis an rachadh do leon,

* Deur.

Air mo chinnt cha bu toir gun deigh i.

XXIII.

'Se do chairdeas a b' fhiach
A bhi ga agairt 's ga dhiol,
A dheagh Fhir ghasta nach diobradh ceum dheth.

XXIV.

'S lionmhor cuiri gun fheall
A sheasadh duineil gu d' gheard
Eadar bun Loch-nan-ceall 's braigh 'Eitibh.

XXV.

Bu leat fir Innse Gall,
Leis an comhdaichte geall
A dol ann ordugh le 'n ceannard sleibhteach.

XXVI.

Mac 'Ic Alastair og,
Sgeul cinnteach gu leor,
'S gum bu dileas bhur coir ga cheile.

XXVII.

Da thaobh Spiathain 's Gleann-ruaidh,
'S bha saoghal ann uair,
'Nam do chaismeachd thoirt suas, nach eisdeadh!

XXVIII.

Mac 'Ic Raonuill 's a shluagh,
'O Cheapaich chraobhaich nan sguab;
Dh'fhas an larach ud fuar, 's b'e m' beud e.

XXIX.

'Nuair dhuisgeadh Gaisgich nam buadh,
A chum an cath 's a Mhaoil Ruaidh,
Bhiodh air Cait an taobh tuath ratreuta.

XXX.

Bhidh na laoich ud ga d' dhion
Clann Raonuill nam pios

Bu mhaith 'sa chaonnaig ri linn Righ Seumas.

XXXI.

Clann Dughaill o'n chuan,
'O dhun-Olla nan stuagh,
Bha 'n cairdeas ruit buan o n cheud fhear.

XXXII.

Thigeadh t fhior-fhuil gun chealg,
'O Chinntire nan Learg,
S Iarla dileas Ghlinn-arm a h Eirinn.

XXXIII.

'S mairg fine tha beo
A spionadh cuilgein fo t-shroin,
'Nuair a dheanadh na seoid ud eirigh.

XXXIV.

Buidheann uasal mo ghaoil
Ga'm bu shuaicheantas fraoch
Sliochd nan Colluidh a sgaoil o'n Eipheid.

XXXV.

Ge do 'rachadh iad cruinn,
Na laoich fhearail 's na suinn,
A dh' aiteach t-fhearainn na t' fhuinn cha d' theid u.

XXXVI.

Cha'n eil suim dhomh 'bhi cainnt
Ag iarraidh tuilleadh na'r ceann
Cha toir luchd oighreachd a nall o'n Eug u.

XXXVII.

Ach leinn is ionmhuinn mar tha
Do Mhac Aonghais bhi 't ait,
'Se thighn gu h inbhe mu'n d' fhag u fein e.

XXXVIII.

Ann an gliocas 's um buaidh
Ann 's gach fasan bu dual,

Muirnneach, macanta, suairce, beusach.

XXXIX.

'S bidh mi ullamh do m' dhan,
'O nach urrainn mi dha ;
Thug fath mo mhulaid uam cail mo ghèire.

ORAN XXV.

Comhradh an Ùghdair 's a charaid mu thimchioll an Leabhair so.

Air fonn, " Cabar feidh."

I.

O ! 's mithich dhomh 'bhi 'g eirigh,
Tha eis air mo chothachadh ;
'S co fada bhios mi m' eiginn
A' feitheamh eura 's tobhartais ;
Ge dh' ioma fear tha 'g eubhach
A labhairt gu geur, coimheach rium ;—
" Nach siubhail thu Dhuneideann
" Mu dheibhinn do ghnothaichean ?"
Their fear glic rium : " Glac do mhisneach
" 'S na bi nois' a d' amadan ;
" Mu theid do bhrisdeadh, bidh dith meas ort
" 'S cha bhì ioc aig caraid ruit ;
" Ged' bhiodh airgead ann a d' chisdidh
" Lan a phige 'm falach dheth ;
" Gur gearr a chulaidh sholais
" An' corr, fad 's a mhaireas e.

II.

'S nach smaoinich u, 'Dhuin' uasail!
A liudhad fuachd is allaban,
Trioblaid agus cruadal
A fhuair mi 'n tir aineolaich,
Le sneachd agus gaoth tuatha
'Toirt diom nan cluas o'n ăilleagan,
Gun duine 'ghabhadh truas diom
Na dh'fhuasgladh air m' an-shochcair?
" 'S fada beo u, mas a ceol leat
" Bhi ri bron 's ri gearan air,
" 'S a liudhad òr a chaidh nad 'phòchda
" 'O n' thoisich u 's t Earrach ris;
" Leabhar mor agad g'a sgrobadh
" 'S gorrach u mar lean u air;
" 'S gu'r lionmhor fear a chuir a spòg ris
" Le dochas gu fuidh iad è."

III.

Shiubhail mi gach dùthaich,
Gu'r h ioma cu rinn comhart rium,
Tighn amach gu Dùnain
'O ùdabaice coimhicheas,
A tabhann air mo chul-thaobh
'S bu lionmhor suil a coimhead rium:
'S 'nuair bhiodh gach dorus dùinte,
Cha'n fhùchdainnsa romham iad:
" Ged' dhruidear fear dhiu, fosglar bealach,
" 'S sean fhocall 'o thoiseach e;
" Thoir fainear e, so mo ghealladh
" 'S bi tu d' leanamh fortanach;
" Falbh le t-ealaidh fea gach fearainn,
" S breamasach ma'r coisinn u

" Na chumas fad do shaoghail
" 'O n' aoidheachd gu socrach u."

IV.

O! 'n cluinn u 'charaid dhìlis!
Tha mise 'strith ri comh-fhurtachd,
A dh' fheuch an cuir mi crioch air,
O'n 's ni chuir mi romham e
'Bhi 'g imeachd fea gach tire,
'S mi striochda gu comhairle
'S ge d' choisichinn an rioghachd,
Mu'n aon, bidh tri dhiu coimheach rium.
" 'S an neach a thig gu h ealamh, brisg,
" Nach dean u chlisgeadh gnothach ris?
" Their e: Fuidh dhomh peann is inc,
" Is gabhaidh mise leabhar uait,
" 'Sgriobhaidh e 'n sin ainm gu clis
" Le h itinn 'nuair a gheibh e i;
" Bidh fear is fear aca dol ris
" Ga bheil a mhisneach fhoghainteach."

V.

'S nan eisdeadh tu ri m' sgiala,
Chan iarrainn do chomhairlean;
Tha mi mar dhuine 'g iasgach
Le fiasgain, 's muir dhomhain ann;
Gu aoithreachail g'a iarraidh
An uair nach riab e beathach dhiu;
'S co tric an stoirm s am fiath ann,
'S cha leig i n' driamlach fodha dha.
" 'S ma tha 'n t-iasgair bochd air acras
" Cuiridh freasdal cobhair air;
" Tha ioma seorsa sa mhuir pailt,
" Nuair theid e mach le dhrodhachan,

" Ni e ghlacadh, 's thig e dhathigh,
" Gu tachdarach foghainteach,
" Cuiridh e sid ann an tasgaidh
" 'S cha'n fhaicear a chobhartach."

VI.

Cha choimeasan sin domhsa ;
Ge maith do ghloir, cha'n fhogbainn i ;
Mu'n d' theid mo chuis ann an ordugh
Bidh dortadh agus deaghal air ;
Ge d' fhuidhinn peighinn bhronach,
Tha ioma teir is deadhaidh air ;
'S rionnag ann 's an oidhche fhrasaich
Leith-chrùn ge do gheibhinn e.
" Teg ad cheasad, 's na bi leisg,
" Na tugadh beagan sobhadh dhuit ;
" Siubhail greis le d' Ghaelic dheis
" Oir cha dean leithsgeul gnothach dhuit ;
" Fuirich seas'ach ann ad' dhleas'nas,
" 'S thoir o'n phreas gach leabhar dhiu,
" 'S gun bi do chliu ga dhearbhadh
" 'S nach cluinnte cearb ad' dheaghaidh ort."

VII.

Mu chreideas tu mo briathran,
Gur h e mo mhiann 'bhi onorach ;
Bha n sean-fhocall ciallach,
'S fear liath a thuirt romhams 'e ;
Gum b fhearr bhi bochd na briagach ;
'S be iarrtas a chomhairlean
Gun soitheach chur air cial *
Do dh aon neach nach b' fhiach leis coimheid air.

* Air a chliathaich.

" Tog do d' ghealtachd, 's na gabh faiteachd,
" 'S bi gu faicleach, furachair,
" Fuidh amach le d' chluais ri claisneachd
" For am pailt a chuideachda ;
" 'S lionmhor fear a ghabhas tlachd dhiot
" 'S leis a maith do chuideachadh ;
" 'S bi siobhalt' ann a t-iarrtas
" 'S gun riaruich e t' uireasaibh.

DAIN LE E. M'L.

AN SAMHRADH

Air fonn, " Ann am dol sios 'bhi deonach."

I.

Moch 's mi 'g eiridh 'madainn cheitein,
'S driuchd air feur nan lointean ;
Bu shunntach èibhinn cail gach crèutair,
'Tighn le gleus a 'm frogaibh
Gu blaths na greine 'b aghmhor eirigh
Suas air sgeith nam mòr-bheann ;
'S e teachd o'n chuan gu dreachmhor, buaghmhor,
Rioghail, uasal, òr-bhui.

II.

Bha cùirtean ceutach, cian nan speuraibh
Liath-ghorm, reith mar chlairi,
'S do sgaoil o' cheile neoil a sheideadh
Stoirm nan reub-ghaoth arda ;
Gach duil a'g eigheach iochd is rèite
'N teachd a cheud-mhios Mhaigh oirnn ;
'S gu'm b' ùr, neo thruailli 'n trusgan uaine
'Air druim nan cluaintean fàsaich.

III.

Bu chùirteil, proiseil, foirm gach eoin,
An cuanntal ord mhail, greann'or,
'Cur sios a sgeoil is blasda gloir
Air bharr nan og-mheur samhruidh,
Le 'n riobhaid chiùil gu fonnmhor diuth,

'Na puirt bu shiubhlach ranntachd ;
'S mac-tall 'a freagairt fuaim am feadan
Shuas 's na creagaibh gleanntach.

IV.

'Bi 'n ioc-shlaint chleibh a fior-shruth sleibh
O' ghlac na'm feur choir 'arda,
Le turuaich bhinn, thair bhalbhag mìn,
A shiùbhlas sios roimh 'n àilein,
Mar airgead glas, na choil'chaibh cas,
Ri torrghan bras gun támh orr'
'Cur-ùigh gun truaill 's gach fluran uaine
'S d'ùth mu bhruach na'm blàruibh.

V.

'Be m' eibhneas riamh 'nuair dh' eir'gheadh grian
Le cheud ghath tiorrail, blath oirnn,
'Bhi ceum a sios gu beul nam mìn-shruth
'S ri'n ghorm lith mar sgathan,
A shamh air falbh gu samhach balbh
Gu cuan nan gailbheinn sail-ghlas,
Roimh luba dh eam le straithibh ghleann,
Tha 'tilgeadh greann a Mhairt diu.

VI.

Air uchd a'n fhior uisg 's grinn a chitear
Oibreau siannta naduir,
Dubh-neoil nan speur a falbh o' cheil'
Air chruach nan sleibhtean àrda ;
Gun saoil an t' shuil gu'r h' ann sa ghrunnd
'Tha dealbh gach iongnaidh àghmhoir ;
Am' bun osceann nan luibh 's nan crann
'S na bheil' sa ghleann ga'n àruch.

VII.

Bidh bradan seang-mhear, druim-dhubh, tarr-gheal,
'S cleoc na'm mean-bhall ruagh air,
Beo, brisg, gun chearb air bhuinne garbh
O' n mhuir is gailbheach nuallan ;
Gu h' iteach, earr-ghobhlach, grad-mheamnach,
'Leum air ghearr-sgiath luatha,
Le cham-ghob ullamh 'cheapadh chuileag
'Bhios fea shruth nan cuartag.

VIII.

Gu'm faicte 'lomadh bharr gach tomain
Caorich throma, lionti,
Gu ceigeach, bronnach, garbh an tomult,
Rusgach, ollach, mìn-thiugh ;
'S an uanaibh geala, luatha, glan,
Ri cluaineis mhear a dian-rith,
Le mèilich bhaoth mu'n cuairt do'n raon,
Is pairt sa'n fhraoch gan grianadh.

IX.

'S na traithibh ceart, thig drobh nam mart
Ann ordugh 'steach do'n bhuailidh,
Le n ùithibh làn, gu reamhar lairceach,
Drimeann, crá' dhearg, guailleann :
S gach gruagach àigh gu criodhail gaireach,
Craicneach, snathach, cuachach,
Air lom an tobhair, fonn air bleadhain,
'Steall bu bhodhar fuaimrich.

X.

Gur h' ionmhuinn gaoir struth gheimrich laogh
Ri leimrich fhaoin fea 'n àilein,
Gu seang-bhrisg uallach, eutrom guanach,
Por is uaillse stràiceis,

'S iad dùghlas, riadhach, caiseann, stiallach,
Bailgeann, ciar-dhubh, barr-lom,
'S an earbluibh sguabach togta suas
A duibh-rith nuas gu 'mathair.

XI.

O Shamhruidh ghèugaich, ghrianaich, cheutaich,
Dhuillich, fheuraich, chiùin-ghil!
O t' anail fhein thig neart is spèuraid
Do gach creutair diùidi
'Bha 'n sàs an slabhruidh reot' a gheamhruidh,
Ann an am na dudlachd,
'S tha nise 'danns fea ghlac is ghleann,
Mu t' theachd a nall as ur oirnn.

XII.

'S tu tarbhach reachdmhor, biadhch'or, pailt,
Le feart do fhrasan blath-bhruich,
A thig nan ciubhraich mhaoth bhuig dhriùchd
A dortadh suigh gun fhaillinn:
'S ann lium is taitneach fiamh do bhrait,
O' fhlùraibh dait a ghàrruidh,
Cur dealradh boillsgeil reullt an diamond
'Mach gu druim nan ard-bheann.

XIII.

Gach fluran mais', is ailli dreach,
A fas ann cleachdadh òrd'mhail,
Gu riomhach, taitneach, ciatach snasmhor,
Ann san reachd bu choir dhoibh:
An t' sheamrag uaine 's barr-gheal gruag,
Is buidheann chuachach nòinein,
Liligh gucagach nan cluigein,
'S mile lus nach eòl domh.

XIV.

Bidh seabhrach luaineach, gheal-bhui, chluasach,
Ann am bruach nan alltaibh,
'S a bhiolair uain' air taobh na'm fuaran,
Gibeach, cluaineach, cam-mheur;
Thig ròs na'm bap is boidhhce dreach
Na neoil na maidne samhruidh,
Gu ruiteach, dearg-gheal, ceirsleach, dealbhach
Air ruinn meanbh na'm fann-shlat.

XV.

An gleann fo bharrach, reisgeach, cannach,
Feurach, raineach, luachrach,
Gu min-bhog, meallach, brighmhor, bainnear,
Cìb is cneamh mu'n cuairt ann.
Bidh lom a bhlàir is reachdmhor fas
A dol fo strachd neo-thruailli,
'S a saogh'l a gàirdeachas le failt,
A thaobh gun d fhag a fuachd sinn.

XVI.

Gu'r ceann-ghorm, loinneil dos gach doire
'Bhios sa choillidh chròchdaich,
Gu sleabhach ard fo iumlan blath
'O bhun gu bharr an comhdach;
A snodhach sùghmhor thig 'o n dusluing
Ann s na fiurain nòsar,
A bruchdadh meas' roimh shlios nan geug,
Is tlus nan speur ga'n comhnadh.

XVII.

Gach maoth-phreas ur gu duilleach, cùrraidh,
Peurach, ubhlach, soghmhor,
Trom-thoireach, luisreagach a lubadh,
Measach, driuchdach lòdail,

Le cutrom ghăgan dluth-dhonn dhearc
A bhios air shlat nan crochd mhior,
'S co milis blas ri mil 'o n sceap
Aig seillein breac a chronain.

XVIII.

Bidh coisreadh muirnneach nan gob bithmhor
Anns gach ur-dhos uaigneach,
Air gheugaibh dluth nan duilleach ur-ghorm,
'Chuireadh sunnt fo 'n duanaig,
Thig smeorach chuirteil, druid is bru-dhearg,
Uiseag chiuin, is cuachag,
Le h oran cianail, fann-bhog tiamhaidh
'N glacaig dhiomhuir uaine.

XIX.

Mu'n innsinn sios gach ni bu mhiann lium
Ann am briathruibh seolta,
Cha chuirinn crioch le dealbh am bliadhnn'
Air ceathramh trian do'm stoiri,
Mu ghloir nan speur, san t' shaoigh'l gu leir
A lion le h' eibhneas mor mi,
'Nuair rinn mi eighridh, 'maduinn cheitein,
'S dealt air feur nan lointean.

AM FOGH'AR.

Air fonn, " 'Nuair 'thig an Samhradh geugaich oirnn."

I.

Grad eirgheadh fonn is fiorghleus oirbh,
Na biodh bhur 'n inntinn smuaireineach ;
Tha sgeul is ait lium innse dhuibh,
Cho binn 'o chian cha chuala sibh :
Tha 'm por bu taitneach cinntinn duinn
Fo 'n reachd is brighmor buaghalachd ;
'S gun d' theid an saogh'l a riarachadh
'O dhicheall gniomh nan tuathanach.

II.

Tha 'm foghar a nochdadh cairdis duinn,
'S e bhuilich am pailteas gnathaicht oirnn
A mhaitheas gu fialuidh pairtichear,
Gun ghainne, gun fhaillinn truacantachd ;
Gheibh duin' agus bruid a shathuchadh
'O sheileir na dusluing naturra,
Gun sgaoilear na buird gu failteachail,
Ga'r cuireadh gu lan air tuarasdail.

III.

Theid sgraing an acrais bhiasgaich dhinn ;
'S a ghorta chrion gum fuadaichear,
Bu ghuineach, sgaiteach, biorguinneach,
Geur ghointe 'ruinn-ghob nuarranta ;
'Se dheoghladh sugh nan caolan uait,
'Chuir greann an aoig mu'n ghruaim mhalaidh

Gun d' theid an Tarmusg dioghaltachd
A ghreasad a nunn thair chuaintean uainn.

IV.

Bidh coirce strath nan dù-ghleannaibh *
Fo'n dreach is cuirteil proisileachd,
Trom-thoireach, diasach, cuinnleineach,
Ard-luirgneach, suighte, sonnraichte :
'S am bannal ceolmhor muirnneachail,
'Gu surdail, sunntach, ordamail,
Cho ghleusda, shaoithreach, luathlamhach
'S am barr ga bhuain na dhorlaichibh.

V.

Gach te gu dileas, dianadach,
Le corran cam-ghorm, giar-fhiaclach,
Ri farpuis stritheil, dhiarrasaich
'Cur fuinn a sios fo dhuanagan :
Bidh oigri luthmhor, mheamnach ann,
A ceangal bhann mu sguabannan
Le 'n diolta 'm bridal manranach
A bheireadh gàir air ghruagaichean.

VI.

'S an iuchar chiataich, ghaothar, theid
Feur saoibh na faiche 'sgaoileadh leinn
A ceann nan riaghan caol a bhios
Air lom nan raoin tean uain-neulach :
Na ràcain laidir, liath-ghiubhais
A tionndadh rolag sniamhanach
Ga 'n tiormachadh 's na grian-ghaithibh,
Gu caoin, mar mhiann an tuathanaich.

* Homer, Iliad, XVIII. 550.

VII.

'Nuair dh' fhosglas Phœbus seom'raichean
Na h aird a niar thoirt ordugh dhuinn ;
An duthar an fheasgair toisichear
Ri cruinneachadh feoir a'n cruachannan :
Bidh mulain is gairbhe domhladas
Gu tomultach, cuirr'chdeach, mor-cheannach ;
Grad-fhighear na siamain chorr umpa
Gu sgiobalta, doigheil, suaicheanta.

VIII.

Bidh iomairean cian fo strachduibh ann
Le doireachan gorm buntàt' orra,
Gu gibneach, dosach, crachd-mheurach,
Bog-mhògach, lairceach, uain-neulach :
Barr-gug is dearg-gheal fas orra,
'S a dhreach mar ros nan gàrrainnean ;
Bidh paidirein phlumbas ailli ann
Air mheangain nam barr nan cluaranaibh.

IX.

'Nuair 'thig an aimsir gnathuicht' oirnn,
'S a bhuainear as a laraich e,
Grad-nochdar fras bhuntata dhuinn
Ga chrathadh o'n bharr na dhorlaichean :
Ceud mile dreach is dealbh orra
Gu faobach, geamhlach, garbh-phlucach,
Cruaidh mheallach, uibeach, gailbheach iad,
A tuiteam mar gharbhluich dhoirneagan.

X.

'S iad ciochach, deargdhubh, breac-shuileach,
Gu tana, min-gheal, leachdanach,
Gu plùbach. cruinn-gheal, cnapañach,
'S iad fad-chumpach na uaireannan ;

Be 'n toradh biadhch'or, feartach e,
Nach mall a lionadh chatagan ;
'Nuair ghreidhear ann sa phraisich e
'S e bhlas is taitneach buaigheannan.

XI.

'S glan failеadh nan cno gäganach
Air ard shlios nan cròchd bad-dhuilleach ;
'S trom, fasmhor am por bagailteach
Air bharr na'm fad gheug solasach :
Theid brigh nam fiuran slat-mheurach
An cridh' nan ur-chneap blasadach ;
Gur brisg-gheall sugh a chagannaich
Do neach a chnagas dorlach dhiu.

XII.

'S clann-bheag a ghnath le m pòchdannan
A streap ri h ard nan dos-chrannuibh
A bhuain nan cluaran mog-mheurach,
Gu luth'or dochdair luath-lamhach :
'Nuair dh'fhaoisgear as na mogluibh iad
'S a bhrisdear plaoisg nan eochull diu,
Gur caoin a maoth-bhlas fortanach
'Bhios air a'n fhroi's neo bhruaidleinich.

XIII.

'Se mios nam buaighean taitneach e,
'Bheir por an t' shluaigh gu h apachadh ;
Gu fograr gruaim an acruis duinn,
'Os maireann pailteas porsain duinn :
Mios bog nan ubhlan breac-mheallach,
Gu peurach, plumbach, sgeachagach,
A' luisreadh 'sios le dearcagan,
Cir mhealach, beachach, groiseideach.

XIV.

Mios molach, robach, bracuirmneach,
'Se catoil, roiceil, tacarach,
Gu h' iolunnach, cuirr'chdeach, ădagach,
Trom-dhiasach, breachd-gheal, sguabannach ;
Mios miadh nam fuarag stapagach,
Buntátach, feòlmhor, sgadanach,
Gu h' iom'cach, caiseach, ceapaireach,
Le bheairteas pailt gu truacantachd.

XV.

Gur saoithreach, stritheil, lamhachair
An oigri dhileas, thabhacach,
Ri taobh nan linngean saile 'm biodh
A sgadan a snamh 's a bhoinneireachd ;
'S nath-moineis garbh an snàthadan
A fuaigheal lion ri 'm braigheachan,
Gu sreangach, bollach, arcannach,
'Bheir bas do'n naisein chleoc-lannach.

XVI.

'Nuair dh' aomas oidhche chiarghlas oirnn,
'S a dhubhas an iarmailt cheò-neulach ;
Gur h ullamh ealamh iasgaidh, dol
Air ghleus an iarmaid shònruichte :
Grad-bhruchdaidh iad nan ciadaibh, as
Gach taobh, 'nuair dhiolar ordugh dhoibh,
Air bhàrcaibh eutrom luathramhach,
A sguabadh a chuain ghorm-ghreannaich.

XVII.

Gur dàicheil, surdail, cruadalach
Fir ur nan cruaidh lamh còmspoideach,
A' strith co 'fuirbi 's luaithe 'bhios
Air thus an t' shluaigh 's a chónsachadh ;

A colluinn nan tonn buaireasach,
Le neart nan cuaille beo ghiubhais ;
Mar dhruid nan speur cho' luath dhuit iad,
Thair stuagh is uaimhreach cronanaich.

XVIII.

Air tarladh dhoibh sa'n ionad, 's am
Bi 'n t' iasg ri mire ghorraich, theid
Na lin a chur gu h iongantach
Air uchd a ghrinnil bhochd-thonnaich :
'Nuair thogar annsa mhadainn iad
Gu trom-lan, breac le lodalachd,
Gur sunntach siubhlach dhathigh iad
Le'n tachdar beairteach, sòlasach.

XIX.

Gur h aigeannach, eutrom, inntinneach,
Fir aighearach ghleusd' air linngeannan
Le saighdean geur nan tri-mheuraibh
Air ghaltanaibh direach, cruaidh-shleaghach ;
A sireadh an èisg le duibh-liasaibh,
Theid seachad na leum air fior uisge ;
Na mordhachan reubach, diobhalach,
Ga'n tarruing gu tir thair bhruachannan.

XX.

'S an oidhche chiuraich fhiathail, gu'm
Bi surd air lias ga'm pleoiteachadh,
Gum pùcar ann 's na h'urraisgean
'Spilt thiuram úr gu h ordamail :
Bidh dearg is cruaidh gan giulan ann
'Chur sinùid a suas gu beo-losgadh,
A rith nam bradan fad-bhronnach,
Fea bhuinne cas na mor-shruithean.

XXI.

'S am bradan eutrom ain-theasach,
Brisg, grad-chlis, meamnach, luathsganach,
Na eideadh liathghlas, dearg-bhallach,
Dluth-lannach, mean-bhreac, cluaineiseach ;
Gur gob-cham, sliosmhor, tarr-gheal e,
Le stiuir bu shiabach earr-ghobhlach,
Ri lu-chleas bras air ghearr-sgiathaibh,
Ann toirmrich gharbh nan cuartagan.

XXII.

Gun d' fhuair sibh dan a nise bhûam
Mar thug mi fios aig toiseachadh,
Mu bhuaidh nam miosaibh biotailteach,
'Tha trom le gibhtean solasach
Gu bheil da rann thair fhichead air,
'S o' s misd e tuilleadh ròpaireachd
Gun cuir mi crioch gu tiomail air
Mu'm fag mi sgith le bòilich sibh.

AN GEAMHRADH.

Air fonn, " Se so 'n aimsir a dhearbhar," &c.

I.

Tha Phœbus 's na speuraibh
Ag eiridh na thriall
Roimh reulltaichean *Gear-Shaighid* *
Bheumnaich nan siann ;
Ur-èifeachd a cheud ghath
Gu ceiteineach, grinn,
A ni feum do gach creutair
O' èireadh da'n dion.

II.

Tha na tlath-ghaithean blath ud
Ab fhabhorach dhuinn,
Gar fagail aig namhaid
Na dh' fhasas a h uir,
O' na thriall e roimh chriochaibh
Na Riaghailt † a nunn
Gu sign *Adharc Gaidhre*
Bu duibh-reotach iuil.

III.

Tha uillealachd natuir
Ab fhàiltiche tuar
Fad an t' shaoghail air caochladh
'S a h aogasg fo ghruaim :
Tha giuig air na duilan
Le funntainn an fhuachd,

* Sagittarius and Capricorn, two constellations on the Zodiac or Ecliptic. † Riaghailt, the Equinoctial line.

Fo dhù-liunn trom-thursach
Ri ciucharan truagh.

IV.

Tha 'm Foghar reachd'or fialaidh
Bu bhiadh-abuich fas
Le cruachannan cnuachd-mheallach,
Sguab-thoireach làn,
Air treigsinn a shnuaigh
'O na dh' fhuaraich gach càil
Roimh 'n mhios chruaidh-ghuineach, ghruamach
'S neo-thruacanta bàigh.

V.

Le stroiceadh na doilichinn
Thoirleum gu lar
Gorm chomhdach na mor-chrann
Bu chrochd cheannach barr;
Ni fuigh-bheatha sughor
Nan ùr-fhaillein àrd
Roimh fheithean nan geugaibh
Grad-theurnadh gu 'm freumh.

VI.

Na h' eoineinean boidheach
Is ordamail ponng
Le 'n dluth fheadain shunntach
'O n siubhlaiche fonn,
Gu'm fograr o'n cheol iad
Gu clo-chadal trom
'S ni iad comhnuidh 's gach cos
Ann a frogaibh nan toll.

VII.

Thig lèur-sgrios air treudaibh
Na'm feur-luibhean gorm ;
Di-mhilltear gach dithein
Bu mhìn-ghibeach dealbh ;
Fior aognaichidh aogasg
Nan aonach 's nan learg,
Le spionadh nan sianntainnean
Dian-ghuinèach, garg.

VIII.

An ciar-sheillein strian-bhuidhe
'S cianaile strann,
'Bha dithchiollach gniomhach
Fea chioch nan lus fann,
Gun comhnuich e 'n stor-thigh
Nan seomraichean cam
S gu leor aige 'bheo-shlaint'
Air lon-mhil nach gann.

IX.

Theid a mheanmh chuileag shamhraidh
Le teanndachd gu bàs
Ge b' eibhneach a leimrich
An ceud-mhios a Mhàigh :
Gach lub-shruth bu bhùrnn-ghlan
A shiubhladh roimh 'n bhlar
Fo chruaidh ghlais do'n fhuar-dheigh
Is nuarranta cáil.

X.

Bidh sar-obair natuir
Le faillinn fo bhron
Fea cahthar is ard-bheann
Is fhasach nan lon :

Cha dearbhar cliuth meamnach
Nan garbh bhradan mòr
'S ni iad tamh-chadul samhach
Fo sgail-bhadaibh gorm.

XI.

Theid Æolus, Righ fiadhaich
Nan sianntainnean doirbh,
Gu fuar-thalla gruaim-ghreannach
Tuath-fhrasan searbh;
Grad-fhuasglar leis cruaidh-ghlas
Nan uaimh-beisdean garg
Clach-luath-mheallain, 's cuairt-ghaoth
Bu bhuaireanta colg.

XII.

Thig teann-chogadh Geamhruidh
Le h aimhleas anios
Ann an dorchadas stoirmibh
Air charbad nan niall,
A duibh-fhroiseadh shaighdean
Roimh 'n aidhbheis gu dian
Gèur, ruinn-bhiorach, puinnseanta
'Chlaoidheas gach ni.

XIII.

Bidh armachd nan uamhas
Mu'n cuairt da gach laimh
Ri beuchdaich a reubas
Na speuran gu h ard:
Ion-stroicear a chrochd-choille
Mhor as a freumh
Le sputadh garbh-sgiursaidh
Na dudlachd gun tlaths'.

XIV.

Gu'm bochd a mhuir cheann-glas
Is gaill-bheinneach greann,
Gur gorm-robach, doirbh-chorrach
Borbadh nan tonn ;
Gu h àrdanach càirgheal
A bàrcadh na deann,
Agus gairich a bhais bi'dh
Air bhairlinn gach glinn !

XV.

Gu'm bruchd an fhras chiurraidh
Da'r n ionnsuidh anuas,
Is bathar gach ailein
Fo lan nan struth luath
A thaosgas san taomruich
Na maom-thuiltean ruagh,
'S marcach-sìne na dileann
Ga'r miomhadh le fuachd.

XVI.

Thig clocha-meallain garbha
Le stararaich mu'r ceann
Gar spuachdadh mar chruaidh fhrois
Do luaidhe nan Gall ;
Gaoth bhuaireis ga sguabadh
'O chruachan nam beann,
Luchd coiseachd gan leireadh
Le h * èireadh nach gann.

XVII.

Thig ceo tiugh nan neoil oirnn
'O mhor mheall nan cruach

* By the Lochaber dialect, we generally insert an *b* between two words, to prevent a concourse of vowels.

Le smuidrich an dù-reodhaidh
Dhiughaltaich, fhuair ;
Ga leir dhuinn lag-eiridh
Na greine ri h uair,
Grad-fhalchaidh i 'carbad
Geal dealrach sa chuan.

XVIII.

Le dall-chur na failbhe
Gu'm falchar gach meall ;
Sneachd cleiteagach gle-thiugh
Nan speur 'os ar cionn
Gu h ard-dhomhain barr-gheal
Air fasaich nan gleann
Bidh natur fo 'n strachd ud
Gu faillinneach, fann.

XIX.

Thig iom-chathadh feanntai
Fo shrannraich nan stoirm,
A ghluaiseas an luath-shneachd
Na fhuar-chithibh doirbh ;
Bi'dh a smuid ud a d' sgiursadh
Le du-chaothach searbh,
'S a leireadh nan sleisnean
Mar ghèur-shalann garg.

XX.

Bi'dh gach suil agus aodunn
Ag aognachadh fiamh
Agus cèoraich an reot'
Air na feosagan liath ;
Bidh sputadh na funntainn
Is druitiche sianp

A tolladh roimh d' ghrudhan
Gu ciurr-bheumnach dian.

XXI.

Mios reub-bhiorach, eireanta
Chreuchdas gach duil,
Mios buaireasach, buailteach
'S neo-thruacant a ghnuis;
Mios nuarranta, buagharra
'S tuath-ghaothach spùt,
'Bhios gu h ear-ghlaiseach, feargach,
Le stararaich nach ciuin.

XXII.

Mios burrughlasach, falmarra,
Gharbh-fhrasan fuar,
'Tha gliob-shleamhain, dileanta,
Grìm-reotach, cruaidh;
Ge d' robh luirgnean ga'n rosladh
Ri dreos-theine guail,
Bi'dh na sailtean ga'n cràdhladh
Gu bàs leis an fhuachd.

XXIII.

Mios colgurra, borb- 'chur
Nan stoirmibh nan deann,
Gu funntainneach, puinneanta,
'S diughaltach strann;
A beuchduich s na speuraibh
Le leir-sgrios gu call;
Bior-dheilgneach, le gairisinn,
Bu mheill-chritheach greann.

XXIV.

Cha'n airmheadh na thainig
Do bhardaibh san fheoil

Gach annradh 'thug teanndachd
A gheamhraidh ga'r coir :
Ach, mu'm fair'ghear mo sheanchas
Gun dealbh air ach sgleo,
Gu'r tiom dhomh 'bhi criochnachadh
Briathran mo sgeoil.

AN T-EARRACH.

Air fonn, " Thainig oirnn do dh'Albainn crois," &c.

I.

THAINIG Earrach oirnn mu'n cuairt,
Theid a'm fuachd fo fhuadach cian ;
Theid air imrich thair a chuan
Geamhradh buaireasach nan siann ;
Raithe sneachdach, reotach, cruaidh,
A dh' atas colg nan luath-ghaoth dian,
Sligneach, deilgneach, feanntai, fuar,
A lom, 's a dh' aognuich snuagh gach ni.

II.

'Nois' 'o'n thill a ghrian a nall,
Treigidh sìd is annradh garg,
Islichear strannraich nan speur,
'S ceanglar strian am beul nan stoirm ;
Sguiridh na builg-sheididh chruaidh
San aidhbheis aird a b' uaimhreach fearg
Eubhar siothchaimh ris gach duil,
'S tiunndaidh iad gu muthadh foirm.

III.

Iompaichear an uair gu blaths
Le fr.san o'n aird a niar,
Leaghaidh sneachd na shruithibh luath
'O ghuaillibh nan gruaim-bheann ciar ;
Fosglaidh tobraichean a ghrunnd
A bhruchdas na sputaibh dian ;

'S deigh gu sgealbach, ceill'chdeach, dluth,
Le gleadhraich ghairbh ga sguradh sios.

IV.

Sgapaidh dall-cheo tuigh nan niall
As a cheile niar is near,
Na mheallaibh gibeach ceigeach, liath,
Druim-robach, ogluidh, ciar-dhubh, glas,
A snamh san fhailbhe mhoir gun cheann,
A nunn sa nall, mar luinng fo beairt;
'S iathaidh iad na'n rusgaibh bàn
Mu spiodaibh pìceach ard na'm bachd.

V

Nochdaidh Phœbus duinn a ghnuis
A dealradh o' thùr nan speur,
Le soillse caoimhneil, boillsgeil, blath
Gu tlusmhor, baigheil ris gach creubh:
Na sgrios a ghailleann chiurrach, fhuar,
Mosglaidh iad anuas o'n Eug;
Ath nuathaichear a bhliadhnn 'as úr,
Gach duil gu muirnneach; surd air feum.

VI.

'Sgeadaichear na loin s na blair
Fo chomhdach aluinn luisein meanmh;
Sgaoilidh iad amach ri grein
An duilleach fein fo mhile dealbh,
Gu gibeach, caisreagach fo' m blath
Le'n daithibh àilli, fann-gheal dearg,
Bileach, mealach, maoth-bhog, ur,
Luirgneach, sughmhor, driuchnach, gorm.

VII.

Gu'r h ionmhuinn an sealladh fonnmhor
A chitear air lom gach leachduinn;

'S currai leam na fion na Frainnge
Faileadh thom is bheann is ghlachdag,
Misleineach, biolaireach seobhrach,
Eagach cuach nan noinnein maiseach,
Siomragach, failleineach, brighmhor,
Luachrach, ditheineach, gun ghaiseadh.

VIII.

Thig müilleinean do shluagh an fheoir
Beo fo thlus na'm fann-ghath tlath,
Le 'n sgiathaibh sioda, ball-bhreac oir,
'S iad daite 'm boidhchead mios a Mhaigh
Ann tuairnneagaibh geal na'm flur
Duisgidh iad le h' iochd a bhlais
'S measgnaicheadh an rìghleadh dluth
'Sa cheitein chiuin nach lot an cail!

IX.

Diidh snodhach suas o'n fhriamhaich
Roimh cham-chuislean sniomhain bhad-chrann,
Gu maoth-bhlasda, mealach, currai,
Sio-chur suigh sna fiurain shlatach;
Bidh an comhdach gorm a bruchdadh
Roimh shlios ur nan dlu-phreas dosrach,
Duilleach, bäbach, uasal, sgiamhach,
Dreach na'm meur is riomhach coltas.

X.

Bidh eoineinean binn a chathair
A cruinneachadh shrabh gu neadan;
Togaidh iad 's na geugaibh uaigneach
Aitribh cuartagach ri taice;
Luighidh gu cluth'mhor nan tamh
A bhlaiteachadh nan cruinn ubh breachda,

Gus a'm brisd an t' shlige lan
'S an d thig an t' alach og a mach dhoibh.

XI.

Thig eibhneas na bliadhnn' an tus,
Mu'n criochnaich an t' ùr-mhios Màirt ;
Bheir an sprèidh an toradh trom
Le fo-gladh am bronn gu làr :
Bruchdaidh minn is laoigh is uain
Na mìltibh mu'n cuairt do'n bhlar
'S breachd-gheal dreach nan raon 's nan stùchd
Fo choisreadh meanmh nan luth-chleas bàth !

XII.

Bidh gabhair nan adhaircean crachdach
Stangach cam, an aird nan sgealb-chreag,
Rob-bhrat iom-dhaitheach mu'n cuairt dhoibh,
Caitein ciar-dhubh, gruamach, gorm-ghlas ;
'S na minneinean laghach greannar
Le meigeadaich fhann ga'n leanmhuinn
'S mireinach a chleasachd ghuanach
Bhios air por beag luath na'n gearr-mheinn.

XIII.

Caoirich cheig-rusgach fo chomhdach ;
'S gaoilt' air rèithlein lointean driuchdach ;
'S uaineinean cho gheal ri cainchein
Air chluaintean nan learg ri sugradh.
An crodh mòr gu lionnti, lairceach
Ag inealtradh fhasach ùr-ghorm,
An dream lith-dhonn, caiseann, ban-bhreachd
Guailleann, crà-dhearg, màgach dùmhail.

XIV.

'S inntinneach an ceol ri m' chluais
Fanngheum laogh mu'n cuairt do'n chrò,

Ri coimh rith timchioll nan raoin,
Grad-bhrisg seang-mhear aotrom beo,
Stararaich aig an luirgnean luath
Sios mu'n bhruaich gu guanach òg,
Steach sa mach a buailidh lain
'S bras an leum ri bairich bho!

XV.

'N aimsir ghnathuichte na bliadhnna,
Sgapar siol gu biadh sa'n fhearann,
Ga thilgeadh na fhrasaibh diona
S na h' iomairean fiara, cama;
Sgalag is eich laidir, ghniomhach
Ri straibhlich nan cliath gan tarruing,
'S tiodhlaicear fo'n dusluing mhin
An grainnein lionnti 's brigh'or toradh.

XVI.

Sgoltear am Buntata cnuachdach
Na sgrailleagaibh cluaseach bachlach,
Theid an inneir phronn na lodaibh
Sochdach trom air chomhnard achaidh,
Le treun ghearrain chubach, charnach
Cliabhach, spidreach, braideach, strathrach;
Surd air teachd an tir nan Gaidheal
Dh' fheuch an tàrar e fo'n talamh.

XVII.

'Nuair a thogas Phœbus aigh
Mach gu h' aird nan niall a ceann,
'O sheomar dealrach a chuain
Ag òradh air chruach na'm beann;
Bruchdaidh as gach cearnn an tuath,
'Stigh cha'n fhuirich luath na mall,

Inntrigidh air gniomh nam buagh,
" Buntata 's inneir ! suas an crann !"

XVIII.

Theid an ingeal-draibh an ordugh ;
Sean-eich laidir mhor 'a tarruing
Na'n ionnstramaid gleadhrach, ròpach,
Beairt san lionmhor cord is amull,
Ailbheagan nan cromag fiara,
Sochdach, coltrach, giadhach, langrach,
Glige-ghlăige crainn is iaruinn ;
Sùrd air gniomh o'm biadhch'or toradh !

XIX.

Hush ! an t' ùr-iche s am bàn-each,
Fear air ceann, 's air crann 's a chorraig,
Buntata, 's inneir theith na cliabhaibh
Ga taomadh san fhiar-chlais chorraich
Aig bannal clis lùthmhor gleusda
Criodhail eutrom, brisg, gun smalan,
'S gillean og a diol na h abhachd,
Briathrach, gaireach, cairdeil, fearail.

XX.

'Nuair dh' fholchar 's an uir am por,
Thig feartan gar coir on aird
A sgirtean liathghlas nan niall
Fraisaidh e gu ciatach blath,
Silteach samhach lionmhor, ciuin,
Trom na bhruachdaibh ciubhrach tlath
'S miorbhailteach a bhraonach dhluth
Iarbhach maoth-mhin, driuchdach, seamh !

XXI.

'S lionmhor suaicheantas an Earraich
Nach comas domh 'luadh le fileachd ;

Raithe 's tric a caochladh earraidh,
S ioma car o' thùs gu dheireadh;
Raithe 'n d' thig am faoilleach feannaidh,
Fuar-chloch mheallain, stoirm na'm peileir,
Feadag, Sguabag, Gruaim a Ghearrain
Crainnti 'Chailleach is beurra friodhan.

XXII.

'Nuair sputas gaoth lom a Mhairt oirnn,
'Ni n t' shid ud an t' àl a chrannadh,
Mios cabhagach, oibreach, saoithreach
Na'm feasgar slaod-chianail, reangach;
Ocras a diogladh nam maodul,
Blianach, caol-ghlas, aognui, greannach,
Deoghlar trian do t' fhior-liunntàth uait,
'S mar ghad sniomhain tairnnear fad' u.

XXIII.

Raithe san d' thig tus annluinn,
Liteach, cabhrach, laghan lapach,
Druim-fhionn, ceanann, bruchdach, riaspach,
Robach, dreamsglach, riadhach, rapach;
Cal is feoil is cruinn-bhuntata,
'S aran corca laidir, reachdmhor,
Bog na cruaidh, mu chanar biadh ris,
'Se nach diult an ciad-ni 's faisge.

XXIV.

Nuair thig og-mhios ceitein chiuin oirnn,
Bidh a Bhliadhnna 'n tus a maise;
'S flathail, caoimhneil, soillse greine;
Mios geal ceutach, speur-ghorm, feartach,
Flurach, ciùrach, bliochdach, maoineach,
Uanach, caorach, laoghach, martach,

Gruitheach, uachdrach, càiseach, sùghmhor,
Mealach, currai, driuchdach, dosrach.

XXV.

'Nois 'theid Earrach uainn air chuairt
'S thig an samhradh ruaig a nall,
'S gorm-bhog duilleach gheug air choill,
Eunlaith 'seinn air bharr nan crann;
Driuchdan òir air feur gach glinn,
Slan-thoil-inntinn sgiamh nam beann;
Theid mi ceum ro'n lon a nunn,
'S tairnneam crioch air fonn mo rann.

CRIOCH DHAN NAN AIMSIREAN.

SMEORACH MHIC-LACHAINN.

Air fonn: Hoilibh o, iriag, o luil, o ; hoilibh o, iriag, horo, hi ;
Hoilibh o, iriag, o luil, o ; smeorach a sheinn oran mi.

I.

'S Smeorach mise le cloinn Lachainn ;
Seinneam ceol air bharr nan dosaibh :
'S tric lium dusgadh moch am' chadul
'S m òran maidne sheinn le frogan. *Hoilibh o*, &c.

II.

Cha mhi 'm figheach gionaich, sgaiteach,
Na Claman a chrom-ghuib shrachduich ;
'S cian mo linn o' eoin a chathair
'Chleachd tighn beo air sath nan ablach.

III.

'S mor gum b' anns'an am 'bhi 'g eiridh
'Madainn shamhruidh fhann bhuig, cheitein,
Diol nan rann gun ghreann gun eislein
'S toirm an danns' air chrann nan geugan.

IV.

Bha mi n' comhnuidh 'n tus mo laithibh
Aig Peithinn nan seamh-shruth airgid,
Measg na'm fluran driuchdach tlatha,
Fhuair mi m' 'arach pairt dom' aimsir.

V.

Tha mi nois an tir gun bhruaidlein,
Fir tha feartach, reachd'or, buaghail,
'S lionmhor àgh tha' fas air uachdar
Tir nan sealbh da'n ainm na Cluainean.

VI.

Tha na h eoin is làbhar coireall
Fea na coille 'n dluths nam badan,
Buidheann phroiseil, cheolmhor, loinneil,
Ard an coilleag; binn a'n glaigeal.

VII.

Tha gach crann gu trom fo chomhdach,
Duilleach babach, meurach, crochdach;
Strachd do'n mheas air shlios nan ogan,
'S eunlaith 'seinn na m fonn an ordugh.

VIII.

Coisreadh luthor, muirnneach, greannmhor,
'Seolta gluasad fuaim an seannsar;
Por gun sgread, gun reasg, gun teanndachd,
Gleusd am feadain; deas an ranndachd.

IX.

Grian a'g eiridh dealrach, òr-bhui,
Le gath soills'air ghorm nam mor-bheann;
Faileadh currai 'dhriuchd nan lointean,
Sileadh meal' air bharr gach feoirnein.

X.

Eoin bheag bhuchlach nam ponng ceolmhor!
Coimh-fhreagraibh lium tèis an òrain;
Dreach nan Cluainean mar bu choir dhomh
Dh' innsinn sios am briathraibh òrd'ail.

XI.

Talamh grianach, tlusmhor, teith,
Aghaidh deas, is cul ri fuachd;
Ge d' thig dudlachd shneachd is reota,
Cha bhean deo dha do'n ghaoith tuath.

XII.

'S ionmhuinn lium a chulaidh fhraoich
'Dh fhas air taobh nan luirgnean cũs,
Badach, gaganach caoin, ur,
'S neoil do'n mhil a smuideadh as.

XIII.

'S boidheach treud nan uainein geala
'Rith, 's a reis fea chluainean bainnear;
'S caoirich bhronnach, throma, cheigeach
Air m' bu sheideach, blonag shaille.

XIV.

'S blasda soilleir uisg' am fuaran
Fallain brisg, gun mheisg gun bhruaidleiu;
'S crachdach, gibeach, biolair 'uaine
'Fas gu h' ailli laimh ri 'm bruachaibh.

XV.

'S labhar fuaim nan sruthan siubhlach
'Theid thair bhalbhag dluth nan alltan
Tururaich mhear gach cuailein du-ghuirm,
'Dol fea lub roimh lar nan gleanntaibh.

XVI.

'S taitneach, sgiamhach, maoth-bhog, ur,
Fàs do fhlur is lionmhor dreach,
Mar ghorm rionnagach nan speur
Dealbh gach seud a sgaoil mu d' bhrat.

XVII.

Brat nan dithein druichdach, guamach,
Lurach, luachrach, dualach, bachlach,
Cuachan geal nan nòinein eagach,
Sid a sgeadach tha mu 'd 'ghlacaibh.

XVIII.

Do chrodh laoigh air lom an àilein
Reamhar, sultmhor, lionnti, lairceach

Caiseann, druim-fhionn, guaillean, cra-dhearg,
Bainnear, bliochdach sliochd gun fhaillinn:

XIX.

Baile feartach coirce 's eòrnna,
'S reachmhor fasair dhailthean comhnard ;
'Be sid barr na mile sòlas
Chuireadh sgrainng na gort' air fogradh.

XX.

Talamh tarbhach trom gu gnaisich
Leatromach fo bharr buntàta
'Chinn gu luirgneach, mèurach, magach,
Cluigeineach le plumbais àilli.

XXI.

'Stric do phreasan peurach ùbhlach,
Groiseideach, trom-dhearcach, du dhonn,
Luisreadh sios le gagain dhriuchdach,
'S buan an t' shlaint' am faileadh currai.

XXII.

Baile coisrigte nam beannachd,
Fraochach, flurach luachrach, mealach,
Martach, làoghach, caorach, bainnear,
Coillteach, duilleach, geugach, toireach.

XXIII.

Nois 'tha carbad boillsgeil Phœbus
A marcachd ann aird nan speuraibh ;
'S o n tha n rann ann cuimse faidead,
'S tiom 'bhi 'lasachadh nan teudan.
Hoilibh o, &c.

ORAN DO'N NOLLUIG.

Air fonn :—Di haal-lum, di-haal-lum, *
Di-i 'il i 'il, hanndan,
Di-dir-ir-i-hal-i'il-lum
Di-dir-ir i-hal-haoir-um,
Di-hi 'il, i 'il hal-dir-iri,
Hari, haal, haoir-um,
Di-i 'il-haal, dil-il-i 'il,
Dor-ri, ho 'ol, hanndan.

M'Intyre, Edit. c. Ode XXXIV.

A.

A Nigheanan ! biodh criodhalas
Ga fhriothaladh san am leibh ;
Cha dlighe dhuinn bhi suidheagan
'S ar cridheachan fo champar ;
Bheir mise 'n ceol gu fileanta
Le frith-leimnich nan rann duibh,
'S grad-eirgheadh ceathrar inich 'theid
Gu h' ingealta romh 'n dannsa.
Di-haal-lum, &c.

H.

Si Nolluig i ! bè 'sonas duinn !
Car son a bhiodh oirnn anntlachd ?
'Se 's tocha leinn 'bhi soganach,
Na biodh am botul gann oirnn ;
Biodh sgop an t-shruthain fhortanaich
Air bharr nan copan seannsail ;

* Di-haal-lum, &c. these 8 lines are vehicles of sound.

'S gu sgobar as gu socrach i,—
Cha'n fhiugh gun deoch an dannsa.
Di-haal-lum, &c.

III.

'S i Nolluig àm is toiliche
Le molamas an annlainn,
Gu h iom'cach, caiseach, botulach,
A dh' fhuadach gort a' ghanntuir:
Na bonnuich chruinn-thiugh, chorca, tighn'
Air bhrod-mhiosaibh a nall duinn,
Gu ròslach, feòl-bhruich, brotagach;
'S gun deantar cosd gun taing leinn.
Di-haal-lum, &c.

IV.

Am fasan 'bh'aig ar n' athraichean,
Coimh-leanamid 's gach àm ris;
Na cleachdainnean a bh' acasan
Na leigear dad air chall diu:
Gu'r cliutach, muirnneach, aidhearach
An taitheadas bu cheann duibh,
Be m beus 'bhi tlachdmhor, fialui, ceart,
'S am pailteas fo n comannda.
Di-haal-lum, &c.

V.

Gach mùgaire trom air tealach
Tha snaigheadh as le ganntas,
Cha'n iarr sinn iad an taice ruinn,
'S neo-chriodhail gart an dranndain:
'Si 'bhuidheann eibhneach, aigeannach,
Bu tlachdmhoire 'bhi 'cainnt riu,
Bho n' tig an ealaidh bhlasadach
Is taitneach siubhal ranntachd.
Di-haal-lum, &c.

VI.

'Si nochd an oidhch' is urramaiche
'Chunnaic sinn le'r sealltuinn ;
Gur furanach a bhuineadh dhuinn
A cumail mar a gheall sinn :
Biodh sulas air a mhuirichinn
Gun mhulad ga'n cur aimhreith
'S bheir mise 'n ealaidh chuireadaich
Is iullagaiche strann duibh.
Di-baal-lum, &c.

DUAN DO DH'OIDHCHE NA BLIADHNN' UIRE.

N. B. The following is a Poem written, as to measure, in imitation of M'Intyre's Beinn dourain.

URLAR.

Slow Measure.

Si nochd an oidhche 's buaghaile dh'orduicheadh;
Diolamid an Duan mar is coir dhuinn:
Tha bliadhna air ithmeachd uainn,
Bliadhna 'a teachd oirnn nuadh,
'G inntreachdainn le cuartachadh ordumail.
'Nochd an oidhch' is dual duinn 'bhi ròiceil;
An fheisd ga cur a suas air na bordaibh,
A ghloine 'dol mu'n cuairt,
Fallain a stuth fuar,
Rati bho 'n tigh tuath, Mac na Toisiche:
Criodhalas gun ghruaim aig ar n'oig-fhearaibh,
Bannal 'thogas fuaim fo na h oranaibh;
Fiodhull ga cur suas,
Ionnstramaid na'm buagh
'Labhras na puirt luatha bu cheolmhoire.
Guidheam dhuibh gach uair
Aileas, tlachd is buaigh
Cleachdainnean nan uaillsean thug foghlum dhuibh;
Fad bhur saoghail bhuain,
Pailt bhur bliochd 's bhur buar,
Fortan air bhur sluagh, fhad 's is beo iad.

SIUBHAL.

Quick Dactylic measure.

O! seinnibh an Ealaidh
  Roimh n cabhagach straonadh;
Ealaidh bheag, ghrad bhriathrach
  Aigeannach aotrom,
Shuganach, chaithreimeach
Inntinneach aithghearr'
A thogadh ar 'n aigneadh
  'O ghart-ghreann an Fhaoillich:
Chalbuinn so; challuinn sid,
  Fhearuibh mo ghaoli sa!
Buailibh am balla le
  Deannal nan gaoirdein;
Sar-bhuillean streallanta
  Troma nan gallan 'bheir
Diosgan is farum air
  Darach nan taobhan.
Critheadh an astail le
Sitheadh nan cnapaibh bu
Neart'oire slachdruich ri
  Clachan an aoluidh!
Feadartaich sadaidh nan
Cleathannan seachdi 'bheir
Cnead air gach aisne do
  Dh' aitribh na faoileachd.
A mhuinntir 'tha 'steach, ga'm bu
  Chleachdadh 'bhi caomh! mo
Dhurrachd da'r n' aitim aig
  Faidead an saoghail,
Eibhneas gun airteal, gun

Eiginn, gun airce, gach
Ni mar bu taitniche
'S ait lium 'bhi saor dhuibh;
Deagh bhean an tighe, 's a
Companach flathail, gu'ma
Maithreann iad fallain, gu'm
Maitheas a sgaoileadh;
Sonas is pailteas a
Leanailt ri r macuibh; 's a'm
Freasdal mar neart dhoibh 'o
Ghlacaibh gach baoghail.

CRUNLUATH.

Choriambic Measure.

Mas maith leibh sinn a leanailt
Air an Ealaidh mar a thoisich
Gun aithris sinn gu h' aithghearr i
Cho chabhagach 's as coir dhuinn:
'So 'n dara h oidhche 's aidhearaiche
'Shoillsich rèull a h adhar oirnn,
'Si oidhche Choinnle challuinn, teachd
Na h ath-bhliadhnn' 'a a h 'oige.
Mar dh innseas luchd na h eachdrui 'dhuit
'Se n cleachdadh 'bha bho thos aig
Na linntean a chaidh seachad oirnn
Mu'n challuinn a bhi roiceil:
Gach rioghachd ann sa chruinneadh
'San d' rinn cinneadh daonna tuineachadh
Gur sulasach gach muirichinn
Ga'm furan mu na borduibh.
'Nuair theid sinn thun a'r coimhearsnaich
Ga choimhead mar bu doigh dhuinn;

'S gun colluinnich sinn aitribhnean
Le slachdairean nan cròchd-cheann ; *
'S iad briathran fir an tighe ruinn ;
" A Mhacuibh na sonn flathasach
" A b' fhialuidh ri luchd tathaich,
" Lium is taitneach sibh a m fheoruich :
" Anuas, a bhean, 's thoir pailteas duinn ;
" Biodh Flora bhan gu spealtadh leat,
" 'S fear smearach miadh nan ceapairean,
" Na chnapuidh air a bhord ; fair
" A nall am botul urramach
" 'S gun òlaimid gu h urranta
" Deoch slainte nam fear furanach
" 'S neo-sgrubail as tigh osda."

SIUBHAL.

Quick Dactylic Measure.

Cumar oidhche na calluinn
Gu farumach, surdoil,
Eireachdail, ceanalta,
'Leanalt ar dùchais,
Fiughanta, farasta,
Fialuidh gu sgapadh,
Biodh annlunn gu taiceil
Air cheapairean dumhail :
Riaruichear Rati,
Struth miaghail na braiche ;
Biodh breisleach a dheatuich'
Ann claignichean muirnneach !
Innsidh mi sgeul duibh
Cha bhreugan gun ghrunnd e,

* The clubs.

Deanuibh rium 'eisdeachd
  Tha reuson ga ghiulan ;
Muinntir na feile
'Bhios furanach, eibhneach,
  Gun cheasad gun èiginn,
'Dhiolas a bhannag
  Do'n fhear 'thig ga ionnsuidh,
'Chumas le h abhachd
  Oidhch' àigh na bliadhnn ùir, bidh
Pailteas gun fhaillinn,
Bidh fallaineachd slainte
Bidh piseach gu brath air
  An álach gun chunntas ;
Gearan na cannran
Cha chluinntear na'm fardoich
Ach criodhalas cairdeil
  Gun dranndan, gun tunnsgul ;
Lionmhor mar rainich
An stoc air gach baile,
Sliochd buan mar an darach
  Is maithreann na rusg ; thig
Sonas is maitheas
Na n coinnibh gach radhad
'S bidh duilean an adhair
  A gabhail diu cuiam.

CRUNLUATH.

Chorumbic Measure.

Le foighidinn beag fathasd
  Bheir mi naidheachd dhuibh sa chrunluath,
Gu h ath ghaoirid mu'n aitim sin
  A chleachd a bhi cho ghnuth, leis

'M bu mhiannaiche gu spadadh sibh
Na h ean'chainnean a'n claignean,
Na gun riaruicheadh iad dad oirbh
Do'n phailteas tha na'n cuiltean;
Ge'd bhiodh gob gèur an acrais
Ann an aisirean do ghrùthain,
'S do mhionach beag ga chagnadh
Le bhi 'trasguidh fad na h ùine!
A mhuinntir sin cha'n aithne dhoibh
Na bhuineas do bhi ceanalta
Gun eireachdas, gun fharasdachd
Ach tabaid is don-'ionnsaich';
Cha chluinneadh tu, 'dol seachad orr',
Ach toirm na cigge-chaigge,
Brisdeadh chuigeal mu na claignichean
Is cnapadaich nam rudan;
'Nuair thriallas iad a baile,
Cha bhi breamas ann a's dùthaich
Nach sìn orra gan teannadh;
Na th' air thalamh tha dhiu diùm buich';
Bidh driod-fhortain na dunach orra
'Huile taobh a chuirear iad;
Ann glumagan nan rumaichean
Gun tumar iad gu n' sùilean!
Na Loguidean, 's na Boduich *
Bidh a' cogadh ris a mhuinntir;
Gach Iàcharan is Glaistig
'Bhios a 'tatruich ann as t' oidhche
Bidh Eireallaich is Fomhairean
Is Uaimh-Beisdein a comhartaich

* Different names of spectres and phantasms.

Gach Urraisg' agus Omharlair
  Is omharrai ni raidhchdich
Thig orra sid gu ladurna
Ga slaodadh as na leapannan,
Gan eaglachadh gu bagarrach
  Le slachdruich a bhios oillteil!
Sa noise bho na dh' aithris sinn
  Na rannan mar ab' eol duinn
Air m' fhalluinng gur a ceanal duibh
  Ar bannag 'chur air seol duinn;
Gun bhuannaichd sinn gu deimhinn oirbh
An tuarasdal a ghealladh leibh
Gloin' fhuar do stuth na mearaichinn
  A baraille na Toiseachd.

RANN DO'N LEISG.

A Leisg reangach, robach, dhuaichui!
Mollachd buan o rann nam bard dhuit;
'S bochd an t shian do'n Ti'bheir cluas dhuit,
'S dearbh nach dual gun dean e tàbahchd.
'S fior a sgeul a sgriobh Righ Solamh,
"Nach robh sonas riamh ad' ghlachdaibh;"
A chairbh rag gun sgrid, gun fhosgladh,
Trom-cheann marbh nach mosgail facall.
'S ronngach, fardalach gun rŭth-bhalg
Do shean-chlosach bhrŭchdach, lachdann;
'S miann leat coimhearsp bhuan an rŏsaid,
Dealbh na gorta sgaoil mu t' asdail.
U fo'n luirich na d' chuail-chnamhaich,
Reic u fárrais airson cadail:
Drèin an Aoig na d' ghrod-chraos bearnnach
Do chràg chearr am muinng do phap-chinn.
'Sid an sluagh thug bith an tus duit,
A Mi-Churam, 's Dith-na-Sgoinne;
Slabhraidh theann do phraisich chruaidh ort,
'S da cheud punnd do'n luaidhe d' dheireadh.
A Leisg throm ga'm bodhar spad-chluas!
'Stu 'n gadaiche 'shlaid na h' aim'sreach;
Ge d' bhiodh mile cuip ga d' shlaiseadh,
Cha d' thig a staduich a t' earball.
'Sibhs' annsa bheil feum is direadh,
Ruithibh grad ann tìm gu freagairt;
Mu'n cosgrar sibh fo shlait iarainn
Ban-mhaighstir iarnni na sgreatachd.

AN ODE TO THE RIVER PEAN.

Chorus: Didle-dam-di, dadle-di, dadle-di, daridle.
Dam-di, dadle-di, dodle-di, doridle,
Dam-di, dadle-di, dadle-di, daridle,
Didle-dum, didle-dum, dai-rum.

I.

The flowery banks of the slow-rolling Pean,
How lovely! how pleasant and charming the scene!
T' enhale the sweet fragrance that breathes thro' the green,*
Should ever to me be delighting:
Behold how the lambkins so sportive and gay
Along thy soft borders are tempted to stray!
While round their fond mothers they chearfully play;
The tenderest passions inciting.

II.

Thy streams uncorrupted, transparent as glass,
Down the valley with mildest tranquillity pass;
Where numberless tribes of the scale-bearing race
Whirl round in a thousand directions:
The beauties of nature, whose image impress'd
Is artfully drawn on thy smooth-gliding breast
Exhibit a picture which can't be express'd
In terms that should speak its perfections.

III.

Full oft on thy margin I stood to behold
The white-belly'd salmon bespangled with gold,
Extended at length in his fortify'd hold,
His head in the rushes absconding;

* Viz, the borders of the river.

Then, quick as an arrow, he shoots from his cave,
His swift moving fins the moist element cleave;
Before his proud nostrils there swells a high wave
Against the smooth pebbles resounding.

VI.

From off this green hillock besprinkled with dew,
Cut thro' the fair pastures thy course I pursue;
How thy surface reflects the celestial blue,
Except where it rolls in a current:
All the length of the valley thy channel extends,
Which like a long serpent delightfully bends
And down to Locharkaig in mazes descends,
Wherein it discharges the torrent.

V.

Could I sing thy true beauties in suitable lays,
Not Tybris itself could arrive at thy praise,
Which Virgil, the bard of antiquity's days,
Has pictur'd in colours enchanting:
But—since the proud muses refuse to inspire
My breast with the warmth of poetical fire,
I slacken the nerves of my dissonant lyre,
And here put an end to my ranting.

IN GAELIC.

I.

'Si Peathann nan linngeannan mìn-shruitheach, seamh,
Gu r h' intinneach, priseil a fior uisge tlath,
Sugh meala nan dithein tha cinntinn mu 'n bhlar,
'Chuir slainte mo chaileachd am 'buaineadh:

Gu'r h eibhneach na h' uaineinean guaineiseach beo,
'S iad mireineach, cluas-bhiorach, luathsganach, og,
A duibh-rith, 's a ruagail fea chluainean an fheoir
'Tha 'fas air no lointean mu'n cuairt dhuit.

II.

'S iad t' uisgeachan gloine bu shoilleire tonn,
Ciùin-shiobhalta, samhach a shnamhas roimh 'n fhonn,
Na bradain na'm feachdaibh bu bhreac-lannach com,
Gu bras-mhear a tionndadh sa chuartaig :
Tha oibrean na sianntan is miorbhuilteach dealbh
Air an tarruing gu grinn air do mhin bhroilleach balbh ;
Cha'n innsinn gu dìlinn mar mhile gach sealbh
'S na faileasaibh ainmeil th' air t' uachdar.

III.

'S tric a bheachdaich mi 'm bradan air t' aigeal na sgleò,
Gu geal bhronnach, glas, air a ghealtradh le h òr,
Na shlachdairneach fada 's e cabadh a bheoil
'Am badaibh do'n rabhagaich uaine :
'Nuair theid e na fhaicill gu grad charach corr
'S a shaigheas e seachad air bhreachdaibh beo,
Bi'dh na tonnan a dh' fhalbhas le h ain'theas o' shroin
Ri gaineamh na'm balbhag a fuaimrich.

IV.

'On tulaich bhig ait tha fo bhrataich do'n driùchd,
Gu'r taitneach lium faicinn dol seachad do lub ;
Gorm neamha gu dait 'air do leachd-aodann ciùin ;
Ach 's an ionad 's a siubhlach roimh ghairbh u :
Gu'r siobhalta sniobas tu sios leis a ghleann,

Mar naithir dhuibh-stiallaich, roimh fhiarainnean cam ;
Lochairceig ceann cricha do shliob-shruithean mall,
'S tu 'brùchdadh a'd' dheann ann le toirmrich.

V.

Nan d'thugta dhomh deaspad is freagairt na'm bard,
Cliu Tibris cha seasadh a'm feasd ann ad' dhail,
A rinn Fili na h Eadailt is deas-fhoclach dan
'Chur an suim ann sa chànain neo-chearbuich :
Ach teine na bardachd cha talaidh e 'm cheann,
Cha d' fhosgladh mo chaileachd a dh' aireamh nan rann.
'S theid fiodhull na rachdail gu h ard air a staing
'S gun criochnaich mi raudul mo sheanchais.

DAN MU CHONALTRADH.

'Nuair 'bha Gaelic aig na h' eoin
'S a thuigeadh iad gloir nan dan,
Bu tric an comhradh sa choill
Air ioma poinng, mu's fior am bard.
Thainig pïeid luath na gleadhraich,
Shuidh i air grod-mheur còsach fearnna ;
Bha chomhachag na gurrach riabhach,
Mu coinnibh gu ciallach, samhach.
Dh'eirich a phïeid gu grad ;
Thuirt i, 's i 'stailceadh a bonn :
" An tusa sin a'd' mheall air stob ?
" An-uair air do chiod-cheann trom ?
" M bi do theanga ghnath fo' ghlais,

" Stu gun luaidh air neach na ni,
" Cho duinte ri sean-chloich bhric?
" A spuc-shuileach a chnaip gun bhrigh!"
" Pŭ-hŭ-hú-u! tha u faoin;"
Os ean maol a mhothair choir;
" Os mis tha fiosrach sa chuis,
" Eadail! 's beag an tur 'tha 'd ghloir.
" Cha bheus liumsa glige-ghlaige;
" 'Choidhch cha ghabh mì tlachd do'n luath-bheul;
" Labhraidh mi 'nuair chi mi feum air,
" 'S cha choisinn mo bheul domh bruaidlein.
" Ach 's tric cach ort fein a magadh,
" 'S a liuthad glug-mhearachd brisdeach,
" Thaomas le cladharrachd fhacall
" 'O shior-chlabar gaib gun tuigse."
Bu ghreis doibh mar so 'sa chonnsboid
A gearr-bhearradh gloir a cheile,
Gus 'n do leum a nuas an glaisein,
'S rinn easan gach beairt a reiteach'.
Air gach taobh 'nuair chual' e 'chuis,
Thuirt e riu le rùn gun chleith:
" Masa fior mo bhriathran eisdeachd
" So mar dhearnnainn fein duibh breith:
" 'S ioma barail a measg sluaigh;
" S toil le cuid na's fuath le cach;
" Pairt their direach na ni cuis,
" 'S cuid nach duraig sgur gu brath.
" Tha am gu labhairt, 's am dhi samhach,
" Am gu crabhadh. 's am dibhearsain,
" Am gu brou, is am gu h' abhachd;
" 'S sona 'n dream a tharas ceart iad.

" 'S lionmhor iad da'n ainm 'bhi tuigseach,
" 'O n d' thig mìle tuiteam cearbach,
" Corr 'uair a mheasadh tu gorrach,
" Aig tuilleadh 'sa choir do sheanchas,
" Neach dam' bi 'theanga fo smachd,
" 'S ainm'nic leis gun gluais e lochd;
" 'S saoilear gu m bi 'n t' umaidh glic,
" Na'm b' eol da bhi trid na thosd."

EARRAN DO CHEATHRAMH LEABHAR AN ILIAD AIG HOMER.

Air fheuchainn ann an Gælic o'n Ghreugais
On ionad so, Η'ρα ϗ' ξ'οχέων, &c. gu deireadh an
Leabhair; far am beil an eeud bhlar air am beil Homer
a toirt cunntais.

'N SIN, thoirleum an Righ fo armaibh
Anuas o'n charbad gu talamh;
'B uaimhainneach a phrais a gleadhraich
Mu'n Treunmhor a ruith na dheannaibh!
Mar shior-ghluasad nan tonn dù ghorm
Roimh sputadh nan reub-ghaoth arda,
'S an cuan greannach, colgach, èiti
'G at na'm beanntaibh beuchdach, cair-gheal.
Dh' iomaineas o'n doimhne bhòchdaich
An ordugh gu slios na traghad;
'S iad a sgeith cobhar na fairge
Mu'n t' shroin charragnich le fuaim gàbhai:
B amhuil gluasad feacud na Greige
'N deigh a cheile dh ionnsuidh aimhleis,

Fo'n aon triall a'g eisdeachd ordugh
Nan righridh bu mhordhach ceannsgal.
B' iongnadh leat cho shamhach, thosdach
'S a bha n sluagh bu toirteil imeachd;
'B àgh'or faoileas an arm breachda
'Nam dol sios gu gleachd a ghioraig!
Bha feachd Throi ri h iolaich fhuaimnich,
Mar chaoiribh sna buailtibh lana,
Diol a bhainne ghil na milltibh,
Freagairt nan uan le sior mhèilich:
Fad an airm mar sid a chluinnte
Monmor measgaichte 'n t-shluaigh bhruidhnich;
B' iom-theangach am feachd gun aireamh,
'S lionmhor tir o'n thar na buidhnean.
Bhrosnuich Mars na Troidhich cholgach,
'S Pallas ghorm-shuileach na Greugaich:
Dh'eirich friodh, is gart, is uamhunn,
Ball-chrith oillte, 's buaireas leir-sgrios.
Bha Aimhreit an goil a feirge
'Taosgadh fal' air lom na leirge;
Aimhreit, bean-chaothaich na mollachd,
Piudhar Mhars is sgriosach pronnadh!
Beag an tus i; 's luath a fas,
An Tarmusg nach ailli greann,
'S uaimhreach air talamh a triall,
'S ard a measg nan niall a ceann!
'S cràiteach goirt an cinne daonnd'
Gach taobh 'sa saltair a bonn,
A meudachadh leadairt bhlàr,
Fuil is bas is osnaich throm!
'Nuair 'choinnich iad air an raon,
Ghlais na laoich gu gniomh a chràidh,

Sgiath ri sgiath, is lann ri lann,
Na mor-shonn bu phronntach gair.
Bu neo-fhaoili 'n gart 's an greann,
'Cur stoirm shaighead nan luath-dheann ;
Grathail cruaidh-sgreadail nan lann
A' bruan-spealtadh chorp is cheann.
B' ioma cnead is oich is raidhcich
Fad na faich 'aig suinn a tuitim ;
Gaoir luchd buaidh, is dearg-fhuil bhàrchdach,
Ga dortadh mu'n bhlar na tuilltibh:
Mar thoirmrich na'm fuar-shruth geamhraidh
Nan dian-rith le slios nam beanntaibh,
A comh-thilgeadh nan steall cairgheal
'San aon chlais air lar nan gleanntaibh ;
'S am buachaill air chrith sa'n aonach
'G 'eisteachd caonnag nan tuil uaimhreach ;
Sin mar mheasgnaich na laoich ghabhai,
'S cian a chluinnte 'n gàir san tuasaid.
Mharbh Antilochus air thus
Gaisgeach armach ùr 'o Throi,
Echepòlus nan cruaidh bheum
'Measg nan treunfhear an uchd gleois ;
Bhuail e bior-mhullach a chloguid,
Far m bu bhabach, dosach gaoisid,
Stob na bhathais an gath calgach,
'S rinn gu h obann marbhadh baobhail.
Thuit eisean mar chaisdeal ăgh'or
An teas blair a nios a bhruchdas,
Gi leis e gheud mu'n ruinn-bhior iaruinn,
Sgailean basmhor dh' iath mu shùilibh.
Th' inig Elphenor am mor-fhear
Ard-cheann-feodhna nan Abantach

Tharrainn e 'chreubh mharbh air leith-chois
As an àr-fhaich' bu teith spealtadh.
Bu throm a thriall leis gu taobh
Chum 's gu faobhaicheadh e 'n corp,
Dh' fheuch e n t-shleagh le treun a neart
A spionadh a mach o'n lot :
Chunnaig Agènor an fiùran
'S e lubadh fo's cionn na cairbhe ;
Bhuail e 'mhaothan geal fo'n sgeithidh
'S bu trom-chreuchdach an gath ruinn-gheur.
Dh' fhuasgladh a bhuill ; thuit gu talamh ;
Bhrùchd anam ann dearg-shruth fala :
'Sin do mheudaich fearg nan cuiri
'S an leir-sgrios bu tur gu lannadh.
Mar gharg-thuasaid mhadadh-alla *
Timchioll cobhartaich nan ălachd :
'Sin mar chite sgrios is gearradh,
Tuiteam chorp nam marbh na meallaibh.
Bhuail Ajax an Greugach borb
Oigfhear ur bu taitneach dealbh,
A rugadh a measg nan trèud
Aig Simois nan seamh-shruth balbh,
Air teachd da mhathair anuas
'O uchd Ida nan cruach àrd
Mair ri parantan a gaoil
A shealltainn nan caorach làn ;
Rug i 'n sin an t-òg gun truaill
Simoïsius nan gruaigh aigh,
'S uim a toilinntinn 's a mùirnn ;
Ach b'e chrann'chur ùine ghearr !

* Mhada'-galla. Lochaber dialect.

Bu diomhain an dragh 's an cùram
Ag altrum an fhiurain aluinn !
Air teachd dha gu căth nan deuraibh
Thilg an Greugach an t-shleagh bhasmhor,
Buailear sa chich dheis an t-àrmann
Leis an loinn bu ghraineil gearradh ;
'Mach roimh shlinneig shath an t-iarunn,
Thuit e sios sa'n dusd gun anam.
Mar chrann Pobuill * ùr air lòn
Is airde ceann fo chrochdaibh dealbhach,
('S saor ga gearradh le lainn lìobhaidh
Gu roth inich cruinn a charbaid ;)
Na sineadh air lom an àilein
Gu mìn, barr-ghorm, sleaghach, comhnart,
A' sgaoileadh a dosraich àilli
Fad a bhlàir fo iomlain comhdaich,
'Si seargadh fo chaochladh shianntaibh
Air a bhruaich, gun mhiadh ga maise !
Sin mar 'bha 'n deas-fhiùran ceutach
Marbh fo chreuchdaibh air an fhaiche.
Thainig Antiphus gu h' iorghaill,
Le h uchdaich nan iom-dhath breachda ;
Thilg air Ajax an gath-cuilge ;
Ach cha d' eirich cuimse cheart leis :
Bhuail e compach gaoil Ulisses
A bha 'slaodadh leis na cairbhe ;
Shath an t-shaighead bhàis na chruachan,
Thuit e marbh air chruaidh na leirge.
Dhat Ulisses le aird chorruich
Nuair chunncas leis cor a charaid,

* The poplar tree.

'S ruith na dheann gu tus a chomuinn
Le lainn sholuis air thi gearraidh.
Sheas e laimh ri teas na tabaid,
'S gu sàr-fhaicleach sheall e timchioll;
Thilg e 'n t-shleagh bu dealrach lasair;
Theich na Troidhich as le h iom-chrith,
Ri bhi faicinn an laoich bheachdail
Nach do thilg an gath le mear'thall;
Air mac diolain an Righ Throidhich
Democoon, thuit an searbh-ghath;
Air Democoon nan steud strannach
Thilg Ulisses an gath guineach,
Dh' inntrig an ruinn bais na leith-cheann
'S roimh 'n taobh eile rith gu h' uilli.
Dhùin e shuil fo neullaibh siorruidh
Thuit e sios le slinntrich armaibh;
Dh' oilltich Hector 's a thrèun chomhlain,
'S theich air chrith o'n chomhrag mharbhtach.
Thog na Greugaich iolach ghabhai;
Tarruinn nan corp àigh o'n chumasg,
A druim-leanailt ruaig nan namhaid
'S ga'm fuadach o'n àr-fhaich buileach.
'N sin do nochd Apollo 'ghnùis doibh
'O mhullach Throi nan tur rioghail
Ga'n ùr-bhrosnachadh gu comhrag
'S gu seasadh iad coir gu dileas :—
" A Ghaisgichean Throi nan seang each!
" Tionndaibh gu cruaidh, calma' fearail;
" Maomaibh am broilleach an Namhaid,
" Aon òirleach do'n bhlàr na caillibh.
" Cha chreag 's cha'n iarann an corpan,
" Diongaidh prais an lot gu fuileach;

" Mac Thetis an òr-fhuilt chleachdaich
" Cha'n fhaicear na 'm feachd e tuilleadh."
So thuirt Phœbus o'n tur uachdrach
Na uil'-uamhasaibh a dealradh :
'S bha garg-Phallas gu cruaidh-bheuchdach
A mosgladh nan Greugach calma.
Cheangail dàn a bhais Diores,
Cha d' rinn neart na mòr-chuis stàth dha ;
Leagadh an treun-shonn le Pirus
Sar-cheann-fiodhna linn nan Tràchdach :
Bhuail e 'n laoch s' an aobrunn deas
Le sgilb chraimnich dhuibh do chraig,
Ghearr na feithean, spealg a chas,
'S thuit e sios gu grad san dusd ;
'Se 'sineadh a lamh gu diombain
A' geur-ghrìosad cobhair chairdean,
'S a 'trom-phlosgartaich gu h an fhann ;
An teas feirge leum a Namhaid,
'S shath na imleig ruinn a mhillidh
Bhruchd a mhionach blath mu'n talamh ;
Dh' iath mu shùilibh sgail na h i'rinn *
'Sios do'n dorcha dh'imich anam !
Bhuail Thoas o's cionn na cìche
'N t-sleagh air Pir s gu trom-chrèuchdach,
Stad an calg iaruinn na ghrùdhan
Le lot cra'-dhearg, ciùrrach, èuchdach.
Thainig Thoas luath na neart,
Spion a chorp an ruinn-ghath trom ;
Le lainn shoill' a b' fharsuinn beum,
'S garg a reub e sichd a bhronn.

* Otherwise written ifrionn.

Dh' fhag e marbh a chlosach asgnuidh,
Ach am faobh cha d' rinn e bhuannachd ;
Mhaom na Tràchdaich cas mu thimchioll,
Le fad-shleaghan ruinn-gheur, uaimhreach.
Ge bu mhordhach, neartmhor, calma,
'M fuirbi garg ann stoirm na crosdachd,
Dh' iomain siad a nunn o'n chairbh e
Bu leisg fhalbh, 's bu ghreann-dhu 'choltas.
Sin mar thuit an treun-fhear sgairteil
Bu cheannard air feachd nan Tràchdach,
Mair ri Thoas riaghailt stiuraidh
Epeidheach nan lùireach maillich :
Luidh iad taobh ri taobh sa'n àr-fhaich
Dhorchaich dui 'neoil bàis an sùilean :
'S timchioll cha robh clos air laimh, ach
Murt is àr is sgrios, is tùrsa.
Na'm biodh neach a shealladh beachdoil
Fad an t-shluaigh air gleachd na mìlidh
'S Pallas da dhion o'n fhrois shaighdean
'S o' phaidhchdeadh nan gorm-lann lìobhaidh
'Nuair 'leughadh e gniomh a chiurraidh
Lionte le fior-iongnadh inntinn :
Gealtair cha'n fhaicte sa'n àireamh
Ach laoich áigh ga'n cur gu diobhail.
B' ioma Troidheach, b' ioma Grèugach,
B' ioma Gaisgeach cèutach àluinn,
A bha 'n la ud brùite, creuchdach,
Marbh nan sleibhtrich air an ar-fhaich.

N. B. In the Greek language, a line of heroic verse commonly consists of fifteen, sixteen, or seventeen syllables; in Gaelic, only of seven or eight; so that for every one of the former, there must necessarily be two of the latter.

TOISEACH AN OCHDAIMH LEABHAIR DO'N ILIAD AIG HOMER.

O'n Ghreugais.

Suim.

Tha Jobh air mullach sleibh Olimpus a toirmeasg do na Diathannan dol a chuideachadh nan Troidheach na nan Greugach; 's tha e na dheigh sin a tighn anuas gu sliabh Ida, a dh' fhaicinn an da airm aig blar.

Air fonn, " Mo thruaighe, mo thruaighe mi."

'SGAOIL Aurora 'bui'-bhrat gloir
'S a'n aidhbheis mhoir gun cheann, gun chrioch,
'S dhealtraich i le faoileas ròs
Driuchd an loin a b' or-dhearg fiamh.
Chruinnich Parlamaid nan speur
Gu IOBH nam beithir is beuchdach strann;
'S shaidh iad anns' na neoil air àrd
Olimpuis áigh nan ioma meall.
Thionnsgainn an Dia bu mhordhach smachd,
Thug neamh le geiltchrith cluas da reachd:—
" Eisdibh a stataibh nan speur
" Mo thoil ga leughadh, 's gabhaidh beachd!
" Mo thoil cha'n atharraich gu bràth
" Cha'n fhaod gun d' theid air m' aithne stad;

" Aontuichibh gu leir dom' dhoigh
" 'S gun cuirinn m' ordugh 'n gniomh gu grad.
" Dia air bith 'theid sios a chòir
" Faiche chomhraig nan lann dlùth
" Theid iomain air ais don speur
" Fo throm-chreuchd, gun mheas, gun chliu,
" Na 'tilgidh mi m' fheirg e 'mach
" A sios do'n aigeal dubh gun ghrunnd
" Cho iochdrach fo'n chruinne ce,
" 'Sa tha speuran àrd 'o n bhonn.
" Fo gheataibh iarainn an glais
" San t' shlochd lasrach is dubh toit
" Air urlar loisgeach na prais',
" An truagh-phein gun fhois, gun chlos.
" Gheibh e fios mar sin gu beachd
" Gur h ann liumsa 's treise neart,
" Cosgrar luchd m' fhuatha fo m' smachd,
" 'S geillidh m' oibrean cian do 'm reachd.
" Ach, eirgheadh gach Dia air neamh,
" 'S leigidh sìos an t' shlabhraidh òir,
" Gu'm 'thoirt a dh'aindeoin a nios
" 'O m chathair is rioghail gloir :
" Feuchaibh mo threoir sa chruaidh-ghleachd,'
" Ga'm 'spionadh le'r 'n uile neart ;
" Chi sibh gu'r diomhain bhur strith !
" Choidhch cha ghluaisear Righ na'm flath.
" Ach na sininse mo lamh,
" Sguabainn sibh le gabhadh geur,
" Chrochainn sleibhtean is muir lan
" Ri m' shlabhraidh mhoir ri h' aird nan speur.
" Critheadh gach duil mu'n iath grian
" 'S an armailt 'fharsuinn gun cheann ;

" Critheadh an talamh o bhonn
" 'O 's mise n Ti is airde t' ann!"
Dh'fhan iad le geilt-chrith nan tosd
Aig eagal gu'm brosnuicht' fhearg;
Fa dheireadh thionnsguinn an dan
Minerbha sheamh na'm meall-shuil gorm:
" A Dhe gach De! gu'r fiosrach sinn
" Gun cosgrar gach ni fo d' smachd;
" Ach 's goirt lium truaighe na Greig!
" 'S mo laoich threun ga'n lannadh as!
" Fanaidh sinn air t' iuil o'n chath,
" 'S ar deoir a frasadh gu dian,
" Mu bhi faicinn nan sonn aigh
" 'S sgrios a bhais ga'n gearradh sios!
" Ach iarram do chead gu fòill,
" Comhnadh beag le h arm na Greig;
" Mo riaghal 'thoirt doibh s gach cùis,
" Mu millear iad ad' dhiomb gu leir."
Sheall Dia nan stoirm air og-ni 'ghraidh
Le faite gaire 'b àilli snuagh;
Dh'impich e le 'briathran foill,
'S thug e deoin da 'miann sa'n uair.
'N sin, cheangail e charbad buan
Ri curs-eich luatha nan brog prais;
'S cas-bhui 'na muinngeannan òir
Bh' air druim nan steud b'u bhoidhche dreach.
Ann eideadh òr-dhealrach nan speur,
Shuidh e 'n cathair cheutaich àigh,
A soillseachadh mar ghrein an lo,
'S an t-shlatag ingealt' òir na laimh!
Bhuail e,——'s leum na seang-eich bhras
Air itealaich roimh ghlaic nan niall,

Eadar brat farsuinn nan rèull
'S an talamh rè-ghorm, sgaoilteach, cian:
Air sliabh Ida m bìodh an t' shealg,
'S fuaran airgid nan struth mear
'Sa bheil teampull currai 'n Righ,
'S tein' air altair ghrinn gun smal;
Na steudan lasrach dh'fhuasgail e
'O charbad dearsach nan dealbh òir,
'S thaom e deatach ghorm mu'n cuairt,
'S dh' fhalchadh na h' eich bhuan sa cheo.
Shuidh e air mullach an t shleibh
For m' bu leir dha muir is tir
'N loingeas Greugach air an traigh
'S baile Throi nan àrd-thur grinn.
Ghabh feachd na Greig' an cabhag biadh,
'S chaidh gach siad gu deas na arm;
Na Troidhich bu *teirce* sloigh
Dh' ullaich iad gu comhstri gharg.
Ach ga *tearc*, bha 'n èiginn theann
Ga'n iomain gu fann-las cruaidh,
Chum am ban 's am paisdean og
A theasraiginn 'o spòltadh truadh.
Dh'fhosgladh na geatachan aigh,
Bhruchd gu gniomh a chràidh na sloigh;
Mar greannaicheas stoirm nan niall,
'B amhuil triall na'm Mìlidh mor.
Le gleodhraich charbad is steud
'S choiseach ceum-luath 'teachd nan ceann,
Fhreagair mac-talla nan speur,
'S chrith am blar gu leir fo'm bonn.
Nuair choinnich iad air an raon,
Thionnsguin strith nan laoch gun mheang,

Feachd ri feachd, is treun ri treun,
Sgiath ri sgèithidh, lann ri lann.
Dh'inntrig tuasaid ghoirt nan strachd,
S frasadh shaighdean bais nan deann,
Gaoir luchd buadhach, faoichdich bhròin,
Reubadh feola, spealtadh cheann;
Blath-fhuil dhearg na tuillibh cas
Ga taosgadh gu bras mun fhonn,
Cuirp bhuailte na'n cruachaibh marbh;
'S b' oillteil leir sgrios gharg nan sonn.
Fad sa ghluais a mhadainn chiuin
Na soillse roimh chuirt nan speur,
Bha cloidheamh annraidh a bhlair
Ri sgrios a bhais ann gleachd nan deur.
An uair 'bha ghrian an aird an lo,
Ghabh Dia nan Dia na toimhsean oir,
'S chomh-thromaich na mheidh gun fheall
For 'ghaill theann nan gaisgeach mor.
Dh'eirich slige Throi gu neamh,
'S thuit comh-throm na Greig 'anios,
'S thaisbein gu'm biodh buaidh a bhlair
Leis a Ghreig nach cearr sa strith.
'N sin, 'o Ida nan cruach ard
Bheuchd na tairnneinich sa speur;
Thilg e bheithir luath le strann
As na neoil roimh reanng na Greig.
'Nuair chunnchdadar air an leirg
A meall lasrach, teinndi, dearg;
Dh' oglaich agus theich roimh fheirg,
An neart s an treoir gu buileach shearg, &c.

AM MESSIAH

Aig Mr Pope:

O'n Bheurla.

A nionan Saleim! tionnsgnaibh òran rèith;
'S na puinng is airde gluaisear dan nan speur.
Na fuarain bhlair, le sgail nan gorm-choill ùr,
S na bruadair Ghreugach,—theich gu leir fo 'r cùl.
A Righ 'thug cail do'n Fhaidhe ghleusadh ceoil
Le h eilig naoimh! cuir blaths an laoidh mo bheoil:
Mu linn na slainte sheinn am Bard o chian;
Bidh Mac aic Oigh, aig Oigh is toireach siol.
'O fhreumhaich Jesse faic le teas a fas
A suas sa speur a Gheug is curraidh blath!
Bidh Spiorad De ga ghluasad fhein mu barr
'S san dos neo-sheargta teurnnaidh Calman Neamh.
Silibh, a neoil, an dealt on aird gu dluth,
Trom-sha'ghach, maothbhog, frasach, braonach ciuin!
Sann duibhs' tha an fhann, tinn, gun neart, gun treoir,
A bhruchhdas driuchd na slaint 'air bharr gach meoir;
Le tamh fo sgail gu brath cha loisg a ghrian,
'S o stoirm nan gaoth ni 'm fasgath caomh bhur dion.
Treigidh an t' olc, 's gach ceilg a lot an sluagh,
'S air slige pheachdaidh coisnidh ceartas buaidh;

Bidh Oilibh ghrais na siochaimh sìnt amach,
S thig neo-chiont aigh o neamh, san deis is ailli dreach.
A linntean fada, siubhlaibh as gu luath!
Grad-eirgheadh fiamh na maidne 'nìos o'n chuan,
A bheir gu crich do bhreithsa; Righ nan slògh!
O Leinibh uasail! duisg a suas gu d' ghloir!
Faic Natur fein, 's gach flur an ceud am fàis
Fo chomhdach eibhinn! mil a seideadh tlath!
Faìc! Lebanon gu h ard mar thog e cheann,
'S gach dos-chrann ard 's na coilltean aigh a danns!
Faic! smuidreadh spisridh Sharoin suas sna neoil,
Is Charmel ùr nan seud is driuchdach ceo!
Nach cluinn u luath-ghair ăit san fhasaich chèin
" Thig Dia, thig Dia gar coir!" gach rod biodh rèith!
" Thig Dia, thig Dia!" coimh-fhreagradh fuaim nam beann!
Gach creag ni gair mu'n Ti is airde t' ann!
Tha 'n saogh'l a'g eiridh; lub an speur anios,
Gach ni le gradh 'cur failt air teachd an Triath!
Na seudair riomhach cromadh sios an ceann!
Fodha na sleibhtean! eirgheadh lar nan gleann!
Gach creag biodh min! biodh sìth air thuìltean luath!
Roimh sholuis gnuise slan-fhir chiuin na'm buadh,
Faiceadh na doill! a bhodhair, cluinn do Dhia!
Sid Righ nan gras mar sheinn na Baird 'o chian,
Fograidh e 'n oidhche dhuibhreach 'o gach suil,
Is chi na doill a Ghrian is boillsgeil iuil;

Grad-fhosglaidh fhacall toll na claisneachd suas ;
'S o choimh-sheirm ciùil thig sòlas ur do'n chluais.
Bidh teang' a bhalbhain deas a dhealbh nan rann,
'S mar mhainng nan stuchd gun leum an crubach mall.
Cha chluinnear èubh na osnaich chraidh nis mo,
'S o' ghruaidh gach creutair suathar deur a bhroin ;
Ann geimhlibh praise glaisear suas am Bàs,
'S gheibh Priùnns' an t-shluic an lot nach duin gu brath.
Mar bhiathus Aoidhre * feumail treud nan rusg
'Sna loin is fearr tha fas fo'n bhlath-ghaoith chiùin,
'Shireas le sul-bheachd durraichd na th' air chall,
'S a ghleidheas cach 'o thriall roimh ràidean cam ;
'Nuair 'bhruchdas sgail an dorcha, 's e' ni 'n dion,
'S an taic 's an la, ge d' chaochlas ardan shiann ;
Thogas na h uain na uchd gu 'n cumail blath,
Toirt doibh gu caomh na'm fannlus maoth o' laimh :
Mar sid, ni Ti nan gras a ghealladh dhùinn
Ar dion gu brath le fhainnt' is grasmhor iùil.
Cha ghluais na sloigh nis mo gu comhrag arm,
'S na gaisgich threun cha chath ri cheil' am feirg ;
Comh-ghaoir nan trompaid prais cha chluinntear ann ;
An t-shleagh na 'chruaidh cha bhoillsg' ann stri nan lann ;
Cromar gu speala feoir an gath gun fhèum,
'S gu soc a chrainn bidh ruinn a chlaidhimh gheir.
Grad-eiridh aitribh uasal suas 's gach tìr,
'S na thionnsgainn athair, bheir a mac gu crich.
Sgaoilidh an fhianain ard a dosrach ghèug
Fo iomlain blath mar sgàil do'n t-shliochd na dheigh :

* Ciobair, a shepherd.

Na lamhan fial a sgap an siol sa'n fhonn
Gu'm buain an t-arbhar sguabach, reachd'or, trom ;
Is chi na buachaillean gach cruaidh-dhruim fáis
Ur-bhog le feur, 's le liligh 's ceutach barr ;
Le h' iongnadh eibhinn eisdidh iad ri toirm
An uisge 'steallraich fea na'n craim-chreag garbh.
Mu nead na nathrach bais bu chraiteach beum,
Tha chuilc air chrith, 's an luachair thric na deigh.
'S a ghleann 'bha fas fo' bharr do'n sgitheach dhoirbh
Tha 'm bocsa grinn, s' an giubhas sniomhain gorm.
An aite chuiseag seisg, is luibhean searbh,
Ni mirtiol fas, 's am palm is àilli dealbh.
Bidh iarmad sgrios a mhadaidh-allaidh ghairg
'S na h' uain na measg ag ith air shlios gach leirg :
Caillidh an Tiger guineach ciurrach, fhearg,
'S ann strein nam flur do chloinn cha diùlt e falbh :
Ni 'n damh 's an leomhann san aon fhrasuich tamh,
'S bidh naith'r gun bheum ri cois fir-cheilidh tlath.
Togaidh an leanban ciche 'bheisd o'n lar,
'Si bheithir bhreachd a chleachd an ruinn-ghath bais ;
Le gair-thoil-inntinn chi e lith nan lann,
S mu'n teangaidh ghobhlaich cluithidh an t òg gun fheall.

A Bhann-Righ Shailein ! arduich gloir do chruin !
Am mordhachd t' uaillse tog a suas do shuil !
Na d' chùirtean rioghail seall na milltean slèigh,
S na h ail nach d' thainig, s aill leo teachd na d' choir !
Tha linn air linn a tairgs' am breith gun dail,
Gun fhusgais gus am faic iad soills' an la ;
An sliochd gun chunntas seall tu 'dusgadh suas
Thoirt modha do'n Ribhinn aigh is ailli snuagh !

Gabh beachd air feachd nan rioghachd fad o' laimh
Air ghluinean lùbt' ag urnaigh' t' theampull áigh!
Sna ceudan Righ a tuitim sios gu dluth
'S gun diol iad iobairt cheart do Thi nan dul!
Nach seall u 'n luchd th' air t-altraichean gun smăl
Do'n spisreadh phriseil thig o'n aird a near!
Tha dosraich Edom dhuits' a seideadh blath,
'S do dhearg an òir tha sleibhtean Ophir lan.
Seall!—Geata boillsgeil rionnagach nan speur
A fosgladh suas ort!—sid a ghloir nach treig!
A mhadainn chiuin nis mo cha deallraich grian,
'S cha'n eirich gealach sheamh fo sgail nan niall;
Grad-bhruchdaidh tuilltean soillse 'nuas o' Neamh;
Lan-dealraidh struth na gloir ad chuirt gach trath!
Mu d' thimchioll dearsaidh aird an t-Sholuis Fhein;
'S gu saogh'l nan saogh'l gur leatsa la dò Dhe!
Ni 'n fhairge triall 's an iarmailt theid na smuid;
Gun leagh na sleibhtean as mar cheir roimh 'Ghnuis;
Na creagan siorruidh tuitidh sios na'n uir;
Ach seasaidh firinn dhileas Righ nan dul!
Riaghlaidh tu fein 's Messiah 'n eibhneas neamh,
'S air gloir bhur riogh'chd ni 'm faicear crioch gu brath.

CO'-CHRUINNEACHADH ORAN
LE H' UGHDAIREAN EILE.

I.

Oran Molaidh do Choireachan Ghlinnecombann, le Domhnull Domhnuliach, Mac Raonuill Mhic-Ailein.

I.

Ge d' tha mise so n drasda,
'S mor gu'm b' fhearr 'bhi 'sna gleannaibh,
Far a faicinn fear cráice,
A direadh ard ris na beannaibh:
Cha chuir uchdach ort fáillinn,
'S maith do chaileachd 's do cheanal,
Bha mis' eolach mu phairti
Do na thainig 'o t' sheanair.

II.

Gu'm bi sid a ghreidh uallach,
'Bhiodh luaineach 's an fhircach,
Air nach luigheadh a gharbh-fhras,
Ge tric a falbh i 's a tighin;
'Ge do sheideadh a'n Geamhradh,
'B ard samhla n daimh idhir
Ann a mullach an aonaich,
Gus a'n caolaich do shitheann.

III.

Gu'r hi 'n dudlachd so 'leon u,
Dh' fhag cho róinneach u t' fhalluinng ;
'Chuir an glaisead u t' aogasg,
'Sneachda 's gaoth, 's clachan-meallain :
Cha leig fiamhachd leat cruban,
Na tighn dluth air a bhaile ;
'S tric do leab'annsa chuidhe,
'S mairg a ghuidheadh bhi mair'-ruit.

IV.

'S iomadh aisire mhughteach
A th' aig údlaiche 'bhealaich
Eadar ceann Mill nan Rúghag,
Agus cul Chòire-sgreamhaich ;
A 'm braighe fireach a'n fhuarain,
Ort bu shuarrach an fheamainn ;
'S air liumsa gur luath u,
Ge b e dh' fhuadaicheadh fear dhiu.

V.

Gu'm be do chairtealan cuartaich'
Am buachaille thall-ud ;
Gur lubach, feadanach, fasmhor,
Lionmhor, dair-mhor, 's gu'r gleannach ;
Lurga chlachach, gud àich-sheun,
Mar a dh' fhagadh 'o shean u
'Sid na h aisirean aluinn,
Is grinne fáileadh na 'bhealaidh.

VI.

A bheinn fhada na mŭran !
'B fhiach u fuireach ri t' fhărraid,
Am Bŏdach gun diobradh,
Chan iosal a Chailleach ;

Eadar mullach na Cicheadh,
Agus still Choire-Bhallach,
Mar sid s' Gairbh-beinn nam fior-dhamh,
Is tric a dhirich a mhanngach.

VII.

Am bràighe bhaile nan sgriodan,
Gheibh u cinnteach do leaba,
Gu'r a glacach, gu'r strònach,
Gu'r gorm, nòineineach, bădach,
Gu frith-choíreineach, lionnti,
Uaine, mìn-driuchdach, lagach,
Am faighte' cheathairnne riadhach,
Gam 'bi 'm biadh air a phailteas.

VIII.

Tha Beinn Chrulaisd na'm fior chlach,
Gle dhileas do d' leanamh,
Tha i 'beathachadh t' òigridh,
Ga'n cur a'm boidh'che 's am mearad:
Ge nach fhuidhinn le d' dheoin e,
'Stric a sheol u dhomh m 'eallach;
Gu'r a farsuinn do sheomar,
Am bi do lòn ann as t' earrach.

IX.

Gu'r he fiadh Bhuachaill' Eite
'S moch a dh' eirgheas as t' earrach,
A dhol a shiubhal a chàthair
Gu h' àiridh Uillt-Chailleach:
Gheibh u cìeb, agus cain'chein,
'Seamrag, sealbhag, is ballan,
Noinein eăgach, is luachair;
'S bileach, luath u ga gearradh.

X.

Tha 'n Coire-buidhe dhuit dileas,
Gheibh u cinnteach do dhlighe
Coire Ghàbhal gu h iosal,
Làn milltich do shireadh :
Coir 'an Lochain 's an t' Aoineadh,
'Stric tha mhaoisleach at' fhireach ;
'S am braighe Choire na marrach,
Gu'm bu chrachdach do chinneas.

XI.

Tha scurr dhubh Choire chaim leat,
Agus ceann mill an Righe ;
'S a meall garbh a'm bi 'n tatar
'Nuair is pailt iad a tighin :
'M Braighe Choire na Mor-thir,
Cha bhi fotus do bhidhidh,
Ach gu loireach, trom-strachde
Sugh'ar, fasmhor do luibhean.

XII.

Gur a leat Calg na stroine,
'S gle mhor e fo t' uidheam,
'S tric a chaidil u samhach
Ann a mas a Choir' idhir ;
Coir 'na Beithiche laimh ris,
A 'm biodh mathair do dhibhe,
A 'm fuidhte biolaire n' fhuarain,
A chuireadh fuarrachd fo d' chridhe.

XIII.

Am Buachaill' beag cha'n e 's taire,
'S Lurga bhàn Choire Rainich,
'S Lairig-Gartain na'm fiadh, gu
Lubach, miadhanach, ballach,

Am biodh eilid na stroine
'Dol an comhdhail a leannain,
'S iuma greidh a bha boidheach,
Tighn air chorsaibh do bhealaich.

XIV.

'S gu bheil an Achlas, 's a Chràleig
Mar bha d'iad * gu minic,
Gu lionmhor, gu fiadh'or
Gle fhiadhaich, neo thim 'or;
'S ann 'sa chathar gu h iosal
'S tric bha miann aig na gillean;
'S chunnaic mis' annsa sgarnnaich
Nach bu chairdeach dhuit sinne.

XV.

Tha Coire-Chorcaig mo ghraidh-sa
Agus braighe na stille
Mar sid s ais're na'm fiadh
A'm faicte ceud do d' chuid Nighean;
Braighe Choire na gaibhre,
'S leat cuid oidhch', fhir mo chridhe!
Ann Coir an t' shionnaich gu h àrda
'S tric a bha u, 's bu dligheach.

XVI.

Tha Coir' nan each mar a b' abhaist
Agus fasach an doire,
'S na Glacagan càirdeil
An dean i tàrsuinn do'n choillidh:
Braighe innis'a Chòis, am
Bi do sheorsa gun ghainne;

* *d'* is usurped to prevent a heatus by the concourse of two vowels. *Lochab. Dialect.*

'Nuair a thigeadh an t' anmoch,
Gu'm bu mheamnach do shloinneadh.

XVII.

Gu'r luaineach do dhusgadh,
A g' amharc' dluth air gach ais'sidh ;
'S glan faileadh do shroine
Ge'd dhuin ceo air gach bealach,
Cha leig u duine ga d' choir, mu'r
Bi e seolta gu'd mhealladh,
Gu'r a cŭt-mhasach, ruagh u,
Nuair a ghluaiseas a'n t Earrach.

XVIII.

'Nuair thig a'm blaths oirnn 'o thoiseach
'S calgach sleamhain do shlios-dhearg,
Gu'r dubh-bhroilleach, tarr-gheal
Fear nach fharr'deadh an liquor ;
Tha u misneachail laidir,
Cha tar iad air mhisg u ;
Tha u bisi sa'n aonuch,
'S luthmhor, caol do dha iosgaid.

XIX.

Gur h ineach, biorach do bhrogan,
Do chas sporsail gun ghartan ;
'S aotrom, cuimir, gun chorr u,
Le d' thruibhas boidheach 's le d' dheachdaid :
Ged' is dioghaltach Deorsa
A tighn oirnne le acaibh,
'Cheart aindeoin a sheorsa
Cha chuir iad beo ort a chasag.

XX.

Gur a du-rosgach, roinneach
Neo-ghloireann, 's cha ghreannach

Gu furachair cluasdearg,
'S tu 's luaith 'theid na'd dheannaibh ;
Gu fad-bhusach, cròchdach,
'S tu 's boidhche ni lanngan,
'S geur, fiamhach, fior-thograch,
A chi u sealladh roimh 'n cheathach.

XXI.

Gur a maoisleach, gu'r bochdach,
Gur toiteineach ìgh-mhor
A bhuidheann neo-ghreannach,
'S fad a ghearras iad sinnteag :
Ga m b' uidheamach braicmheas
'Sa choire chlachach ga dhireadh,
'Sa choillidh bha braonach
Mu dha thaobh Choire-dhinneachd.

XXII.

Thoir mo shoruidh sa n drasda
Thun' gach braighe 's gach coire
Tha gu siolmhor, gle fhasmhor,
Ann a'm braigheachaibh Chomhunn :
Gu'm bu bhichionta 'n deigh ort
A bhiodh seumas le lomhainn ;
'S cinnteach, utlaiche gharbhlaich
'Stu gu marbhadh, ann comhart.

XXIII.

Bha u eolach mu reithlein
Bhraigh' Eite, 's cha bheag e ;
'M biodh Forsair na frìthe,
A falbh gu dian le chuid fleasgach ;
Le'n cuilbheirean direach
Bhiodhte cinnteach nach fheitich :

Gu'm faca mi gniomhach
Do mhiolchoin mu fheasgar.

XXIV.

Be t' abhaist 's na stronaibh
Bhi g'an leòn annsa mhullach,
Le'r gunnachan gleusda
Nach eisdeadh a'm buille:
Bhiodh do mhiolchoin ga'n teirbheirt
Gu feirgeineach, fuileach,
'S bhiodh do ghillean gu treubhach
Ann s a bheinn gan cur riudha.

XXV.

Ach na'm bidhinn cho eolach
Na cho seolta 's bu mhaith dhomh,
Le faidhidinn saoithreach
'N aghaidh gaoithe 's i greannach;
Mu'm fosgladh i 'suilean,
Na, mu'n duisgeadh a leannan,
Gu'm bidhinn le'm dhochas,
A faotuinn seol air a feannadh,

XXVI.

Ge do shiubhla tu Albainn,
Tha mi dearbhte gu'r fior e,
Caite facas an leithid
Do leitrichean fritha:
Leacan reith fada fothe,
'M bi do sheorsa gu lionmhor,
Gu macanach, manngach,
Eildeach, aighearach, piceach.

XXVII.

Gur a direach, dlu, briadh' u,
Gur a fiarach, 's gu'r millteach;

Na struthanan luigheach,
Am fag i fuigheall ga 'dinneir;
'Nuair a thogradh tu tilleadh,
Cha bhi t' iomartas mi-thŭr,
Ach gu mùighteach, gle-bhadach,
Lubach, gaganach, brioghmhor:

XXVIII.

Nuair a thigeadh sibh dhathigh
Na'r baidnnichean lionmhor;
Gu lùb Lairig-Ghartain
'S gu Coir Altrum na frithe:
Gle mhoch ann sa mhaduinn,
Coinn'each, bainnearach, piceach,
Ris an Laoighein bhreac, bhallach,
As brisge, mhear an cean miosa.

XXIX.

S thoir mo shoruidh an drasda *
Dh'ionnsuidh 'bhraighe tha suas uam
Gu Dunncha M' an t' Shaoir †
As tric a shaoithrich mun cuairt duibh;
Bha e eolach 'o shean ort,
Fhir nach meathadh ri fuarrachd;
'S air gach dligheadh a bh' aguibh
Eadar Băth' agus Cruachan.

* An trath so. † The celebrated Highland Bard.

ORAN II.

Oran Leannanachd, le Duin 'uasal àrraid.

Air fhonn fein.

I.

An roir a bhruadair mi 'n aisling,
'S mi bhi m' shineadh am leabuidh
Gu'r hi n' Ribhinn bu ghasta bha m choir.
An roir a bhruadair, &c.

II.

U bhi eadar mo ghlacaibh,
'Bhi ga'd phogadh a b' ait lium;
Fath mo sholais bhi 'blasad do bheoil.
U bhi eadar mo, &c.

III.

Cha'n eil mais th'air Minerva
Na air Venus trid àilleachd
Nach eil sid air mo ghradh 'sa, 's cha bhosd.
Cha'n eil mais', &c.

IV.

Corp seang, sibhalta, fallain;
'Slios cho-min ris a chanach;
Calpa finealt 's troigh cheanalta 'm bròig.
Corp seang, sibhalta, &c.

V.

Ciachan corracha, gle-gheal,
Ann a'm broilleach do leine,
Iad mar aiteal na grèin' ri la cèe.
Ciochan corracha, &c.

VI.

Ged' tha luchd bagraidh sa'n uair orm,
A ghaoil! cha tabhair mi fuath dhuit,
Gus an d' theid mi fo'n fhuair lic san fhod.
Ged' tha luchd bagraidh, &c.

ORAN III.

An Cleireach Caol cam. Sean dan.
Air fhonn fein. (*In Heroic Rhyme.*)

Chunnaig mise tigh 'o'n tùr
Maighdeann ur le mantull donn :—
Chunnaig mise, &c.
" Cha'n eil fhios agam co ù,
" Fhir ga bheil an cùl dŏnn tlath!
" *Cha'n eil*, &c.
" Mu'r mac u do laoch na righ,
" Cum a'n cuirinn pris a'd' dhail!"
" *Mu'r mac*, &c.
" 'S mac mise do dhuine saor
" Dh'eisdeadh Laoidh, 's a ghabhadh dàn."
'S mac mise, &c.
" Gu'r liath lium bun do shean fhiunnaidh ;
" 'S b'annsa lium comunn do ghillean."
" *Gu'r liath*, &c.
" Gu'r liath mise ; 's ga liath, 's laidir :
" Bheirinn na feidh shean air eiginn."
" *Gu'r liath*, &c.
" Faic u, 'ga liath bun na driseadh ;
" Ach cha lughaide cuid smèur e.
" *Faic u*, &c.

" Faic u ga liath bun an dreathain ;
" Ach cha lughaide 'chuid àirnneag.
" *Faic u*, &c.
" Faic u ga liath 'n calman glas ;
" Ach cha lughaide 'chuid èun e."
" *Faic u*, &c.
Dh'fhalbh is 'aun an riochd na bo
'Shiubhlas gu h'eolach a sliabh :
Dh'fhalbh is, &c.
Dh'fhalbh easan a'n riochd an tairbh,
'Ghabhail seilbh ann sa Nigh'n ùir.
Dh'fhalbh easan, &c.
Dh'fhalbh is' ann an riochd an t' sheobhaic,
Ean is airde theid san adhar :
Dh'fhalbh is, &c.
Dh'fhalbh easan an riochd an fhirein,
'Ghaol a spionadh leis an leathad.
Dh'fhalbh easan, &c.
Dh'fhalbh is' ann an riochd a bhradain
'Shiubhlas air aigeal na linge.
Dh'fhalbh is', &c.
Dh'fhalbh easan an riochd an dòrain,
'Ghaol bhi comhluath ris an nionaig.
Dh'fhalbh easan, &c.
Dh'fhalbh is' ann an riochd na caorach,
'S pairt ga faoghlum mu 'na preasaibh :
Dh'fhalbh is', &c.
Dh'fhalbh easan an riochd an reithe
Chum a gleidheadh 'o gach madadh.
Dh'fhalbh easan, &c.
Dh'fhalhh is' ann an riochd na luchaig'

Theid 'on t shuipein ann sa 'chailbhe :
Dh'fhalbh is', &c.
Dh'fhalbh easan an riochd a chaöitein
A ghabhail seilbh ann san luchaig.
Dh'fhalbh easan, &c.
Dh'fhalbh is' air each cruitheach donn ;
'S easan na Chlèireach caol cam.
Dh'fhalbh is', &c.
Deireadh gach comuinn a bh'ann :
" *Mo mhallachd ort, a bhean thall.*"
Deireadh, &c.

ORAN IV.

Do Shir Eobhon Cam'ron le Domhnull Bàn Mac Lachuinn, um Bard Murbhairnneach.

I.

Tha mo chiabhan air glasadh,
Tha iad liath 'o chionn fhada ;
Si so bhliadhna ghreas m' acaid,
Dh'fhag seannta mo leachdan,
Gun mo cheannard a'm thaice ;
Lium is bliadhna gach seachdain
'O ghluais leïn air aiseag an Fhrainng uaim.
'O ghluais, &c.

II.

Gur beag mo chuis aighear ;
Nach olc truadh leibh mo ghabhail ?
Chaidh an tuadh fàrr a samhaich,
Ceannard gàir an t' shluaigh chatha,

Ga 'm bu chaisdeal an Claidheamh ;
Craobh bu shine do'n abhull
An leabuidh uaignich na luidh' ann san teampull.
An leabuidh, &c.

III.

Tha mo chridhe na sprudhar
Tha mo ghruaidhean air dubhadh
'On fhuaradh fàth air ar buidhinn ;
Bu mhor ainm air an puthar
'Nuair a nochdadh breid buidhe ri crann duibh.
'Nuair a nochdadh breid, &c.

IV.

'S mise dh'fhaodadh a ghraitinn
Nach robh subhachas saidhbhir,
Gun robh dubhachas gearr uainn :
Bu dosgach toiseach a Mhàirt duinn,
San am'n do shiubhail an t' armann,
Mur d'thig Iein gun fhàrdal,
Na Ailein a bhrathair :
A Righ ! cuidich an t àlach a th'ann duinn.
A Righ ! &c.

V.

Leomhann fuileachdach, euchdach,
Sunntach, flathasach, eibhinn ;
Sar mharcach nan steud u,
Blar na carroid cha d' eisd u ;
'S tu gun cuireadh o' cheil' iad,
'S nach iarradh an reite ;
Bu leat onoir na Feinne,
Dhearbh is chòmhduich u fein ann 's gach ball e.
Dhearbh is chomhduich, &c.

VI.

'Nuair a dh'eirgheadh do shluagh leat,
Meamnach, aigeannach, uaibhreach,
Fraochail, fuilteachail, buaghail;
Cha bu tilleadh bu dual dhuit,
S do chinn fhine mu'd ghuaillibh,
Cha b' ann le giorag a ghluais iad
Dol an iomairt an fhuathais;
Naile chuirte leat ruaig air do naimhdean.

VII.

Oidh'ch Ard Rainich an totail,
Thiig a ghrànsg ort mar spot e,
Bha na tighearnnan goirt dheith,
Trom-chreuchdach fo' lotuibh,
Bha Diuc Athull gu h' olc dhuit,
Cha robh a chrì aig a nòchdadh
Gun dò ghleidh u do phosta ga 'n ann-toil.

VIII.

La sin shiorra-mì-ur,
La dosgach a mhi-ghrais,
Bh iuma duine fo mhi-chliu,
Do luchd muinntir fo mhìghean,
Aig tuaileas luchd mi-ruin
Nach b' urrainn comh-strìth ribh,
Nach gabhadh gu dìlinn
Ri linn teachd a t' fhianuis
Gu'm bidheadh iad dìleas 's gach am dhuit.
Gum bitheadh, &c.

IX.

Co b' urrainn ga t airis,
'San aird a niar do na fearaibh

A dh fhear do staoile 's do chaithreim ?
Iad a g iarraidh gu t' fhearann,
Bha gach namhaid na charaid ;
Fhuair u reite Mhic Ailein,
Mòr-fhir Hunntli nan seang-each ;
Cha robh fèum dhoibh ga leanailt ;
Thug Mac an Tòisich toirt thairis le taing dhiut.
Thug Mac an Toisich, &c.

X.

'S ioma buaidh 'th' ort ri thagha,
'Dol an lathair an lagha,
Cha bu sgathaire cladharr'
A chur cuis air a h' adhart ;
Bhiodh tu dana na'n aghaidh :
Bha u ard ann a'm fradharc,
Ann ceill, 's an gliocas, 's am meodhair dea'-chainnte.
Ann ceill, &c.

XI.

A chùis bu chruaidhe ga leanailt,
'S tu gu'm fuasgladh gach sparrag ;
Gum bi t' uaislean aig baile,
Bhiodh do thuath ort mar eallaich ;
'S beag an curam roimh ainnis,
'S tu mar " chùraing" a mar dhaingeann,
'Dol air beul-thaobh gach barra
Cha togte dhiot ceallag gun challtach.
Cha togte dhiot, &c.

XII.

'S maith a mharcuich u-n' saoghal,
Bha aoigh Dhia agus dhaoin 'ort ;
Cha bu ghliocas, fear t' aobhair,
Teachd le nitheannaibh faoin' air ;

Tigh'n gun fhios ort cha n' fhaoitde,
Cha bu shùgradh do chaonnag
'Bhi ga dùsgadh gun aobhar
Bu tric fuil agus faobh air do naimhdean.
Bu tric fuil, &c.

XIII.

'S og a dhearbh u do ghaisgeadh,
'Fhir bu chuimhneach air tapadh!
Rinn u seasamh gun snasadh
Ann an aghaidh gach prasgain,
Bhiodh tusa gach maduinn,
Gach aon la 'cur as doibh;
Cha leigeadh fiamh dhoibh cead caduil na'n campa. *Cha*, &c.

XIV.

'Nuair thainig ainneart fear shasonn
An deigh Righ Tearlach a ghlacadh,
'S a chur gu bas ann an aithghearr',
Bha gach Rioghachd air snasadh;
Gheill Alba'n le bagradh,
A liubhairt arm 's gan toirt seachad,
Gun do ghearradh biadh maidne;
'S gu'm bu mheasail na h Abraich 's a'n am sin;
'S gu'm bu mheasail, &c.

XV.

'Nuair thainig 'n dligheach gu àite
Oighre 'chrùin a bh' air Tearlach,
'S a chaidh u na lathair,
Rinn u umhlachd ga ghràsan,
Dhoirt do chloidheamh a' sgàbart;
Thug e earail ga chairdibh,

Gun t' airm a ghabhail a'd laimh uait,
Thug e teisteannas làidir
Gun robh u dìleas le phairti 'nam ainneart.
Gun robh u dìleas, &c.

XVI.

Sheas u corr is tri bliadhnna,
Fhuair u rèit' agus siothchaint,
Agus onoir, 's gu'm b' fhiach u ;
Bha 'n airm fein air do lionsgair,
Air gach causair ga'm feachuinn,
Gun na mionnan ga'n iarruidh ;
'Nuair nach fuidheadh cach sgian fo'n comannda.
'Nuair nach, &c.

XVII.

Cha robh seanaileir aite
A fhuair comas air airde,
Ann 's an t' sheirbheis 'm bu ghnàth leat,
'N am fuathais na gàbhuidh,
Na 'shuidheachadh làrach,
Na chruinneachadh Ghaidheal
Nach iarradh thair chach u,
'Naile, ghabhadh iad pairt do d' thoil chainnte.
'Naile, &c.

XVIII.

A stigh an cridhe do dhùchadh,
A togail bhallachan dubailt,
Cha'n fhaca dithis na aon-duin'
Tigh, na sabhal, 'na smudraich,
Bean na leanamh ga rusgadh,
Mart ga gearradh fo' luibhean,

U fein na bhuachaille cuil orr',
Aig meud an eagail, 's an curam romh 'd cheannsgal. *Aig meud*, &c.

XIX.

'S aoigheil, onorach, bunghail
Ann cèill, 's a'n gliocas, 's an cruadal,
Ann 's gach meas mar bu dual duibh,
Gun bhur gleachdair bhi 'n uachdar,
Na neach a nochdadh san uair sin duibh naimhdeas.
Na neach, &c.

XX.

Beairt is measa 'rinn t' uaislean
'S iad a láthair san uair sin;
'N deigh gach cliu sid a fhuair u,
'S gur tu b' urrainn ga'm fuasgladh
Aig a bhail' agus uaithe,
Do chorp prìseil gun truailleadh,
'N am bhi treabhailt na h' uaghach,
Nach do nochd iad do shuaicheantas teann ort.
Na do nochd iad, &c.

ORAN V.

Marbh-Rann do Mhac-Dhughaill Dhun-olladh, Le Domhnull M'An t-Shaoir.

(In Heroic Verse.)

I.

'Smor easbhuidh Lathurnn' am bliadhnna,
A caoidh mu'n sgiall air nach d' thig muthadh ;
Ieïn Ciar, 's a cheann gu h' ìseal
'S leir do'n tìr gur dìth Mac Dhùghaill.

II.

Tha smal air uaillsibh do thighe,
Gun luaidh air aighear na sugradh,
O' n dh' fhagadh u 'n Cille-Brìde,
'S nach dean sgal pioba do dhusgadh.

III.

Fhuair maithean nan Gaidheal brisdeadh
O'n a chaidh tu 'n ciste 'dhuinte ;
'S lughaide chearnna so uile
Nach faicear tuilleadh 's an Dun u.

IV.

'S iomad mac a chaochail neul,
Ri h am do'n Triath dol fo lic,
Ge minic a ghineadh a cblann
'B ainneamh do shamhla na measg.

V.

Chaochail na sianntan, tra' dh' èug,
Bha 'n speur á sileadh gu tric ;

Chaidh toradh na coill air chall,
A' cnuasachd, a blath 's a meas.

VI.

Bha u truacanta ri bochd,
Bha u gu fuasgailteach glic,
Tuigse nàtuir le sàr bheachd
Fhuair u gu saidhbhir mar ghift.

VII.

Bha u treun'or le deagh-choltas,
Mar a bha Osgar sa'n Fheinn,
Fear fial, gun fhiaradh, gun mheatachd,
Cha leir dhomh neach mar u fein.

VIII.

Bha u siobhalta ri mnái,
Bha u dàna 'dhol 's an trod;
Bha u gu misneachail garg
'Nuair a ghluaiseadh fearg a d' chorp.

IX.

Bha u maith a dhioladh duais,
Bha u cruaidh gu dol ann strith;
Seirc is aithne, buirb is buaidh,
Do chliu buan an ioma tir.

X.

Ach thugamid umhlachd do'n Ard-Righ,
Nach d' fhag an larach gun siol;
'S maith Alastair a bhi 'lathair,
Ge craiteach na bheil ga'r dith.

XI.

Bitheamid subhaltach, ait,
A Chlann mhac 'tha m blagh 's am prìs;
Beannachd leis an t' shaoi 'rinn triall uainn,
'S ann o Dhia 'thig gach mòr chis.

ORAN VI.

A rinn te ga Leannan.

Air fonn:

Tha mi trom, duilich trom airstealach, cianail,
Tha mi trom, duilich, trom; cha tog m' inntinn lium fonn,
Tha mo chridh' air fas trom, 's fad a bho 'n tim sin.

I.

THA mo chion air mo leannan,
Lub ur a chuil chlannaich;
Cha leig mi as m' air 'u
Fad 's a dh' fhanas mi 's tir so. *Tha mi*, &c.

II.

Tha mo chion air an tailleir
Lamh a dh' fhuaigheal na sgarloid;
Gheibhinn cadal is tamh leat,
'S mo lamh fo d' chul sniomhain. *Tha mi*, &c.

III.

Bu tu sgiobair na fairge,
Cas a shiubhal a gharbhlaich;
Ann am frith nan damh dearge
Bu tu sealgair na sithne. *Tha mi*, &c.

IV.

Tha mo ghaol air mo leannan,
Ris an can iad Mac Ailein,
Beul an t shugraidh 's a cheanail,
Caol-mhala gun mhi-thlachd. *Tha mi*, &c.

V.

Gur a mis 'th'air mo leonadh,
H uile lath' is Di-domhnuich,
'A theid a'm pobull a'n ordugh,
'S cha chord iad ri m' inntinn. *Tha mi*, &c.

VI.

Gur a mis 'th'air mo chiurradh,
'Nam caduil is dusgaidh ;
'S mor gum b'fhearr a bhi 'Muideart,
Am bun cùirnn gun mo dhinneir. *Tha mi*, &c.

VII.

'S mor m' eagal, a Dhomhnuill,
Gun casar a'n toir ort ;
Gu'm bi mise 'd dheigh bronach,
'Stus' air fogradh 's na h' innsean. *Tha mi*, &c.

VIII.

Bha mi n' lathair do chordaidh,
Agus boidean do phosaidh,
'S cha robh agum do shòlas,
Ach bron gun toil inntinn. *Tha mi*, &c.

Ise 'tiunndadh gu fear eile.

IX.

" Bha mi 'n roir air do bhanais,
" 'S bidh mi nochd aig a bhaile ;
" 'S tha fear eile 'g am' fharraid,
" Leis nach maith mi bhi dhith air. *Tha mi*, &c.

X.

" Gu'r a mis' th'air mo ghreadadh,
" H' uile moch agus feasgar ;
" O na dh' fhalbh u do dh' Eige,
" 'S mor m' eagal nach till u. *Tha mi*, &c.

XI. *A Leannan a labhairt.* *A. M'D.*

" 'S tusa Ribhinn is boidhche
" Eadar Uidhist is Mor-thir,
" 'S tha fios aig Mac Dhonuill
" Gu de n' doigh' thair do chiochan. *Tha mi,* &c.

XI.

" Gu'r a maith' thig o'n bhuth dhuit
" Dos do ribeinean ùra;
" 'S ann lium fhein bu mhiann sul u,
" 'S do chul mar a'n dithein. *Tha mi,* &c.

XIII.

" 'S mise 'ghabh a sàr-bheachd air
" T' fhalt dualach ga dhressadh;
" S e mu 'd ghuaillean a'n cleachdadh,
" Air a phleatadh gu riomhach. *Tha mi,* &c.

XIV.

" Suil ghorm is glan aogasg;
" Tha do ghruaidh mar na caoran,
" Cneas is gile na 'n fhaoileann,
" 'S mor a'n gaol thug mi fhin dhuit. *Tha mi,* &c.

XV.

" 'S ann ort fein a tha mhaise,
" Bean t' aogaisg cha'n fhaicear,
" Beul tana, dearg, daite,
" Deud snaighte mar dhisnean. *Tha mi,* &c.

XVI.

" Troigh chruinn a'm broig ùir u
" Le bucull ga dùnadh,
" Air trumad a'n driuchda
" Cha lu'badh tu 'millteach." *Tha mi,* &c.

ORAN VII.

LE GILLESEUIG DOMHNULLACH O' UIST.

Do bhanais a bh' ann a'm baile gan goirear :—
" Ciostal-odhar."

Air fhonn fhein.

A bhanais a bha 'n Ciostal-odhar,
Ann a'n Ciostal-odhar, odhar,
A bhanais a bha 'n Ciostal-odhar,
Cha robh odhail choir orra.

I.

THAINIG fear anuas gu'm riobadh,
Dh' innse gun d thainig a'm pige ;
Fhuaras botul, lionadh slige ;
'S binn a gliog, 's a crònan.
'Bhanais a bha, &c.

II.

Thainig fear a nuas da rìribh,
Los e fein a chur a fiachaibh,
'Chuir e faobhar air na h ìnean,
Gus mi fhin a sgrobadh.
'Bhanais a bha, &c.

III.

Gun 'labhair mise gu fiadhaich ;
" Mus a mi-stath 'tha u 'g iarruidh,
Gur dòcha gun cuir mi t' fhiaclan
Air iochdar do sgòrnnain."
'Bhanais a bha, &c.

IV.

'Smaoinich mi eirigh am' sheasamh,
'O na b' fhasan domh 'bhi 'g eadradh,
'Olc na dheigh! gun d' rinn mi 'leagadh,
Bhuail mi breab is dornn air.
'Bhanais a bha, &c.

V.

'Nuair a chaidh na fir gu mi-stath,
Gun robh ceathrar dhiu sa ghriosaich;
'M fear bu laige bha e n' iochdar,
'S thug iad piosan beo as.
'Bhanais a bha, &c.

VI.

'Nuair thoisich iad air na builleau,
'Cha robh mi fhin a cur cuir dhiom,
Gus 'n do mhaoigh iad air mo mhuineal,
'S air duileasg mo shroine.
'Bhanais a bha, &c.

VII.

'N sin, 'n uair a dh' eirich an trioblaid,
Thainig iad far an robh mise;
Thug iad mi 'mach thun' na sitig'
Theab gun ithte beo mi.
'Bhanais a bha, &c.

VIII.

Thug iad a mach thun an raona,
Mar gun rachadh cu ri caoirich,
'S am fear nach do sgrob iad aodunn,
'Bha aodach na strèichdean.
'Bhanais a bha, &c.

IX.

'Nuair thoisich iad air a chèile,
'Strădadh na fala 's na speuran,
Bha mis' ann aite gan 'eisdeachd,
'S gu'm b' eibhinn a spòis iad.
'Bhanais a bha, &c.

X.

Bhuail iad air a cheile 'chnagadh,
Leig iad air a cheile 'shădadh
'Shìn iad air aithris na braide,
'S air cagnadh nan ordag.
'Bhanais a bha, &c.

XI.

Fear a caoineadh, fear a'g aidhear,
Fear a caonnaig feadh a'n tighe;
Fear a glaodhaich uisge bheatha,
Fear a gabhail òrain.
'Bhanais a bha, &c.

XII.

Cha robh ann ach beagan dibhe,
'Leig iad a dhiunnsaidh a'n cridhe;
Bha fear is fear aca rithist,
Gun bhruidhinn, gun chomhradh.
'Bhanais a bha, &c.

XIII.

'Sin 'nuair a labhair a fidhleir:—
" O na chaidh sibh gu mi-stath,
" S mise 'm fear, gu d' thig an dilinn
" Nach d thoir sgriob air ceol duibh."
'Bhanais a bha, &c.

ORAN VIII.

Do dh' fhearuibh Lochaber. Le J. ——

Air fonn, " La dhuinn air Mach thir Alba," &c.
Dun. M'Int. Ode I.

I.

Mu bheannachdsa le Lochaber
Far an d'fhuair mi tamull m' àrach,
Far an d'fhuair mi greis do m' aran;
'S cha b'e m' aiteas 'bhi ga fhagail:
Aite furanach, 'se tlachdmhor,
'S am beil gaisgich na buaidh-làraich
Feumail, tarbhach, gleusda, feargach,
Euchdach, marbhtach annsna blàruibh.

II.

Cha'n iongnadh mise 'bhi tùrsach,
Mo dhuthaich a bhi gam dhiobradh,
M' aghaidh a thionndadh ri du-ghaill
'S mo chul a chur ri m' chuid dillsean;
Mo chul a chur ris an fhearann
'S an robh mo sheanair 's mo shinnsreadh;
Gun robh uair (ach, dh'fhalbh an la sin!)
Bu mhaith an àsainn sa strith iad.

III.

'S a liuthad sonn gun athadh, gun ghiorag
'Thigeadh 'o Innein nan stuc-bheann,
Bu shradagach anns an iomairt,
'S lannan biorach 'bhi gan rusgadh:

Cha bu mheas 'iad ann sa charraid
Dhortadh fala leis na rùdain;
Bhiodh an naimhdean fo' chuis fainneart,
'S gu'm b'e 'n t' aimhleas dol gan dusgadh.

IV.

'S iomadh àrd-cheannach, deas, tlachdmhor,
Calpach, gartanach, tiudh, domhail
Bu luath-lamhach annsa chabhaig,
'S bu ghrad-charach annsa chomh-strith;
Gu gunnach, biodagach, dagach,
'S fraoch gorm, gaganach gan comhdach,
Le 'n claidhean aisneach, criosach, claiseach,
Duilleach, ballach, bannach, òr-dhearg.

V.

Nuair a thogta bratach chogach
Ri crann lochdraidh ann 's na niallaibh,
Le piob ghallanaich nan dosaibh
Bheireadh prosnach do luchd iaruinn:
Do luchd nan lannan geura, guineach,
Reubach, fuileachdach gu riasladh,
Beinnach, speachach, leimneach, creachach,
Na fir threin nach seachnadh fhiachuinn.

VI.

'S iuma fuirbinneach mòr, tapaidh,
Le sgeithidh thacaldich, bhall-bhric,
A dh' inntrigeadh ann s na buillean,
A dhoirteadh fuil mar mhuir thoirbhisg:
'Dh eirgheadh suas gu h' ullamh, eallamh,
Mar chreachadh air nead nan connspeach,
A ghearradh chlaigeann roimh na h' aduibh,
Aig luchd chasagan sa 'chòmhdhail.

VII.

Dh'eirgheadh na treun-fhir o'n Bhraighe
Gu neo-sgàthach dol ann òrdugh,
Gu gruaim-mhalach 'a ghearradh bheuman,
Dh'fhagadh creuchdan air ann leonadh
Le claidhean cuil nan tri chlaisean
A bruchda fala, 'strachda feola,
Euchdach, gaisgeil, treubhach, tapaidh
'Nuair a thachradh iad san toireachd.

VIII.

Dh' eirgheadh treun-chathich 'o shleibhte
Na'm beithir bheumnaich s nan ealtuinn ;
Gu dana, fullasgach, feumail,
Chur nan creubhagan o 'n anam ;
Le spiunnadh ghlacan is fhèithan,
Iad nan sleibhtrich air an achadh ;
A bruthadh chnaimhean 's fuil na bàrcan
A ruigeadh gu h' àit' a ghartain.

IX.

Gun robh 'n Ardnamurchann comhlain
Bu mhaith an comhnadh 's gach cruaidh-chas,
Cha do ghabh iad riamh dad curam
Ri aghaidh fudair na luaidhe ;
Gu piobach, targaideach, bratach,
Piceach, astarach 's an ruaig iad,
Dana, fearail, laidir, smearail,
A chur cheannaibh ga'n luchd fuatha.

X.

'Nuair a thrusadh iad san am sin
Gach aon a dh ainmicht' air cloinn-Domhnuill,
Gleanna Comhann, 's Braigh Lochaber,
Gleanna Garadh, 's pairt do Mhòr-thir ;

Ard na Murchann, 's sleibhte bheannach
Na'm fear ceannasach, 's nan comhlan;
'S mairg a thachradh air an aodunn,
'Nuair a dh' aomaicheadh iad comhluath.

XI.

'B iad sin na cuirianean calma,
Bha sa'n aimsir ud cho laidir,
'S a dh' eirgheadh mar chlocha-meallain,
Le piob sgalaich, 's le crois-taraidh;
Reachdmhor, ardanach ann cabhaig,
Siobhalt, banail an am samh'chair;
Ceum ga dhubladh air an adhart,
'S cha b' ann mar chladhairean sgathach.

ORAN IX.

Mar gun deanadh fear ga Leannan.

Air fonn, " Staten Island hornpipe,"

I. *The Reel.*

A CHRUINNEAG dhonn na miog shul,
Na biodh ort ceal na miothlachd ;
Tha fior-chion mo chri' ort
A ribhinn gun mheanng.
Ged luidheadh teugbhail thinn orm,
Gum fogradh tu 'o m' inntinn
Gach mi-ghean le criodhalas
Do bhridail 's gach am :
Ged robh cuig ceud a d' dhiteadh,
Le n aigneadh lan do mhi-ruin,
'Cur mi chliu air nionaig
Is siobhalta gnàs ;
Cha chreidinn iad gu dilinn,
'Cheart aindeoin an cuid innleachd
Cha'n fhirinn leum glugaireachd
Nam figeartach meallt.

II. *The Sett.*

Toil-inntinn is priseile
Dhiarruinn, 'bhi sinnte
Ri d' chiochan geal, mulanach,
Tha sliom-chorrach, cumadail,

Ged' sgriobhta mi m' Iompaire
Nan Innseachan shios uainn
Cha dibir mi 'chruinneag gus'
An criochnaich am bas:
Gur' a binn lium a bhi cluinntinn
Nan righleadh 'o fhidh'leir
Cur sios nam port cuireideach
Is inntinneach uirigleadh
Ach 's binne lium do luinneag sa
Le fileantachd a rith-leimrich
A ribhinn ghlan, fhuranach,
Is fior-bhlasda cainnt.

III. *The Reel.*

Do phog air bhlas nan ùbhlan
Bhios milis, abuich curraidh;
Do shuilean gu h ur-ghorm
Mar dhriuchd air an fheur;
T'fholt sinnteach dosach, lubach,
Na chuachaibh badach, cul-donn
Gu dluth tigh'n ma'n mhuineal 'tha
Mar chiuin-ghath 'o n ghrein:
Do chridhe tuigseach, iul-mhor,
An com gun ghoimh gun tunnsgul;
Gur fiughanta, muirnneach lium
Sugradh 'o d' bheul;
Corp fallain, eutrom, sunntach,
Da maith ga'n d'thig na gùintean;
Troigh chruinn am broig chuimir dhuibh
Is lùthmhoire ceum-

IV. *The Sett.*

Tha durrachd gach fiurain
San duthaich le run duit;

Iad bruite trom-mhuladach
Gu túrsach mu'n chruinneig so ;
Bu chuirt leo, na'n tionndadh tu
Dluth riu le ciuineas ;
'Stu 'liubhradh 'o chunnthart mi,
Na'm b' fhiagh leat 'bhi m' reir ;
'Se mhuchadh gach curam
A chiurr mi 'o thus leat,
U 'dhúrrachdainn pillidh rium,
'S do phusadh le ministeir ;
Mo bheannachd a bhi d' chuideachda
'S gach ionad ann 'sa fuireach dhuit ;
Ma dhiultas tu buileach mi,
Cha chùis domh ach eug.

ORAN X.

Do dhithis Nighean uasal.

Air fonn, " Alastair 'oig 'ic Sheumais," &c.
M'Donald, Vol. I.

I.

Gun togainn fonn le criodhalas,
Air m' fhidhill bheirinn strann ;
Gu bheil gach teud an righe, mar
Bu dlighe 'sheinn nan rann :
A nuas gach gruagach aigeannach,
'O s ăit' leinn bhi na 'r cainnt ;
'S gun toir mi ceol le togradh dhuibh
Mar h' ob sibh dol a dhanns ?

II.

Am fiuran ur is deis' agaibh,
Na d' sheasamh bi gu luath ;
'S dean siùchd do Mhalli oig so,
Bho 's i 'n óigh is dreachmhor snuagh :
Ceud-thoiseach meas na cùirteadh
Anns gach cùis 's ann dith gur dual,
Aig meud nan subhailc taitneach
A bha riamh rid' phearsuinn fuaight !

III.

'S tu slat na'm buaighean firinneach
Nach cunntar sios gu brath,
Ged' thoisichear ri deaspud
An cainnt dheas-fhoclaich nam bàrd :
Ciall natuir agus ionnsuich'
Iad a stri co dhiu bheir bàr

Le meas is uaills' ad' sgeadachadh
Ann eireachdas thair chàch.

IV.

Do chuach-chul dosach sár-chleachdach,
'S a bharr air teachd a nios
Gu lìth-dhonn, bachlach, fainneachail
Mun bhraighe 's àilli sgiamh :
'O n taitneach faoileas neamhnadan
An òmair òr-bhui, 'ghrinn ;
Cuis-mheallaidh fhleasgach mòr-chuiseach
Nach sor dhuit gràdh an cri.

V.

Do mheall-shuil mhothar, charranta
Mar dhriuchd na maidn' air feur ;
Do ghruaigh, mar ròs na scarlaid'
Ann an garainnean nan sèud :
Beul meach'or, binn, gun tuairisgeul,
'Ghabh tlachd do'n stuaim mar bheus ;
'O t' anail 's curraidh faileadh lium,
Na ùbhlan blath nan geug.

VI.

Gun d' thug Apollo gliocas duit,
Is fiosrachadh ga reir ;
Gun d' rinn Minerva inich u
Gu grinneas chur air grèus :
Thug Venus seang-chorp maiseach dhuit,
Beo, dreach'or, fallain, rèith,
Troigh chruinn da'n thig na stocainnean
'S a bhrog nach dochainn feur.

VII.

Mar sid 's Elisa Cham'ronach,
A ban'chompach gun ghiomh ;

'O ghrunnd mo chrì gun dearbhuinn
A deagh ainm 'chur fad, 's air lead ;
'Si slat don iarmad mheamnach i,
'Bha fearail, calma, fial ;
Bu bhuaghail, uasal, àrdanach,
Neo-fhagalach 'sa strith.

VIII.

Geug thoraidh ur nan ath-ubhll' i
Nach d' atharraich na blàth,
Tha mannta, narach, tairisd',
Ann an ceanaltas 'a fas :
Cha leir dhomh cron a dh' innsear ort
'O chul do chinn gu d' shuil ;
Ach cuimir, suairce, siobhalta
Tha seasc na miog-shul tlath.

IX.

Gur fonnmhor toirm nan smeorach
A cur sios an oran gaoil ;
Gu luth'or, cuirteil, ordamail,
Air bhàrr nan òg phreas maoth :
Ach, 's binne guth do bheoilse lium,
'S do mheoir ri h' obair chaoil
Le snathaid ghrinn na cambric
Air am biorach, calgach ruinn.

X.

Gur lionmhor fiuran sar-mhaiseach
Do shiol nan stata mòr,
'Tha tursach deurach, pramhanach,
Mu ghradh nan sàr-nion òg ;
'S iad Malli dhonn is Ealasaid
'Thug barrachd ann 's gach seol,

A dhioladh neart is slainte dhoibh
Le feartan áigh am pòg.

XI.

A millte pairt da'r n eireachdas
Cha soilleirich mi choidhch',
Cha d' fhuair mi cànain dheas-fhoclach
A fhreagradh mi da chionn :
Ach ge nach d'rinn mo bhriathraibh sa
Gu fiach bhur cur ann suim ;
Tha 'n toil ann riochd nan gniomhannan,
'S bhur sonas miann mo chri.

ORAN XI.

Do cheathrar Nighean àrraid.

Air fonn, " Coire-Cheathaich."

I.

Na 'm bidhinn eolach, mar seinninn ceol duibh,
Air diol mo chomhraidh ann òrdugh rann,
Gun innsinn stoiri, le briathruibh seolta
Mu bheagan oighean tha 'choir nan gleann ;
Gun d' fhuair gach te dhiubh 'o Righ nan speuraibh
Sar ghliocas ceille, le stè gun mheanng,
Gu tuigseach, reusonta, surdail, feumail,
Gun cheilg, gun bhreine, bho 'm beusach cainnt.

II.

Nion D'òimh'll 'ic Dhùghaill a their mi n' tùs diu,
Si Ribhinn mhuirnneach nan cul-chiabh grinn ;
Tha t' anail shiùcair, mar bhlas nan ùbhlan
Air dhosraich ùrair a lùbadh sios ;
Do throighean inich am brogan cuimir,
Nach lot aig truimead a bhileag chrion :
Aon ghoimh na faillinn cha d'fhuair mi d chaileachd
Ach caoimhneil, càirdeil sgach aite m bi.

III.

Tha bas-ghradh bàigheil, le buaighean àgh'or
Nach eol domh àireamh, rid' nàtur fuaight' ;
Caol-mhalla shiobhalt 'mar dhos an fhir-eoin
'Os cionn na miog-shul nach tric fo ghruaim :
Do sheanng-chorp fallain, beo, sunntach, ealamh,
Mar bhradan lannach nan cas-shruth fuar,

Gu brisg a leumais air uachdar re-uisg'
Ri cuileig cheitein is gle-bhreac tuar.

IV.

A nion Ein 'ic Eobhoin ! gur lionmhor òig-fhear
Bras meamnach, mor-chuiseach air do thi ;
Beul meach'or, stuama, nach labhradh truailleachd ;
'Bhi coimheach, fuar, cha bu dual duit riamh :
'S co bhlasta n ceol lium 'bhi g' èisteachd t' òran,
Ri coimh-sheirm smèorach nan òrgan grinn,
'Sa mhaduinn òr-bhui, fea choill nan cròchd-mheur
A freagairt comhluath gu h' ord'ail binn.

V.

Cul rèith nan dorlach air dhreach an rocuis,
Do ghruaighean boidheach mar ròs a Mhàigh ;
Tha run nan ceudan a steach fo d' leinidh,
Do chraiceann gle-gheal mar eal 'air snamh ;
An 'am 'bhi cuallach a chruigh mu'n bhuailidh,
'S laoigh mhear a ruagail fea bhruach nam blar,
Gur binn do nuallan oscionn na cuaiche,
'Stu togail uachdair a suas mu barr.

VI.

Tha maighdeann og ann o' thaobh shrath-lochaidh,
Do shiol nan comhlan bu mhor an cliu :
'Si sud a chuachag 'tha cuimir guamach,
Cho chlis na gluasad ri luath bhreac uillt :
Ma s' maithreann slan u, gur lionmhor armunn
A dhiolas gradh dhuit nach traigh, air chionn
Iad fhaotuinn còrach le ceangal posaidh
Air ainnir mhothair is guirme sùil.

VII.

A Mhor nion Aonghais, a mhiann nan suirbheach,
Mo rùn deagh iomra' chur ort 's gach am ;

Tha cri gun eislein le uaill' is rèusen
Aig òigh na fèil 'air an eirgheadh rann :
Do chuach-chul cleachdach na dhualaibh bachlach
Mu'n mhuineal shneachd-gheal is taitneach sgeimh,
Tha seirc ad èudann mar dhealradh Phœbus,
Is moch a dh' eirgheas air sgeith nam beann.

VIII.

Beul modhail narach o' n criodhail gaire,
Nach coisinn tamailt do neach fo'n ghrein ;
Gu sicir grunndail, gun char gun lubaibh
Cha d' fhuaras tunnsgul na tnuth nad' chrèubh :
O' rinn u m braighe 's a mhios so fhagail,
Tha beannachd chairdean gu brath na d' dheigh ;
Ach, o nach lamh ruinn tha 'mhiann ort tàmhachd
Gur h' ait lium slan u sgach ait an d' theid.

IX.

Gur h' i so chiad uair a chuir mi sios sibh ;
'S tha n t' am na briathran so thoirt ga crich :
Cha d' rinn mi sgeul' oirbh ach ceart mar dh'eirgheas
Gun tuaileas bhreug, air gach te thuirt mi :
Mo dhurrachd fein duibh air raodha ceilidh,
Og meamnach, treubhach, bras eutrom grinn ;
Cho buan bhi fas duibh an toic 's an cairdeas
Ri meas-chrann gàraidh aig seamh-shruth mìn.

ORAN XII.

Do'n Uisge-bheatha.

Air fonn: Hill-oho, hill-oho, hill-oho, ro-hi,
Hill-oho, hill-oho, hill-oho, ro-hi,
Hill u, hill-oho, hill-oho, ro-hi,
Sugh craobhach a bhotail chuireadh sog air ma chri.

I.

B' odh mid aigeannach sunntach
Gu muirnneach na'r cri,
Agus tilgibh air chulaobh
Gach curam gun bhrigh:
Deoch slainnte nan uaillsean
Tha suairce, neo chrion,
Sid a dh' òlainn gun àichsheun,
Ge do phaighinn e risd. *Hill oho*, &c.

II.

So air Bacchus an cuiridh
Dh' fhas iullagach cruinn,
Og-mheamnach, grad-ullamh
Deas, urranta, grinn:
Nach bi sgrubail mu'n bheartas
A sgapadh gu fial
'Nam uaillsean 'bhi pòit
As tigh òsd air gu dian. *Hill oho*, &c.

III.

Am fleasgach glan innealt'
Is fileanta cainnt,

Tha ard-bhruidhneach, deas-fhoclach,
Seasmhach gun mheanng;
'S tu ghleusadh an teanga
Gu gearradh nan rann,
'S a dh' fhogradh gach mìghean
'Chuireadh m' inntinn gu pramh. *Hill-oho*, &c.

IV.

Bheir u spiorad don luigein
Is diùidi tha 's tir,
'Nuair dh'eirgheas do dheatach
Fea 'gheataibh a chinn:
Cha sor e mar bhoclach
Na botail a dhiol,
S ge do b' fhiùgh iad na crùintean,
Cha diultadh e m' prìs. *Hill oho*, &c.

V.

Am fuirbi deas, taitneach
Bha spalparra riamh,
Nach faicte fo aintéal
'S an lach ga cur sios;
'Nuair dh' fhosglas tu n' inntinn
Aig crinein gun chli,
Bidh e farasda, suairce,
Cho uasal 's an Righ. *Hill-oho*, &c:

VI.

Gum b' annsa na music
O' shiannsar nam piob,
'Bhi 'cluinntinn do chion'rain
A' turaraich mu'n phios:
An ioc-shlaint' ur àghmhor
Dheanadh slan am fear tinn

Lium bu taitneach do bhrosgul
'Nuair bhiodh sogan 's na cinn. *Hill-oho*, &c.

VII.

Nois' fhearuibh! bidh eibhneach,
Gun eislein, gun ghiomh;
Ciod e m' fath 'bhi fo ghruaman,
Gun bhuannachd ga chinn?
Sid dh' òlainn gu bonn
Air gach companach gr inn
'Bhios furanach, cairdeil
Gun fhailteim na chri.

Hill-oho, hill-oho, hill-oho, rŏ-hì, &c.
Sugh craobhach a bhotail chuireadh sog air mo chri.

ORAN XIII.

Do Nighin oig uasail.

Jan. 12. 1795.

Air fonn: Faill-ill, oro, hurubh, horo,
Faill ill, oro, hurubh, horo;
Faill ill, oro, hurubh, horo,
Run nan cailin gur a tu.

I.

A Mhaighdeann ur nan cul-chiabh fainneach,
Eili Cham'ron Nion a Bhailli,
Binn, mar theud na fidhle, 'gaire;
La na bliadhnna, diolam dan dhuit.
Faill-ill, oro, &c.

II.

'S lionmhor buaidh a fhuair an Ainnir,
'O n la 'ghluais i n tus air thalamh;
Mile trian cha dean mi aithris,
Ge d' bu lium na ceudan teanga.
Faill-ill, oro, &c.

III.

Cas-chul dualach, cuachach, boidheach,
Geal mar shneachd, air chruach nam mor-bheann,
Thig a nios gu sgiamhach, ordail
Air muineal mu'n iath an t' òmar.
Faill-ill, oro, &c.

IV.

Mar Pheucaig chiataich fiamh do mhaluidh,
Miog-shul ghorm fo chaol rosg tana,

Lan, mar dhriuchd air chuirnnein meala,
Dheanadh rùn nan diùc a mhealladh.
Faill-ill, oro, &c.

V.

Deud gheal, iobhraidh, dhionach, thaitneach,
'S àilli sgiamh na fiamh na cailce ;
Beul beag siucair òigh na maise
'S millse ceol na smeorach mhaidne.
Faill-ill, oro, &c.

VI.

'S ionmhuinn faoilas ròs a ghàraidh
Fas air dhosrach ùir nan crachd-mheur ;
'S mor gur boidhche gruaidhean àgh'or
Leug na suairce 's uaillse mánran.
Faill-ill, oro, &c.

VII.

Seang-chorp aotrom, sunntach, fallain,
Craiceann sneachd mar chneas na h eala ;
Miann nan Stat' is aird air shalamh
Caoimhneas graidh do bhlath-shuil meallach.
Faill-ill, oro, &c.

VIII.

Ri cuimhne sluaigh, gur buan an sgeul
Air Helen aigh ann dàn na Grèig' ;
Ach thug do ghradhsa barr mar cheud,
A Liligh bhàin an t-shar fhuilt cheutaich.
Faill-ill, oro, &c.

IX.

Gur tu 'n t-sheabhrach gheàlbhuí, ghreann'or
Dh'fhasas suas am bruach nan alltan ;
Noinein ùr nan lointean gleannntach,
Reùlt air dhreach na maidne samhraidh.
Faill-ill, oro, &c.

X.

Sid mo dhùrrachd dhuit gu toileach,
Meas is muirnn ann cliu 's an onoir,
Buan do shliochd am bliochd, 's an eonach,
Mar shail ùir is driuchdach toradh.
Faill ill, oro, &c.

ERIOCH.